



CROFTING COMMISSION  
COIMISEAN NA CROITEARACHD



# Coimisean na Croitearachd

Aithisg Bhliadhnaile agus Cunntasan Bliadhnaile  
2019/20

Aithisg Bhliadhnaidh Choimisean na Croitearachd 2019/20

Air a cur fa chomhair Pàrlamaid na h-Alba a rèir Earrann 28 agus  
Pàipear-taice 1, paragraf 19 de dh'Achd nan Croitearan (Alba) 1933  
mar a chaidh atharrachadh le Achd Ath-leasachadh Croitearachd  
(Alba) 2007 agus Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) agus  
Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2013.

Don Fhìor Urramach Nicola Sturgeon  
Prìomh Mhinistear A Mòrachd

A Phriomh Mhinisteir Chòir

Tha e na urram dhuinn an seachdamh Aithisg Bhliadhnaidh le  
Cunntasan aig Coimisean na Croitearachd don bhliadhna 2019/20  
a chur an làthair.

Is sinne, le meas



Ruairidh MacCoinnich, Neach-gairm



Uilleam Barron, Ceannard

SG/2020/119



Coimisean na Croitearachd  
Taigh a' Ghlinne Mhòir, Rathad na Leacainn, Inbhir Nis, IV3 8NW  
F:01463 663439  
E:info@crofting.gov.scot

# Clàr-innse

## 3 AITHISG AIR DÈANADAS

Sùil air ais air obair Choimisean na Croitearachd ann an 2019/20, le sgrùdadh air an lìbhrigheadh agus an dèanadas againn, agus air an t-suidheachadh againn aig deireadh na bliadhna.

## 4 Foir-shealladh

Giorrachadh air cò a tha annainn, dè tha sinn a' dèanamh, na gàbhadhian as mothà a thig oirnn agus mar a chaidh dhuinn thairis air a' bhliadhna a chaidh.

- 4 Facal-toisich an Neach-ghairm
- 6 Foir-shealladh a' Cheannaird
- 8 Cò Sinn
- 9 Modal Gníomhachais
- 9 Cruth na Buidhne
- 10 Amasan agus Ro-innleachdan
- 12 Ceistean agus Gàbhadhian a Thig Oirnn
- 14 Giorrachadh Ionmhasail
- 15 Comharaidhean Dèanadas 2019/20
- 16 Giorrachadh air Dèanadas 2019/20
- 21 Sgrùdadh-cùise

## 22 Sgrùdadh air Dèanadas

Measadh air an ìre dham bheilear air na h-Amasan sa Phlana Bhliadhnhail againn, ceangailte ri Toraidhean a' Phlana Chorporra 5 bliadhna againn, a thoirt gu buil.

- 23 Dèanadas Obrachail
- 27 Siostam na croitearachd a riaghlaigh gu ceart agus a dhòn is a neartachadh airson nan ginealach romhainn.
- 28 Co-dhùnaidhean Tiomnaichte (DDM) agus Èisteachdan
- 29 Tagraighean gu Cùirt an Fhearnainn (SLC) agus Ceistean Coitcheann
- 30 Clàr nan Croitean (ROC)
- 31 Clàr nan Croitean Air-loidhne agus Clàr na Croitearachd
- 32 Dleastanasan Chroitearachd
- 33 Cunntas na Croitearachd 2018 – Dleastanasan
- 34 Cunntas na Croitearachd 2019
- 35 Cùiltean-cinn
- 36 Cunntas nan Cùl-cinn agus larrtasan fo Shaorsa an Phiosrachaidd
- 37 Gearanan
- 38 Conaltradh is Corporra
- 39 Còraichean Daonna
- 40 Gnothaichean na h-Àrainneachd
- 41 Dèanadas Ionmhasail
- 42 Gnothaichean an Aghaidh Truaillidheachd is Brìbearachd

## 43 AITHISG CUNNTALACHD

Aithrisean is aithisgean bunaiteach a chuireas air chomas dhuinn feumalachdan mu chunntalachd a thoirt a-mach agus a nochdas gèilleadh do dheagh-riaghlaigh corporra.

## 44 Aithisg mu Riaghlaigh Corporra

Mìneachadh air co-chur is eagrachadh nan structaran riaghlaidh againn agus mar a chuireas iad taic ri toirt nan amasan is nan ceann-crìche againn gu buil.

- 44 Aithisg Luchd-stiùiridh
- 47 Aithris mu Dhleastanasan an Oifigeir Chunntachail
- 48 Aithisg mu riaghlaigh

## 56 Aithisg air Tuarastal is luchd obrach

Sa phoileasaidh mu thuarastal againn, tha fiosrachadh air pàigheadh is cùisean peinsean Buill a' Bhùird againn, an Sgioba-stiùiridh, nochdadhl mu chothrom na Fèinne agus aithisg air luchd-obrach.

- 57 Aithisg air tuarastal
- 62 Aithisg air luchd-obrach
- 65 Nochdadhl fo Chunntalachd Phàrlamaideach

## 66 Aithisg an Neach-sgrùdaidh Neo-eisimeilich

## 70 AITHRISEAN IONMHASAIL

Aithrisean ionmhasail Choimisean na Croitearachd, le notaichean taice is mìneachaidh.

- 71 Aithris mu Chaiteachas Lom lom-chuimseach
- 72 Aithris mu Shuidheachadh Ionmhasail
- 73 Aithris mu Shruthan-airgid
- 74 Aithris mu Atharrachaidhean air Cothromas Luchd-pàighidh Cise
- 75 Notaichean an cois nan Aithrisean Ionmhasail
- 85 Stiùireadh le Ministearan na h-Alba
- 86 Faclair Ionmhais





**CROFTING COMMISSION  
COIMISEAN NA CROITEARACHD**

# Aithisg air Dèanadas

San earrann seo, bheirear sùil air ais air obair Choimisean na Croitearachd ann an 2019/20, le sgrùdadh air libhrigeadh is dèanadas agus air an t-suidheachadh againn aig deireadh na bliadhna.

# Facal-toisich an Neach-ghairm

Tha e doirbh a chreidsinn gur e seo an treas bliadhna agam nam Neach-gairm Choimisean na Croitearachd agus a bharrachd air sin gu bheil sinne, Bòrd nan Coimiseanairean, anns a' cheathramh bliadhna againn!



Ruairidh MacCinnich

Mar duine spionnmhor agus mi-fhoighidneach, tha barrachd na beagan milleadh dùil air a bhith agam uaireannan leis an luaths anns am bi rudan a' tachairt taobh a-staigh Bhuidheann Phoblach Neo-roinneil (NDPM) agus 's dòcha gun robh tomhais mi-chothromach agam nach robh adhartas gu leòr ann an cuid de phròiseactan. Tha fhios agam a-nis gu bheil seo àbhaisteach ach, a' coimhead gu gun chlaonachd air adhartas cuid de phròiseactan, tha adhartas bunanta, mairsinneach air dhèanamh bhon àm a chaidh a' Bhòrd ùr ann an rèim.

Nuair a chaidh sinn ann an rèim sheall a' phlana 5-bliadhna againn air prìomh chuspairean airson croitearachd. Taobh a-staigh nan cuspairean seo bha cothrom air fearann-croite, cleachdadh is neo-chleachdadh fearann-croite, mar neo-còmhnaidheachd agus mi-chleachdadh agus a bhith a' cumail an fhearainn ann an mar thalamh croite, a bhios cuideachd a' glèidheadh choimhairsnachdan iomallach agus a' cumail an sluaigh. Cleachdadh nan cùiltean-cinn agus a' brosnachadh nan croitearan ann an cùiltean-cinn a cho-roinneadh gus comataidhean-ionaltraidh a chur ann an dreuchd.

Tha sgioba an ionaltraidh air adhartas mòr a dhèanamh ann am brosnachadh agus cuideachadh luchd-earrannan gus comataidhean-ionaltraidh a chur air dòigh agus gus an clàradh leis a' Choimisean. Thathar a' cur fàilte air rèiteachadh nan eas-aontaidhean agus a' solarachadh stiùireadh fallain, a' dol le teamplaид ùr airson riaghailtean mu chroitearachd, agus thèid sùil a thoirt air a' Choimisean mar bhuidheann nas ro-ghníomhach nuair a dhèiligeas e le cùiltean-cinn. Chan fheumar a ràdh gur e obair a bheir ùine a tha seo agus gu bheil feum ann airson nan sgilean eadar-phearsanta air leth san sgioba againne.

Tha RALUT (Sgioba Còmhnaidhe is Cleachdadhan Fhearrainn) cuideachd air adhartas a dhèanamh. 'S e an earrann air dleastanasan a' chroiteir aon de na h-earrannan as òrdachaile ann an Achd na Croitearachd. 'S iad na 3 prìomh dhleastanasan

a bhith a' fuireach taobh a-staigh 20 míltean (32 cilemeatairean) bhon chroit, a' chroit àrach is a ghleidheadh, no a chur gu feum buannachdail eile agus gun a' chroit a mhì-ghnàthachadh no a leigeil air dhearmad. Anns na dleastanasan seo 's e neo-chòmhnaidh am fear as phasa ri sgrùdadh agus riaghlichadh. Bidh an sgioba againn a' sgriobhadh mar-thà chun an fheadhainn a chanas air an fhoirm bhliadhnaill cunntas na croitearachd aca nach eil iad a' fuireach mar as àbhaist air a' chroit, ach tha planaichean aca a-nis sgriobhadh cuideachd chun an fheadhainn a chanas air an fhoirm cunntas na croitearachd aca gu bheil iad a' fuireach air a' chroit ach gum biodh an seòladh aca ag ràdh rud eadar-dhealaichte.

Tha planaichean eile ann airson sgriobhadh chun nam feadhainn nach cuir foirmichean cunntas na croitearachd air ais gu bitheanta. Tha iomadh adhbhar ann nach tig foirm a' chunntas air ais, a bharrachd air neo-chòmhnaidh. 'S dòcha gu bheil an seòladh ceàrr aig a' Choimisean no gun do chaochail an croitear agus nach deach fios a thoirt don Choimisean. Tha an Sgioba cuideachd a' rannsachadh chûisean briseadh dleastanas an dùl a chaidh a thoirt am follais le comataidhean-ionaltraidh no le croitear eile. 'S e an teachdaireachd chudromach bhon sgioba RALU againne, ged a chuireas iad a-mach litrichean, gu bheil gnìomhan maothaidh ann a dh'fhaodadh croitearan nach eil a' fuireach air a' chroit a dhèanamh gus am briseadh dleastanas aca a chur ceart. 'S e a' chiad cheum a bhith faighinn ann an conaltradh leis a' Choimisean an àite an co-sgrìobhachas a leigeil seachad. Nuair a thèid cùis briseadh dleastanas an dùl a thogail, 's e pròiseas reachdail a th' ann agus "tha an ùine a' ruith a-mach". Tha Bòrd nan Coimiseanairean a' toirt làn thaic gus croitean bànn, no gun chleachdadhan a chur ann an cleachdadhan a-rithist oir tha iomadh buannachd an luib seo, leithid saothrachadh biadh ionadail, a' glèidheadh choimhairsnachdan dùthchail, buannachdan dhan àrainneachd agus tòrr eile na cùisean as duilge agus as connpaidiche

a' tighinn gu panail de thriùir Choimiseanairean aig ìre 3 agus fìor-chorra uair bidh cùis a' tighinn suas dhan a' Bhòrd slàn airson beachdachadh oirre. 'S e iomairt ùr a thug an sgioba riaghlichail a-steach a bhith "a' seòrsachadh" nan iarrtasan, far a bheil measadh air a dhèanamh air dè cho coltach 's a bhios e gun tèid cead a thoirt don iarrtas. Cha chuir am measadh seo stad air an iarrtas, ach tha e a' toirt cothrom don neach-iarrtais rudan a cheartachadh ma tha iad ag iarraidh.

Tha IT aig a' Choimisean dha-rìribh cudromach, oir tha a h-uile foincsean a rèir nan siostaman againn. Tha an sgioba an seo an-còmhnaidh ag ùrachadh agus a' dèanamh sgrùdadhbh air na pròiseasan IT. 'S e aon de na leasachaidhean IT as soirbheachaille a th' ann an Clàr nan Croitean (ROC) Air-loidhne, far a bheil a-nis, nuair a thèid croit a lorg ann, Stiùireadh dì-chroiteadh a' buntainn ris a' chroit sin. Tha seo air a bhith na chuideachadh mòr airson luchd-lagha na croitearachd. Thathar an dòchas gun tèid òrdughan roinneadh a chur ris a' phortal seo gus leasachadh agus meudachadh a thoirt air an fhiosrachadh a tha ri fhaighinn air croit fa leth.

Bha eadar-obrachadh còmhla ri luchd-ùidhe croitearachd eile na phrìomhachas airson a' Bhùird seo agus tha sinn air a bhith soirbheachail gu ruige seo, ag obair còmhla ri iomadh comataidh agus buidheann mar Coimisean an Fhearrainn, NFUS, SFC, SAC, HIE, SNH, Fòram a' Mhonaidh agus collabhairt Atharrachadh na Gnàth-shìde. Bha Uilleam Barron agus mi fhèin clàraichte gus taisbeanadh a thoirt aig Co-chruinneachadh na Gàidhealtachd is nan Eilein (COHI) anns a' Mhàrt gus buannachdan croitearachd a mholadh agus gus aire a thoirt air cudrom croitearachdgnìomharrach mar dhòigh so-sheasmhach air cleachdadhbh an fhearrainn agus na buайдhean a tha e a' toirt don chliomaid, àrainneachd agus gleidheadh an t-sluagh ann an sgìrean ionallach. Gu mì-fhortanach chaidh seo a chur dheth

gus an Dàmhair agus tha sinn an dòchas gum faigh sinn an cothrom taisbeanadh aig an àm sin.

Gu luath, mus crìochnaich mi, tha mi airson buntainn ri suidheachadh Covid-19. 'S e suidheachadh gun choimeas a th' ann ach chan eil e gu túr gun dùil. 'S e clann an duine a th' annainn agus mar sin tha sinn fo bhuaidh ionnsaigh bho ghalar agus bhòrasan. Bha ath-leumachd iomadh buidheann nochdte agus fo dheuchainn air sgàth 's an t-suidheachaidh seo, a' Choimisean nam measg. Bho dheireadh a' Mhàirt bha an luchd-obrach againn aig an taigh agus ron àm seo cha robh an uidheam aig a' mhòr chuid airson obair bhon àrainneachd dhachaigheil aca. Bha cian-inntrigeadh IT na thrioblaid. Bha cead-inntrigidh ro uidheam, coimpiutairean agus obair-phàipeir taobh a-staigh Taigh a' Ghlinne Mhòir glè chuingichte. Bhon àm sin, ge-tà, chaidh iomadh cnap-starra a cheannsachadh agus chaidh seo a dhèanamh gu h-àraidiж air sgàth 's innleachdas an luchd-stiùiridh, an luchd-obrach agus buill a' Bhùird, a thàinig còmhla airson obair anns na h-amannan annasach seo. Bhon thoiseach na h-èiginne dh'ionnsaich sinn tòrr agus a-nis feumaidh sinn ar gnìomhachas atharrachadh dhan "àbhaist ùr", le lèirmheasan ar n-obrachaidhean, pròiseasan agus àitichean obrach, air sgàth 's gun robh sinn uile ag obair air falbh bho àrainneachd na h-ofise.

Mu dheireadh, tha mi airson taing a thoirt do Fergus Ewing, Rùnaire a' Chaibineit, Roinn Sponsair Riaghaltas na h-Alba, buill a' Bhùird eile, luchd-mheasaidh, luchd-stiùiridh agus gach neach-obrach a' Choimisean airson an cuideachadh agus an taic leantainneach. Feumaidh sinn uile coimhead air adhart air na dùblain a tha gu cinnteach romhainn.



Ruairidh MacCoinnich, Neach-gairm



# Foir-shealladh a' Cheannaird

B' e 2019/20 an treasamh bliadhna san robh na Coimiseanairean a tha ann an-dràsta ann an dreuchd, agus lean sinn oirnn a' lìbhrigeadh nan tàbhachdan a stèidhich am Bòrd airson na buidhne ann an 2017.



Uilleam Barron

Bha leantanas a' Bhùird airson nan 5 bliadhnaichean air fad dearbhte nuair a dh'ainmich Riaghaltas na h-Alba gun rachadh triùir de na Coimiseanairean a chur ann an dreuchd a-rithist. Tha an leantanas seo aig ère a' Bhùird cuideachail airson luchd-stiùiridh agus luchd-obrach, agus tha e a' toirt comas don bhuidheann na priomhachasan ro-innleachdail a leantainn ann an dòigh sho-sheasmhach agus cho-chòrdail.

An-uiridh thuirt an aithisg agam gur e bliadhna glè dhoirbh a bh' ann an 2018/19 airson ar buadhachd-obrach, le càrn-obrach mhòr ann an samhradh 2018. Tha mi air leth toilichte am bliadhna gun urrainn dhomh aithisg a dhèanamh air seirbheis leasaichte gu mòr airson ar teachdaichean, mar a thèid a shealltainn anns na h-amannan àbhaisteach clàraichte anns na ceuman-dèanadais air duilleag 25. Tha clàr 'Co-dhùnaidhean Tiomnaichte' a' sealltainn gun do sgaoil a' Choimisean barrachd na 1,100 co-dhùnaidhean riaghlaidh tron bhliadhna, a tha na ère fada nas mothà na bliadhnaichean a chaidh seachad (1,003 ann an 2018/19). A bharrachd air seo, nuair a chuir sinn air bhog suirbhidh toileachas an luchd-chleachdaidh anmoch sa bhliadhna, bha e na thoileachadh mòr gun robh a' chiad fheadhainn a' co-là纳chadh nan seirbhisean

againn. (Às dèidh sin, thug galar mòr-sgaoilte Covid-19 buaidh air tillidhean eile!)

Tha an leasachadh seo a' tighinn bho oidhirlp iomadh neach, a' gabhail a-steach ar co-obraichean anns 'An Roinn' (Roinn Sgrùdaidhean agus Pàigheadh Tìreil Riaghaltas na h-Alba) agus ann an Clàran na h-Alba (RoS), na Coimiseanairean againn, luchd-obrach thar na h-ofise, agus gu cinnteach an luchd-iarrtais agus na h-àidseantan agus luchd-lagha aca, a bhios a' gabhail ùine anns na h-iarrtasan cur a-steach gu ceart agus a bhios freagairt ar ceistean gu foighidneach. Ach tha mi airson taing a thoirt gu h-àraidh gu buill ùra an sgioba-stiùiridh againn, Aaron Ramsay, Heather Mack agus Mary Ross (a tha ag obair nuair a tha Heather air fòrladh màthaireil). Fon stiùireadh aca thàinig na leasachaidhean seo gu buil leis na sgiobaidhean agus tha iad air a bhith fialach anns an taic aca dhomh.

Ri taobh seo, mar a thuirt an Neach-gairm anns an Fhacal-toisich aige, tha an dà chuid sgioba Còmhnaidh is Cleachdadh an Fheàrainn agus sgioba nan Comataidhean-Ionaltraidh air na gniomhachasan aca leudachadh am bliadhna. Bha mi gu sònraichte toilichte uidhe a-staigh ann



am pàirt den tachartas trèanaidh air leth a bh' aig Artair Dòmhnaillach airson comataidhean-ionaltraidh ann an Steòrnabhagh, a bha air a chur air dòigh le sgioba nan comataidhean-ionaltraidh againn ann an com-pàirteachadh le Seirbhis Comhairle nan Tuathanach aig Riaghaltas na h-Alba.


Anns an Lùnastal, fhuair sinn buannachd bho Sgrùdadh air an Taobh A-muigh le raon-dileastanasan nas fharsainge bho Deloitte LLP. A rèir a' Chòd mu Chleachdadhbh Sgrùdaidh, bha aithisg sgrùdaidh am-bliadhna a' coimhead air sreath chùisean nas fharsainge na bha e roimhe. 'S e an dà mholadh as àirde gum bu chòir dhuinn crioch a chur air a' Phlana Luchd-obrach againn agus Plana Ionmhasail an Eadar-ama gus innse ciamar a fhreagrachd sinn ann an sreath shuidheachaidhean a' bhuidseit eadar-dhealaichte san àm ri teachd.

Chaidh crìoch a chur air an dà sgrìobhainn rè na bliadhna, agus atharraichidh am Plana Luchd-obrach gu sònraichte an dòigh anns am bi sinn ag obair. Tha an Coimisean glè fhortanach gu bheil luchd-obrach air leth aige, cuid dhiubh aig a bheil eòlas iomadh bliadhna agus cuid eile a ghabh ann o chionn ghoirid. Tha am Plana Luchd-obrach a' cur a-mach ciamar a bhios sinne nar luchd-stiùiridh Coimisean na Croitearachd a' toirt taic don luchd-obrach againn, ag amas ri dèanamh cinnteach gu bheil eòlas math ag obair aig a' Coimisean, agus gu bheil cothroman trèanaidh agus leasachaидh aca cho tric 's a b' urrainn dhaibh, a' gabhail dreuchdan ùra. Tha am plana cuideachd a' beachdachadh air na bhios a' tachairt nuair a dh'fhàgas luchd-obrach, a' smaoineachadh air còir-sheilbh airson nam priomh dhreuchdan.

Nuair a chruthaichh sinn am Plana Luchd-obrach againn ge-tà, cha robh sìon a dh'fhiös againn mun ghalar mòr-sgaoilte a bhiodh ag atharrachadh a h-uile dòigh anns an robh sinn ag obair. Tha fios againne a bhios nar seirbheiseach catharra maireannach Riaghaltas na h-Alba gu bheil sinn ann an suidheachadh sochairche air sgàth 's nach bi leantanas na h-obrach againn ann an cunnart mòr – agus tha fhios agam gum bi suidheachadh nan croitearan fada nas dùblanaiche. Coltach ri buidhnean eile, bha aig a' Choimisean ri ionnsachadh gu luath air a fhreagras iad ris an fhìorachd ùr, agus cha robh e furasta. Ach tha misneachd agam gum bi sgilean agus dèanadachas a' Bhùird agus an luchd-obrach againn, le taic bho Riaghaltas na h-Alba, gar seasamh gu math.

O chionn ghoirid, anns an luchar 2020, thàinig fios-labhairt Riaghaltas na h-Alba air meudachadh mòr a' bhuidseat gus ar cuideachadh ann an obair brosnachaidh againn air croitearachd a leudachadh. Bidh buaidh fad-ùine aig seo air obair a' Choimisean, a' gabhail a-steach cruthachadh dhreuchdan ùra ann an roinn eile nan sgìrean croitearachd.

Tha na h-earrannan a leanas den aithisg seo nan dealbh nas fharsainge den obair againn sa bhliadhna, le fiosrachadh làn mu ionmhas.



Uilleam Barron, Ceannard



# Cò Sinn

Thèid bun-reachd, cumhaidhean agus dleastanasan Coimisean na Croitearachd a chur a-mach ann an Achd nan Croitearan (Alba) 1993 mar a chaith atharrachadh le Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2007 agus Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2010 agus Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2013.

Chruthaich Achd Ath-leasachadh na Croitearachd (Alba) 2010 Coimisean na Croitearachd, a nochd air 1 Giblean 2012, an àite Choimisean nan Croitearan. Is e Buidheann Phoblach Neo-Roinneil (NDPB) a tha ann agus e ag obair bho là gu là gu neo-eisimeileach air an Riaghaltas, ach ris a bheil Ministearan na h-Alba an urra air a' cheann thall.

Tha Bòrd Choimisean nan Croitearan air a dhèanamh suas le sianar Choimiseanairean agus trì Choimiseanairean air an cur an dreuchd le Riaghaltas na h-Alba, le stiùireadh bho Neach-gairm. Thèid taic a thoirt do Bòrd nan Choimiseanairean bho 55 luchd-obrach le stiùireadh bho Àrd-oifigeir.



## AN SEALLADH AGAINN

Gun cùm croitean agus coimhairsnachdan na croitearachd orra a' cur ri taobh sòisealta, cultarail, eaconamach agus àrainneachail nan ceàrnaidhean ri croitearachd.



## AN T-ADHBHAR AGAINN

Siostam na croitearachd a riaghadh gu ceart agus a dhòn is a neartachadh airson nan ginealach romhainn.



## NA LUACHAN AGAINN


Leasaich an Coimisean luachan eagrachail a nochdas na tha cudromach dhuinn mar eagrachadh agus a tha aig cridhe mar a bhios sinn a' feuchainn ri obrachadh bho là gu là.

- Cùram a ghabhail de choimhairsnachdan na croitearachd agus den àrainneachd
- Obair-sgioba dheimhinneach
- Dealas do ghnè sheirbheisean agus do leasachadh
- Brosnachadh leasachadh luchd-obrach is Choimiseanairean
- Ag obair a rèir Cothrom na Fèinne agus gun chlaonadh


# Modal Gníomhachais

Is e a' phrìomh obair a tha aig Coimisean na Croitearachd a rèir Achd nan Croitearan (Alba) 1993 (an t-Achd): a bhith a' riaghlaidh croitearachd, ag ath-eagrachadh croitearachd, a' cur leas na croitearachd air adhart agus a' cumail sùil air cùisean ceangailte ri croitearachd. Tha an Achd cuideachd a' cur mar dhleastanas air a' Choimisean sgrùsdadh a dhèanamh air iomradh air briseadh dhleastasan le luchd-gabhal agus croitearan nan luchd-còmhnaidhe ann an seilbh.

Bidh a' Choimisean cuideachd a' tort comhairle do Mhinistearan na h-Alba air cùisean ceangailte ri croitearachd agus bidh e cuideachd a' co-obrachadh le buidhnean eile airson leasachadh eaconamaidh is sòisealta nan sgìrean croitearachd.



## Cruth na Buidhne



# Amasan agus Ro-innleachdan

Tha toraidhean a' Phlana Chorporra aig Coimisean na Croitearachd ceangailte gu dlùth gus lìbhrigeadh 4 Toraidhean Nàiseanta aig Riaghaltas na h-Alba san Fhrèam Dèanadais Nàiseanta a thoirt gu buil. Faodaidh sibh sealltainn air a' Phlana Chorporra slàn againn aig [www.crofting.scotland.gov.uk/about-us](http://www.crofting.scotland.gov.uk/about-us)



Frèam Dèanadais Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba

**Frèam Dèanadas Nàiseanta**

**Am Plana Corporra Againn**
1
2
4

**Mar a chuidicheas sinn:** Tha modail àiteachas beag-sgèileach agus so-sheasmhach bunailteach ri croitearachd, gu tric air fearann iomaill, agus tha buaidhean soilleir aig an t-seòrsa saothrachadh bìdh seo airson bith-iomadachd agus maothachadh a' charboin. Tha tòrr de dh'obair a' Choimisean a' dion agus a' neartachadh an taobh seo de chroitearachd. Ann an 2019/20 gu h-àraidh, dh'obraich sinn gus àireamh nan cùiltean-cinn le stiùireadh beò a mheudachadh, le 77 comataidhean-ionaltraidh ùr a chur ann an dreuchd tron bliadhna. Dh'obraich sinn cuideachd gus fearann a chumail ann an còir-fhearainn le sgrùdadh mionaideach air iarrtasan dì-chroitidh, ann an co-rèir leis a' Phlana Poileasaidh againn. Cuideachd tha an obair againn gus dleastanasan còmhnaidh is cleachdad an fhearainn a sparradh a' dèanamh cinnteach gu bheil barrachd chroitean air an cleachdad le croitearan còmhnaidheach no iar-mhàladairean.

**Frèam Dèanadas Nàiseanta**

**Am Plana Corporra Againn**
1
2
3

**Mar a chuidicheas sinn:** Le bhith ag obair gus dèanamh cinnteach gu bheil croitean air an obair le croitearan còmhnaidheach no iar-mhàladairean, tha sinn a' neartachadh choimhearsnachdan na croitearachd agus coimhearsnachd nas fharsainge na Gàidhealtachd is nan Eilean. Ann an 2019/20, air sgàth 's an obair againn, thill 32 croitearan a dh'fhuireach air no faisg air na croitean aca, agus thagh 28 a bharrachd nach b' urrainn seo a dhèanamh, a' chroit a shònachadh gu cuideigin eile. A bharrachd air seo, ghabh a' Choimisean gniomh direach gus crìoch a chur air 6 gabhaltasan croitearachd gus am b' urrainnear na croitean sin a chur air màl don fheadhainn a ghèilleas ris na dleastanasan. Tha obair a' Choimisean air cùiltean-cinn cuideachd a' cur ri neartachadh nan coimhearsnachdan. Rè na bliadhna, bha 33 coinneamhan brìoghmhòr còmhla ri comataidhean-ionaltraidh aig an sgioba an ionaltraidh agus rinn iad rannsachadh gus càraichean nan earrainnean a shoilleireachadh air 14 cùiltean-cinn. Tha an obair riaghlaidh againn na bunait airson co-thàthadh na coimhearsnachd oir tha càraichean nan coimhearsnachdan croitearachd nam pàirt de phròiseasan riaghlaidh mar a chaidh ainmeachadh ann an Achdan na Croitearachd.

**Frèam Dèanadas Nàiseanta**

**Am Plana Corporra Againn**
1
2
4

**Mar a chuidicheas sinn:** Thèid sgrùdadh a dhèanamh air tabhartas eaconamach nan croitear ris a' Ghàidhealtachd agus na h-Eileanan agus eaconamachd nas fharsainge na h-Alba gach 4 bliadhna le Riaghaltas na h-Alba, agus bha am foillseachan mu dheireadh aca air a' chuspair seo anns an Dùblachd 2018. Fhuair seo gun robh an teachd a-steach meadhanach croitearachd ri croit £2,000 gach bliadhna, ach gun robh meudachadh ann an croitearan ag aithris teachd a-steach fada nas àirde na seo. Thug an aithisg fa-near cuideachd air fianais gun robh croitearan air na gniomhachasan aca eugshamhlachadh – mar eisimpleir, le meudachadh ann an àireamhan croitearan a' solarachadh àite-fuirich nan làithean-saora. Neo-ar-thaing, tha cosnadh eile aig tòrr chroitearan anns na coimhearsnachdan aca agus nas fharsaing, ri taobh nan gniomhachas croitearachd aca. Tha an obair againn a' beachdachadh air atharrachaidhean reachdail agus croitearachd san fhàd-ùine ag amas ri tabhartas eaconamach na croitearachd a bhrosnachadh agus a neartachadh, ri taobh nam buaidhean sòisealta, cultarach agus àrainneachdail aice.

**Frèam Dèanadas Nàiseanta**

**Am Plana Corporra Againn**
3
4
5

**Mar a chuidicheas sinn:** Tha a' Choimisean a' strì airson neo-phàirteachd agus neo-leth-bhreitheachd anns an obair aice air fad. Tha Achdan na Croitearachd a' glèidheadh san lagh càraichean nan croitear, nan uachdaran agus nan coimhearsnachdan ionadail, agus tha a' Choimisean gan cumail suas uile nuair a nì i co-dhùnaidhean. Ghabh sinn thairis air 1,100 co-dhùnaidhean reachdail ann an 2019/20, agus bha cuid dhiubh feumach air balans faiceallach eadar ùidhean diofraichte nam pàrtaidhean eadar-dhealaichte agus an aghaidh ùidh fharsaingeachd coimhearsnachd na croitearachd. Chaidh cuid de na co-dhùnaidhean againn ath-thagrachd gu Cùirt an Fheàrainn agus rè na bliadhna ghlèidh a' Chùirt 10 co-dhùnaidhean againn, le aon dhiubh a' tilleadh thugainn airson ath-bheachdachadh.

# Ceistean agus Gàbhaidhean a Thig Oirnn

An-uirdh aontaich a' Choimisean gabhail ri dà chlàr-gàbhaidh: clàr-gàbhaidh 'ro-innleachdail', a leigeadh leis a' Bhòrd againn sealltainn gu dìreach air gàbhaidhean air coileanadh nam prìomh-amasan aige; agus clàr-gàbhaidh 'Obrachail' gus sgrùdadadh a dhèanamh air raon farsaing ghàbhaidhean a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air a' bhuidhinn.

Tha an clàr-gàbhaidh Ro-innleachdail ga chur fa chomhair Bòrd nan Choimiseanairean gach ràith agus tha an clàr-gàbhaidh Obrachail ga sgrùdadadh gu cunbalach le Comataidh Sgrùdaidh is Ionmhais.

Tha an clàr-gàbhaidh Ro-innleachdail a' sealltainn air na còig amasan as mothà aig a' Choimisean mar a nochdar anns a' Phlana Chorporra. Tha e a' comharrachadh is a' sgrùdadadh a' phriomh-ghàbhaidh air coileanadh gach amas, agus a' giorrachadh ro-innleachd a' Choimisein gus na gàbhaidhean seo a sheachnadh no a lasachadh. Tha fios mu na còig amasan as mothà agus na gnìomhan a tha san amharc gus an gàbhadh a chumail aig an ìre as isle ri fhaotainn sa chlàr thall



Toradh sa Phlana Chorporra	Gàbhadh	Gníomh ga Ghabhail
Tha croitean fo sheilbh agus gan rianachd	Cha ghabh gluasad no deòin phoilitigeach fhaighinn gus leasachadh agus/no leudachadh air dùbhlanan lagħail a' cur stad air adhartas fhaicinn.	<ul style="list-style-type: none"> <li>Dòigh-dèiligidh rianail gus gnothach a ghabhail ris an fheadhainn ud a dhearbas anns a' chunntas gu bheil iad a' briseadh dhleastanasan</li> <li>Obair ro-ghníomhach le uachdarain gus leasachadh a thoirt air còmhnaidh air an oighreachd aca.</li> </ul>
Tha cùiltean-cinn gan riaghlaidh agus dòighean-rianachd coitcheann gam brosnachadh.	Le atharrachaidhean air cleachdaidh is taic ri croitearachd chithear isleachadh leanmhainneach agus gluasad air falbh bho chùiltean-cinn gan rianachd is gan cleachdadh.	<ul style="list-style-type: none"> <li>Cothrom air riaghailtean mu chroitearachd ann an teamplaid.</li> <li>Stiùireadh mu ionaltradh air fhoillseachadh sa Ghearran 2019</li> <li>Taic dhireach air a tort seachad do chomataidhean-ionaltraidh / do bhailtean air an tig duilgheadasan.</li> <li>Taic is brosnachadh gus comataidhean-ionaltraidh fhaighinn air ais ann an dreuchd.</li> <li>Chaidh trèanadh airson chomataidhean-ionaltraidh a lìbrigeadh ann an Leòdhas anns an Dàmhair 2019.</li> </ul>
Tha croitearachd ga riaghlaidh ann an dòigh a tha ceart, èifeachdach is èifeachdail.	Meud agus toinnteachd iarrtasan thar chomas Choimisean na Croitearachd inbhean àrda de sheirbheisean luchd-cleachdaidh a lìbhrigeadh.	<ul style="list-style-type: none"> <li>Clàr nan Croitean air-loidhne.</li> <li>Ath-bhreithneachadh leanmhainneach air modhan-obrachaidh.</li> <li>Dearcnachadh air àm-crìochnachaidh tro aithisg ràitheil KPI gus rabhadh a thoirt mu ghàbhaidhean gu tràthail.</li> <li>Ro-aithris lonmhasail gu cunbalach le dealbhadh airson shuidheachaidhean san àm air thoiseach.</li> <li>Làimhseachadh nas sùbailte airson nan Ceistean Coitcheann</li> </ul>
Thèid taic a thoirt do chor na croitearachd le rèiteachadh fiosrachail còmhla ri luchd-ùidhe.	Bidh strì ag èirigh eadar siostam na croitearachd, àrainneachd is eaconamaidh an latha an-diugh agus diofar fheumalachdan aig luchd-ùidhe.	<ul style="list-style-type: none"> <li>Tha Coimisean na Croitearachd air a bhith an sàs gu dlùth sna deasbadan air ìre 1 de Bhile na Croitearachd agus bha coinneamhan aige còmhla ri croitearan agus luchd-ùidhe mu dheidhinn croitearachd.</li> <li>Coinneamhan cunbalach eadar an Neach-gairm/ an Ceannard agus luchd-ùidhe bunaiteach.</li> <li>An sàs anns a' Bhuidhinn Thar-phàrtaidhean air Croitearachd agus ann am Fòram Luchd-ùidhe na Croitearachd.</li> <li>Làthaireachd air an Lòn agus bhideothan</li> </ul>
Tha an t-eòlas is am brosnachadh ceart aig an luchd-obrach againn gus coileanadh gu math agus tha na modhan-riaghlaidh againn mar an cleachdad as fheàrr	Gun a bhith comasach luchd-obrach teòma fhastadh agus / no a ghleidheadh ri linn teannachadh an sporain agus air adhbharan eile.	<ul style="list-style-type: none"> <li>Plana Luchd-obrach air a dhèanamh anns an Fhaoilleach 2020 gus taic a thoirt do thrèanadh agus dealbhadh mu chòir-sheilbh.</li> <li>Fastadh luath nuair a dh'fheumar gus dreuchdan a lìonadh.</li> <li>Chaidh luchd-dreuchd a thoirt a-steach gu dà dhreuchd B3 ùr / ath-tharraing ann an 2019.</li> </ul>

Air 23mh Am Màrt 2020, cha robh oifis a' Choimisean Chroitearachd ann an Taigh a' Ghlinne Mhòir fosgalte fhathast air sgàth 's bacaidhean Covid-19. Bha an uair sin a h-uile neach-obrach ag obair aig an taigh. Chruthaich seo iomadh dùbhlana brìgheil agus chaidh na cunnartan na lùib a chlàradh anns an dà Chlàr Cunnart agus chaidh sgrùdadadh a dhèanamh orra leis a' Chomataidh Sgrùdaidh is lonmhas agus Bòrd nan Coimiseanairean. B' e na priomh bhuaidhean a bh' aig seo call faotainneachd an luchd-obrach air sgàth 's gu bheil dleastanasan cùraim aig tòrr luchd-obrach, agus trioblaidean a thaobh comas-ceangail agus coileanadh IT nuair a tha luchd-obrach ag obair aig an taigh.

# Giorrachadh Ionmhasail 2019/20

Chaidh aithisg bhliadhnailean 2019/20 a sgrùdadh le Deloitte LLP a chaidh a chur an dreuchd le Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba mar luchd-sgrùdaidh bhon taobh a-muigh do Choimisean na Croitearachd bho 1 Giblean 2016.

Rè na h-ùine seo fhuair an Coimisean a-rithist aithisg-sgrùdaidh bhon taobh a-muigh gun atharrachadh. Tha seo mar thaic ri dearbhadh eile a fhuaireadh tron bhliadhna bho sgrùdaidhean air an taobh a-staigh, a nochd fianais air riaghlaigh èifeachdach air an taobh a-staigh air na raointean a chaidh a sgrùdadadh.

Chaidh na cunntasan ullachadh fon Stiùireadh mu Chunntasan a thug Ministearan na h-Alba air a bheil fiosrachadh air duilleag 84. Chaidh an cur ri chèile mar ghnothach leantainneach, rud a tha a' ciallachadh gu bheil e san amharc aig a' Choimisean cumail air ris a' ghnothach aige fhathast agus gun tèid aige air a dhèanamh. Tha cosgaisean a bharrachd a thaobh buaidh a bh' aig Covid-19 air a bhith glè bheag gu ruige seo agus thathar an dùil gum faodar dèiligeadh ri cosgaisean san àm ri teachd taobh a-staigh a' bhuidseat airson 2020/21. Dh'obraich a' Choimisean taobh a-staigh a' bhuidseit aige airson na bliadhna air a bheilear ag aithisg. Nochd suidheachadh ionmhasail a' Choimisein airson na bliadhna air a bheilear ag aithisg caiteachas iomlan de £2.807M (£2.786M 2018/19) a chaidh a mhaoineachadh dìreach le Riaghaltas na h-Alba. Tha barrachd fios mu dhèanadas ionmhasail ri fhaotainn anns an Sgrùdadadh air Dèanadas againn air duilleag 41.



# Comharaidhean Dèanadais 2019/20

Airson na bliadhna 2019/20 thomhais Coimisean na Croitearachd an dèanadas aige a rèir nan amasan ro-innleachdail a bheirear ann am Plana Corporra 2019 – 2022. Tha na h-amasan ro-innleachdail a' nochdadh nan toraidhean as cudromaiche don bhuidhinn agus don luchd-ùidhe aice agus tha iad a' dèiligeadh ris na prìomhraointean air fad ann an raon-ùghdarrais a' Choimisein.

## Comharaidhean Dèanadais

Tha na toraidhean uile sa Phlana Chorporra againn gan lìbhrigeadh le gnìomhan anns a' Phlana Ghniomhachais far a bheil fios cuideachd mu thargaidean sònraichte gus dèanadas a leasachadh airson na bliadhna sin. Sa chlàr gu h-ìseal tha giorrachadh air na toraidhean nan lùib uile.

Comharaidhean dèanadais Àrd-ìre	Amas	Soirbheachadh lomlan
Àireamh nan croitean bàna	Lùghdachadh	Nach deach a thomhas: mairnealaichte air sgàth 's strì ghoireasachaidh
Àireamh briseadh dhleastanasan rùnaite tro ghniomhan a' Choimisein	Meudachadh	
Àireamh nan cùl-cinn fo riaghadh le comataidh	Meudachadh	
Àm gus iarrtasan riaghachail a dhèanamh	Lùghdachadh	
Ìrean toileachas an luchd-chleachdaidh	Meudachadh	
Measadh air ceanglaichean ri luchd-obrach	Meudachadh	Chaidh measadh a mhàirnealadh air sgàth 's Covid-19
Brùchdadh carboin bho shiubhal	Lùghdachadh	

## Seòladh



# Giorrachadh air Dèanadas 2019/20

Anns a' Phlana Chorporra 2019/20 againn tha sinn ag aithneachadh nam prìomh chlachan-mile a tha sinn ag iarraidh a choileanadh gus am faod sinn Toraidhean a' Phlana Chorporra againn a libhrigeadh. Chaith adhartas mòr a dhèanadh an aghaidh nan clach-mile seo, mar a thèid a mhineachadh gu h-i seal.

## TORADH 1: CROITEAN AN SEILBH AGUS GAN RIANACHD

Mìneachadh agus aithisgean a chur an gnìomh a bhiodh ag ainmeachadh àireamhan cùisean Sgioba Còmhnaidhe is Cleachdadh an Fhearrainn (RALUT) fo làimhe agus na toraidhean aca.	Chaith stòr-dàta a chruthachadh airson a h-uile cùise ceangailte ris a' briseadh dhleastanasan a chlàradh, a bhios a' gabhail a-steach a h-uile cùise beò bho 1d An Giblean 2019. Chaith aithisgean a dhèanamh gus ceistean a chur gu Siostam Fiosrachadh a' Chroitearachd (CIS) agus gus sreath aithisgean air a bheilear feum air sgàth 's obair RALUT a chruthachadh.
Sgriobh ris a h-uile neach-freagairt a' chunntais 2018 a chur an cèill gun d' rinn iad briseadh airson a' chiad turas, a' cur a-mach nan roghainnean aca airson a' bhriseadh aca a chur ceart nan làmhan fhèin.	Sgriobh sinn chun a h-uile duine aig an robh fios gun do bhris iad na dleastanas aca. Sgriobh sinn cuideachd chun a h-uile duine nach do ghabh ceumannan gus a' bhriseadh aca chur cheart bhon chunntas 2017 agus nach robh air am briseadh aca a chur ceart ro 31 am Màrt 2019, ag innse dhaibh nan roghainnean a bh' aca.
Leasachadh a dhèanamh agus pròiseas a chur an gnìomh airson cur suas dhan RALUT a' comharrachadh briseadh sam bith tro obair riaghlaidh eile a' Choimisean.	Thug sinn a-staigh pròiseas anns an tèid còir-sheilbh gun fhuasgladh o chionn fhada air adhart gu RALUT bho na sgiobaidhean riaghlaidh agus sgioba an ionaltraidh.
Sgriobh gu buidheann de chroitearan nach do fhreagair an cunntas agus far a bheil an seòladh aca a' leigeil ri briseadh dleastanas, a' cur a-mach nan roghainnean aca airson am briseadh a chur cheart fon làimh aca fhèin.	Thatar ag ullachadh aithisgean gus an siostam CIS a cheisteachadh; nuair a thèid seo a dhèanamh thèid sgrùedadh a dhèanamh air na h-aithisgean agus thèid obair orra ann an 2020/21.
Roghainnean a leasachadh gus am faod Coimiseanairean agus Luchd-mheasaidh a bhith an sàs gu ro-ghníomhach gus dèanamh cinnteach gu bheil croitean an seilbh agus gan rianachd, 's dòcha le fòcas air daoine a tha fuireach air a' chroit nach eil ga chleachdad.	Tha seo fo dheasbad fhathast.
Gniomh leantainn air luchd-freagairt a' chunntais 2017, ag innse nan ciad bhrisidhean, ag ath-innse roghainn airson am briseadh a chur ceart agus ag èiridh gu frithealachadh brathan ma tha e iomchaidh.	Obair cùise leantainneach latha gu latha
Gniomh leantainn air luchd-freagairt a' chunntais 2017 a rinn briseadh air barrachd na aon turas, gus cùisean a chur air adhart tro ullachaidhean sparradh roinn 26C gu 26H mur a h-eil iad air an t-suidheachadh a chur cheart leotha fhèin.	Obair cùise leantainneach latha gu latha

## TORADH 2: CÙILTEAN-CINN GAN RIAGHLADH AGUS DÒIGHEAN-RIANACHD COITCHEANN GAN LEANTAINN

Fios a chur don a h-uile Comataidh-ionaltraidh le dreuchd a tha gu bhith deiseil, gam brosnachadh gus taghadh a chur air dòigh airson Comataidh-ionaltraidh ùr.

Tha a h-uile Comataidh-ionaltraidh a' faighinn fios gu bheil an dreuchd aca a' tighinn gu crìoch 6 seachdainean ro làimh agus thathar a' faighinn fios a bharrachd mura h-eil Comataidh ùr ann 6 seachdainean às dèidh a' chinn-latha sin. A bharrachd air seo, fhuair a h-uile comataidh a chaidh às an dreuchd eadar an Giblean 2018 – Màrt 2019 agus nach do thill fios a bharrachd, ag innse mar a chuireas iad comataidh ri chèile a-rithist. Bidh seo air a chur air dòigh airson nam feadhainn anns a' bhliadhna roimhe. Tha e coltach a-nis gu bheil lùghdachadh fad trì bliadhna ann an àireamhan nan comataidh-ionaltraidh ann an dreuchd air stad agus 's dòcha gum bi ath-gluasad ann a-nis.

Moladh ri Comataidhean-ionaltraidh agus Luchd-ùidhe gu bheil stiùireadh ann, air fhoillseachadh anns a' Ghèarran 2019, airson stiùireadh èifeachdach nan cùiltean-cinn. Freagairt ri ceistean airson dearbhachadh.

Tha ceanglaichean ri Stiùireadh nan Cùiltean-cinn air a thoirt don a h-uile Comataidh-ionaltraidh agus tha leth-bhreacan cruaidh ri fhaighinn air iarrtas. Tha e coltach gu bheil an stiùireadh cuideachail agus gu bheil gnìomhan mar leasachaidhean air an dèanamh ri linn reachdas, le luchd-ùidhe a' faighinn ris air na còraichean aca gus riochdachadh a dhèanamh ris a' Choimisean.

Tha ceanglaichean ri, no leth-bhreacan de, Stiùireadh ùr nan Cùiltean-cinn ri fhaighinn airson a h-uile comataidh ùr. Biodh àireamh nan iarrtasan ag innse gu bheil seo èifeachdach.



<b>TORADH 3: CROITEARACHD GA RIAGHLADH ANN AN DÒIGH A THA CEART, ÈIFEACHDACH AGUS ÈIFEACHDAIL</b>	
Leasachd dòigh-obrach airson aire a thoirt air cùisean connspaideach nas tràithe sa phròiseas, gus rianachd dùilean theachdaichean a thaobh an ùine anns am bi a' chûise aca air a làimhseachadh agus a' bhuil as coltaiche.	<p>Chaidh buidheann obrach a stèidheachadh agus rinn iad co-dhùnadh gin tig an eileamaid triaghais a-steach aig deireadh ire dearbhachaidh na cùise, le stiùireadh bhon Sgioba Taic-riaghlaidh.</p> <p>Chaidh triaghais a thoirt a-steach aig lìre 1 airson iarrtasan di-chroiteachaidh agus roinneadh. Bidh triaghais a' tachairt gu tric aig lìre 2, a' tabhachadh luchd-iarrtais an cothrom an iarrtas aca atharrachadh gus an tèid e gu oifigearan no cur air adhart gu lìre 3 far an tèid dèlligeadh ris leis na Coimiseanairean.</p>
Pròiseas structarail gus iomallachadh ùine air a ghabhail le cùisean connspaideach, gun a bhith cur bacadh air cothromachd, a dhèanamh mar phileat.	Thathar a' tòiseachadh a' beachdachadh air seo, ach tha e aig lìean tràthha fhathast.
Ath-sgrùdadh air a' phròiseas "Ath-sgrùdadh Roinneadh" a ghabhail os làimh (roinn 52(12)).	Chaidh comhairle laghail tòiseachaidh a lorg agus chaidh buidheann-obrach a' ghèarr-ùine a stèidheachadh. A' coimhead aig farsaingeachd an ath-sgrùdaidh agus a' leasachadh pròiseas nas èifeachdaiche airson cùisean neo-chonnspaideach, agus pròiseas nas lualthe gus lìre sgrùdaidh nas àirde a thoirt do na cùisean nas connspaidiche. Chaidh atharrachaidhean a dhèanamh ri iarrtas airson Ath-sgrùdadh Roinnidh.
Fiosrachadh mu di-chroiteadh air Clàr nan Croitean a chur air loidhne gus am bi am fiosrachadh seo làn-ruigsinneach.	<p>Tha seo dèanta agus tha di-chroiteadh san fharsaingeachd ga chumail air loidhne.</p> <p>Tha obair leantainneach ga dhèanamh gus dearbhachadh gu bheil am fiosrachadh ceart againn.</p>
Rro-innleachd solar a dhearbhachadh agus a chur air bhonn airson pròiseas nan iarrtas/brath air loidhne, gur dòcha air bonn-stèidh mean air mhean.	Chaidh pàipear slàn a chruthachadh a' coimhead air dà dhòigh-obrach airson pròiseas iarrtas a' Choimisein a dhèanamh nas didseataich, le moladh gun tèid aon no an dà chuid a ghabhail os làimh. Bhathar a' co-roinneadh seo le Roinn Sponsair Riaghaltas na h-Alba, le iarrtas maoineachaidh airson a' phròiseact, gus dèanamh cinnteach gu bheil an t-eòlas ceart ann gus an t-atharrachadh a libhrigeadh.
Gabh os làimh ath-sgrùdadh a' phròiseis "Roinneadh le Neach-gabhaltais" (roinn 9).	Chaidh còmhraidean tòiseachaidh a ghabhail le Clàran na h-Alba (RoS) aig am bi buaidh air an ath-sgrùdadh. Chaidh còmhraidean a ghabhail a thaobh an dàimh eadar a' chiad chroit agus na croitean ùra air a chruthachadh leis an roinneadh, gu h-àraigdh a thaobh ceangal ri di-chroiteadh eachdraidheil.
Aontachadh a dhèanamh, le Clàran na h-Alba, leasachaidhean air na pròiseasan co-mheasgaichte againn agus ciamar a dh'haodas iad a bhith air an cur air dòigh.	Tha obair air leantainn air gus dàimh a thogail còmhla ri RoS, le tàrr phàirtean an obair leasachaidh taobh a-staigh a' Choimisean a' tar-iadhadh le ceanglaichean ri RoS. Tha Ceannard an Riaghlaidh cuideachd a' coimhead air taobhan eile dàimh a' Choimisean le RoS agus mar as urrainn dhuinn seirbhis nas fheàrr a libhrigeadh còmhla.
Siosam airson tomhas a dhèanamh air toileachas an luchd-chleachdaidh a chur an sàs.	Thèid Bileag Sàsachd an Luchd-cleachdaidh a-mach le litrichean co-dhùnaidh. Latha tòiseachaidh 09/12/2019. Gu ruige seo cha do thill ach beagan bhileagan, bha a h-uile tè dhiubh taiceil.
Cuiribh fiosrachadh mu roinneadh air Clàr nan Croitean air loidhne gus am bi am fiosrachadh seo làn-ruigsinneach.	Tha seo aig an lìre phlanaidh aige às dèidh òstaireachd-lìn soirbheachail stiùireadh di-chroiteadh.

## TORADH 4 THÈID TAIC A THOIRT DO CHOR NA CROITEARACHD LE RÈITEACHADH FIOSRACHAIL CÒMHЛА RI LUCHD-ÙIDHE

Dèan co-dhùnadh air prògram co-obrachail le lomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean (HIE) gus taic a thoirt do leasachadh na croitearachd.	Thàinig riochdairean HIE gu coinneamh Bòrd Coimisean na Croitearachd anns a' Chèitean agus co-dhùin iad an obair a dh'fhaodadh dol air adhart còmhla.
Buidheann-obrach Coimisean na Croitearachd a stèidheachadh gus beachdachadh air lìre 2 ath-leasachadh air reachdas na croitearachd, a' gabhail a-steach Coimiseanairean agus Luchd-sgrùdaidh.	Aig coinneamh a' Bhùird anns an Lùnastal, cho-dhùin Coimiseanairean cuireadh a thoirt don Luchd-sgrùdaidh aig an robh ùidh anns an roinn obrach seo tighinn gu Coinneamh an Ro-innleachd anns an t-Samhain. Bidh coinneamhan ro-innleachd san àm ri teachd na bunait airson na h-obrach seo a thoirt air adhart.
Fiosan suirbhidh Coimisean na Croitearachd mu gnìomhachasan croitearan a rannsachadh.	Bhathar a' coimhead air toraidhean na suirbhidh aig coinneamh Bòrd Coimisean na Croitearachd anns an Ògmhios 2019.
Aithris Coimisean na Croitearachd air conaltradh eadar croitearachd agus clàr-gnothaich ath-leasachadh lagh fearann Coimisean Fearann na h-Alba fhoillseachadh.	Bha coinneamh aig an dà Bhòrd air 3 an t-Sultain 2019 agus rinn iad co-dhùnadh gun obraich an dà bhuidheann còmhla a' gabhail a-steach a bhith a' cur ri obair Coimisean na Croitearachd air Croitearachd san Àm ri Teachd. Chan eil buidheann deiseil no deònach ri co-aithris a dhèanamh aig an lìre seo ge-tà. Bidh sin a' tighinn nas anmoiche, ma thig e.
Àite Coimisean na Croitearachd a leasachadh air prìomhachasan airson ath-leasachadh taic na croitearachd.	Cha robh goireasan ri fhaighinn airson na h-obrach seo. Tha tomhas-ama agus co-theacsa cudromach cuideachd agus 's dòcha gum bi e nas iomchaidh beachdachadh air seo san àm ri teachd. Bidh pàirtean de seo a-nis an lùib leasachadh a' phriomh clach-mhile gu h-ìseal.
Leasaich suidheachaidhean Coimisean na Croitearachd air priomh chuspairean airson lìre 2 Bile Croitearachd an dùil, a' gabhail a-steach Cùiltean-cinn, Clàradh agus Riaghlaigh na Croitearachd. (Bidh na suidheachaidhean deiseil agus ann an clò ron t-Sultain 2020).	Thathar a' beachdachadh air seo a-nis a thaobh Aithisg "Croitearachd san Àm ri Teachd" oir tha tomhas-ama Bile na Croitearachd lìre 2 mì-chinnteach. Chaighd deasbad ro-innleachd töiseachaidh a chumail anns an Dùblachd leis a' bhuidhinn.  Cha deach coinneamh Màrt 2020 air adhart air sgàth 's Covid-19 ach chaidh obair a leantainn a rèir goireasan.
Thug e comhairle do Riaghaltas na h-Alba air cùisean airson lìre 1 gus reachdas na croitearachd ath-leasachadh.	Tha Coimiseanairean agus oifigearan eile a' cur gu mòr ri obair Riaghaltas na h-Alba air lìre 1 a' Bhive, a' gabhail a-steach ceistean cudromach a thogail mun dòigh-dèiligidh a tha an dùil airson co-ghabhaltas. Ach chaidh stad a chur air obair Riaghaltas na h-Alba seo air sgàth 's Brexit agus chan eil smachd aig a' Choimisean air seo.

<b>TORADH 5 – THA SGILEAN IS AM BROSNAKHADH CEART AIG AN LUCHD-OBRACH GUS DÈANAMH GU MATH, THA NA DÒIGHEAN-RIANACHD AGAINN MAR AN CLEACHDADH AS FHEÀRR</b>	
Toirt a-steach coinneamhan gun phàipear anns an ofis nuair a tha e ionchaidh.	Bhon Ògmhios 2019, bha coinneamhan Bòrd Coimisean na Croitearachd agus Comataidh Sgrùdaidh is lonmhais a' cleachdadhean pàipearan dealain mar is tric. Chaidh coinneamh a' Bhùird ann am Màrt 2020 a chumail air Skype.
Ruig gèilleadh slàn a thaobh aontaidhean co-roinneadh an dàta.	Tha a h-uile rèiteachadh a-nis stèidhichte.
Trèanadh airson a h-uile Sealbhadaidh an Fhiosrachaidd anns a' Choimisean.	Chaidh an trèanadh a dhèanamh agus fhuair Àrd-oifigear Clàraighean an Fhiosrachaidd (SIRO) trèanadh sònraichte cuideachd.
Toirt gu buil modhan-obrach fèin-sheòlaidh airson clàraighean a chumail / a sguabadh às taobh a-staigh Siostam Fiosrachadh a' Chroit (CIS).	Cha tàinig an ath thionndadh CIS a-mach air a cheann-latha a bhathar an dùil air sgàth 's iomadh adhbharan a chiallaich gun robh fòcas aig ailtire an t-siostaim air prìomhachasan eile. Às dèidh seo bha aig a h-uile goireas Teicneòlais Fhiosrachaidd a' Choimisein obair air comasan obair aig an taigh air sgàth 's a' ghalar mòr-sgaoilte Covid-19, a' màirnealachadh an ath-ùrachadh airson toirt gu buil clàr-ama gleidhgidh fèin-obrachail. Bidh obair a' tòiseachadh a-rithist air an ath thionndadh CIS anns an Ògmhios 2020, le dùil gus an tionndadh seo a thoirt gu deuchainneachadh anns an Lùnastal 2020, a bhios a' gabhail a-steach clàran-ama gleidhgidh fèin-obrachail.
Crioch a chur air a' Phlana Luchd-obrach agus clàr-ama airson a thoirt gu buil.	Chaidh aontachadh air a' Phlana Luchd-obrach le Comataidh Sgrùdaidh is lonmhais anns an Fhaoilleach 2020 agus chaidh e a-mach dhan a h-uile neach-obrach.
Cuir air bog comas a' chunntas air loidhne.	Chaidh cunnatas 2019/20 a leasachadh gus am faod an fheadhainn a dh'iarras e freagairt air loidhne. Chan eil cead anns an lagh airson seirbhis didseatach slàn oir feumaidh pàipear a' chunntas a bhith "fritheilichte".
Ath-sgrùdadh a dhèanamh air Analais Buaidh air Gniomhachas, bho 2014, a tha na bunait airson Planadh Leantainneachd a' Ghniomhachais againn.	Tha buaidh aig a' ghalar mòr-sgaoilte Covid-19 air goireasan a' Choimisean a tha ann gus an obair seo a choileanadh, ach tha clàr-ama ath-sgrùdaichte, a ghabhas a-steach na chaidh ionnsachadh bhon ghalar mhòr-sgaoilte, airson an obair seo gu bhith deiseil ro dheireadh an Lùnastail 2020.



## Comataidhean nan Cùiltean-cinn – Dòigh-obrach co-obrachail airson trèanadh

Chaidh sreath de choinneamhan trèanaidh airson clàrcan an ionaltraidh agus comataidhean-ionaltraidh a lìbhrigeadh ann an ceithir làithean air Eilean Leòdhais aig deireadh an Dàmhair 2019.

‘S e dòigh-obrach co-obrachail eadar Coimisean na Croitearachd agus Seirbhis Comhairle nan Tuathanach aig Riaghaltas na h-Alba a rinn cinnteach gun robh tòrr dhaoine aig na coinneamhan agus fhuair iad gabhail riutha bho na croitearan.

Leasaich Solarache Trèanaidh, Artair Dòmhnullach, modh-gabhail ùr-ghnàthach agus eadar-ghniomhail, stèidhichte air stiùireadh a’ Choimisein fhèin airson riaghladh nan cùiltean-cinn. Tha eòlas aig Artair fhèin air Bòrd Trèanaidh an Àiteachais agus rian e Prògraman Leasachadh Bailtean agus Coimhersnachdan na Croitearachd, le maoineachadh bhon Roinn Èòrpa.

Tha Coimisean na Croitearachd an dùil gun deach 50 cùiltean-cinn a riochdachadh thairis air na sia seiseanan trèanaidh, le barrachd na 70 luchd fa leth an làthair. Chaidh na tachartasan trèanaidh a chumail ann an diofar phàirtean dhen eilean tron latha agus air an oidhche gus cothrom a thoirt don a h-uile duine a dh’haodadh a bhith an làthair.

Chaidh Coimiseanair nan Eilean an lar, Iain MacLomhair, gu 3 seiseanan agus thàinig e air ais le beachd air an luach aca gu Bòrd nan Coimiseanairean.

Thuirt Mgr. MacLomhair: “S e brosnachadh mòr a bh’ ann an ire ùidh fhaighinn bho chomataidhean-ionaltraidh air feadh an eilein. Tha e a’ sealltainn gu soilleir gu bheilear a’ cur luach anns na cùiltean-cinn agus gu bheil iomadh clàrcan agus comataidhean-ionaltraidh ag iarraidh dèanamh cinnteach gu bheil iad air an rianadh gu ceart airson na luchd-ùidhe agus nam bàiltean aca.

Tha am fios air ais bhon fheadhainn a bha an làthair air a bhith math, le tòrr ag ràdh gur e eacarsaich fiachail a bh’ ann, air a lìbhrigeadh ann an dòigh mì-fhoirmeil ach glè èifeachdach. Cha bu chòir an luach a dh’haodadh a bhith aig cùiltean-cinn air an riaghladh gu h-èifeachdach agus gu tarbhach air cruth-tire tireil na h-Alba a bhith air a mheasadh ro ìosal. Tha e cudromach gu bheil

stuctar rianachd èifeachdach aig croitearan gus am b’ urrainn dhaibh co-dhùnaidhean a dhèanamh air mar a thèid na cothroman seo a lìbhrigeadh gu h-èifeachdach.

‘S e pàirt bunailteach de shiostam croitearachd a th’ ann an cùiltean-cinn agus tha an dleastanas airson an riaghladh air a thoirt do chomataidhean-ionaltraidh air a thaghadh aig ire ionadail le Achd Pàrlamaid airson cùiltean-cinn bho 1891.

Tha Coimisean na Croitearachd mothachail air an dreuchd chudromach a th’ aig comataidhean-ionaltraidh agus bidh e a’ leantainn air le conaltradh le agus taic airson nan comataidhean. Tha leasachadh stiùireadh sònraichte agus coinneamhan trèanaidh nam pàirt den phròiseas seo. Tha Coimisean na Croitearachd an dòchas gun lean am modh-obrach soirbheachail seo ann am pàirtean eile nan Eileanan an lar agus ann an sgìrean croitearachd eile.

## Sgrùdadadh air Dèanadas

Tha na toraidhean ann am Plana Corporra Coimisean na Croitearachd gan lìbhrigeadh le gniomhan anns a' Phlana Ghniomhachais. A bharrachd air na Clach-mile a chaidh a sgrùdadadh, tha fios cuideachd ann mu thargaidean sòraichte gus dèanadas a leasachadh. Tha analais orra air an ath dhuilleig.



# Dèanadas Obrachail airson 2019/20

## Plana Corporra is Plana Gniomhachais: Toradh 1 – CROITEAN AN SEILBH AGUS GAN RIANACHD

Ceum	Targaid	Toradh
Lùghdachadh àireamh nan croitean bàna.	Lùghdachadh le 10%.	<p>Cha deach a thomhas air sgàth 's gun robh obair airson croitean bàna a lorg agus an àireamh sin a mheudachadh a' màirnealachd air sgàth 's trioblaidean goireasachaiddh. Ach tha an Sgioba Còmhnaidh is Cleachdad an Fhearrainn fhathast ag obair air cùisean fa leth. Chaidh aonta a thoirt do shia molaidhean màlaidh às déidh don Choimisean crìoch a chuir air a' ghabhaltas fo roinn 11(8) airson còir-sheilbh no-fhuasgalite. Tha 2 croit bhàn eile ann a tha ann am pròiseas màlaidh leis a' Choimisean fo roinn 23(5B &amp;5C), a bheir cead don Choimisean croit a chur air màl nuair nach eil seo dèanta leis an uachdaran.</p>
Conaltradh a thòiseachadh le croitearan a bharrachd air far a bheilear an dùil ri briseadh dleastanasan Sgioba Còmhnaidh is Cleachdad an Fhearrainn (RALUT).	Tòiseachadh conaltradh RALUT le 150 cùisean ùra.	<p>Thòisich an sgioba RALU conaltradh còmhla ri</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• <b>77</b> croitearan a fhuair fios gun robh iad a' briseadh nan dleastanasan aca (100% den dhaoine a fhuair am fios seo).</li> <li>• <b>40</b> croitearan nach do ghabh ceumannan gus am briseadh aca fhuasgladh bhon a fhuair iad fiosrachadh ma dheidhinn (100% de dhaoine anns an roinn sin).</li> <li>• <b>16</b> croitearan a chaidh ainmeachadh ann am briseadh dhleastanasan (100% de na cùisean sin).</li> </ul>
Àireamh brisidhean RALU air fhuasgladh le croitear a-nis a' fuireach air a' chroit aca.	Cumail no meudachadh an àireamh (13) ann an 2018-19.	Bho dhaoine anns na cunntasan 2017 & 2018, tha 32 croitearan air am briseadh dleastanasan aca fhuasgladh le bhith fuireach air a' chroit ann an 2019/20.
Àireamh brisidhean RALU air fhuasgladh le fo-ghabhail, no aonta fad ùine ghoirid air croit aig croitearan nan luchd-còmhnaidhe ann an seilbh.	Cumail no meudachadh an àireamh (4) ann an 2018-19.	Bho dhaoine anns na cunntasan 2017 & 2018, tha 28 croitearan air am briseadh aca fhuasgladh leis a' chroit a shònachadh no chur air màl ann an 2019/20.
Àireamh brisidhean RALU air fhuasgladh le fo-ghabhail, no aonta fad ùine ghoirid air croit aig croitearan nan luchd-còmhnaidhe ann an seilbh.	Cumail no meudachadh an àireamh (15) ann an 2018-19	<p>Bho dhaoine anns na cunntasan 2017 &amp; 2018, tha 87 croitearan air am briseadh aca fhuasgladh leis a' chroit a chur air màl ann an 2019/20.</p> <p>Fhuair 10 croitearan cead a bhith air falbh bhon chroit aca agus mar sin tha iad a' gèilleadh ris an dleastanas fuirich aca.</p> <p>Fhuair 1 chroitear cead airson aonta fad ùine ghoirid dhen chroit aca.</p> <p>Chaidh 6 gabhaltasan croite a' sgaradh rè na bliadhna – 3 airson briseadh dhleastanasan agus 3 airson dith choir-sheilbh.</p>

## Seòladh



**Plana Corporra is Plana Gníomhachais: Toradh 2 – CÙILTEAN-CINN GAN RIAGHLADH  
AGUS DÒIGHEAN-RIANACHD COITCHEANN GAN LEANTAINN**

<b>Ceum</b>	<b>Targaid</b>	<b>Toradh</b>
Meudachadh àireamh nan cùiltean-cinn le Comataidh.	Meudachadh ann an àireamhan nan comataidhean-ionaltraidh ann an dreuchd.	Tha a-nis 495 comataidhean-ionaltraidh ann an dreuchd (418 ann an 2018/19). Tha àireamhan nan comataidh-ionaltraidh air a dhol suas am bliadhna, air shàilleibh ath-thòiseachaidh conaltradh le cùiltean-cinn aig nach robh comataidh anns na 3 bliadhnaichean roimhe. Tha na h-àireamhan ag innse gu bheil 77 comataidhean-ionaltraidh a bharrachd ann an dreuchd am-bliadhna, ag innse ath-chosnadh agus ath-chruthachadh earbsa eadar a' Choimisean agus coimhearsnachdan na croitearachd. Tha fhios gun deach coinneamhan luchd-ùidhe air adhart anns a' Mhàrt ro glasadh-sluaign Covid-19 agus nach tainig àireamhan air ais bhuapa fhastast. Mar sin, dh'fhaodadh gum bidh àireamh na bliadhna nas àirde na thathar ag aithris.
Meudachadh ann an àireamhan comataidhean-ionaltraidh a bhios a' cleachdadh nan riaghailtean teamplaид ùra.	Ceadachaidhean riaghailtean ùra a' Choimisean a chuir Comataidhean a-steach stèidhichte air an teamplaид.	Tha riaghailtean aig sia Comataidhean-ionaltraidh stèidhichte air an teamplaид air aonta leis a' Choimisean. Tha dà dhiubh airson cùiltean-cinn aig nach robh comataidh no riaghailtean roimhe agus bha tòrr sgrùdadh a dhith gus na h-ùidhean ceart a stèidheachadh.
Coinneamhan no conaltradh mòr còmhla ri Comataidhean-ionaltraidh agus luchd-ùidhe (mar a chaidh iarraidh orra) gus taic a thoirt dhaibh le riaghlaidh agus stiùireadh nan cùiltean-cinn.	Cumail no meudachadh àireamh nam bailtean far a bheil cùisean nan cùiltean-cinn air an toirt air adhart no air an cur ceart, le conaltradh bhon a' Choimisean.	Tha 33 cùisean brìoghmhòr far an robh comataidhean agus/no luchd-ùidhe ann an cùiltean-cinn. Rinn buill an Sgioba Ionaltraidh 11 turasan gus cuideachadh a thoirt do chomataidhean leis na dleastanasan aca. A bharrachd air seo, thòisich an Sgioba Ionaltraidh prògram de 6 buidhnean-obrach airson trèanadh nan comataidh-ionaltraidh air Eilean Leòdhais, a fhuair taic bho Sheirbhis Comhairle nan Tuathanach (FAS). Thàinig barrachd na 70 daoine dha na coinneamhan seo. Chaidh buill an Sgioba Ionaltraidh cuideachd gu 3 tachartasan eile airson cùiltean-cinn le taic maoineachaiddh FAS. 'S dòcha gun robh meudachadh na h-obrach ro-ghniomhach agus foghlamach na chuideachadh ann an lùghdachadh an fheum airson obair ais-ghniomhach agus ad hoc.
Stèidhich ùidhean ceart air cùiltean-cinn le rannsachadh agus ath-ùrachadh clàraighean suidheachaidhean an luchd-ùidhe.	Àireamh bhailtean a chaidh a rannsachadh.	Chaidh 14 rannsachaidhean sònraichte luchd-ùidhe a ghabhail òs làimh agus chaidh crioch a chur orra.

## Seòladh

**Plana Corporra is Plana Gníomhachais: TORADH 3 –  
THA CROITEARACHD GA RIAGHLADH ANN AN DÒIGH A THA CEART, ÈIFEACHDACH IS ÈIFEACHDAIL**

<b>Ceum</b>	<b>Targaid</b>	<b>Toradh</b>			
		Tuaiream air àireamh chùisean sa bhliadhna	Seachdainean mar chuibheas (2018-19)	Seachdainean mar chuibheas (2019-20 gu ruige seo)	
Lùghdachadh ann an amannan làimhseachaidh meadhanach (croitean clàraichte, ìre 1 aontachaidhean).	Lùghdaich amannan làimhseachaidh meadhanach airson na prìomh foincsean riaghlaidh.	Tha amannan làimhseachaidh meadhanach airson na prìomh iarrtasan air meudachadh. Chaith planaichean a leasachadh airson iomairtean aig am bi comas dèiligeadh leis na feumalachdan ann an dòigh nas fheàrr, ach tha cuideam an obair fhathast aig ìre àrd.			
		Sònachadh	c128	9.4	8.0
		Di-chroiteadh Làrach Taigh-croite	c52	9.1	8.0
		Dì-chroiteadh cuid den Chroit	c134	15.1	13.3
		Roinneadh le Neach-seilbh na Chòmhnaidh	5 no nas lugha	9.1	<5
		Roinneadh le Neach-gabhaltais	5 no nas lugha	24.4	<5
		Leigeil le Uachdaran	mu10	14.0	9.4
		Leigeil le Neach-seilbh na Chòmhnaidh	<10	13.6	11.4
Lùghdachadh ann an àireamh nan cùisean riaghlaidh gun rèiteachadh às dèidh 12 mìosan.	Lùghdaich àireamh de chùisean bheò às dèidh 12 mìosan.	Bha obair gus an tomhas seo a mhìneachadh agus a chur ann an còd a' mairnealachd air sgàth 's atharrachaidhean luchd-obrach agus daoine às an làthair ri linn tinneis.			
Ìrean sàsachd an luchd-cleachdaidh	Gu bhith air a leasachadh nuair a tha siostam ìre sàsachd an luchd-cleachdaidh ann.	Thèid Bileag Sàsachd an Luchd-cleachdaidh a-mach le litrachean co-dhùnaidh. Latha tòiseachaидh 09/12/2019. Thèid bileagan a-mach leis a h-uile co-dhùnadh. Gu ruig seo cha do thill ach beagan bhileagan, bha a h-uile tè dhiubh toilichte.			
Meudachadh an co-roinn co-dhùnaidhean a thèid a dhèanamh le oifigearan obair-chùise (ìre 1).	Meudachadh anns a' cho-roinn.	A-mach às na 1,304 cùisean le crìoch, chaith dèiligeadh le 1,036 dhiubh aig ìre 1. Tha seo a' riochdachadh 80% de chùisean air an crìochnachadh aig ìre 1. Tha seo 7% nas àirde na targaid bunait 73% airson na bliadhna.			
Meudachadh an co-roinn co-dhùnaidhean a thèid a dhèanamh le oifigearan.	Meudachadh anns a' cho-roinn gu 94%	Chaidh dèiligeadh le ionlan de 1,239 cùisean le oifigearan aig ìre a h-aon agus a dhà còmhla – ceudad de 95% de na cùisean air fad a tha 1% nas àirde nan àireamh bunait.			
Lùghdachadh ann an àireamh nan ceist choitcheann.	Lùghdachadh an àireamh.	Nuir a chaithd àireamh nan ceist choitcheann sìos beagan ann an 2019/20 (2,394 ann an 2019/20; 2,459 ann an 2018/19), bhiomaid an dùil gun tèid an àireamh seo sìos nas mothu ann an 2020/21 air sgàth 's gu bheil plana ann gum bi fiosrachadh eachdraidheil air òrdughan roinneadh ri fhaighinn air loidhne airson sealltainn air agus a luchdadh a-nuas bho Chlàr nan Croitean tron ath-bhliadhna.			

**Plana Corporra is Plana Gníomhachais: Toradh 4 – THÈID TAIC A THOIRT DO CHOR NA CROITEARACHD LE RÈITEACHADH FIOSRACHAIL CÒMHLA RI LUCHD-ÙIDHE**

Ceum	Targaid	Toradh
------	---------	--------

Airson adhartas a thaobh Clachan-mìle an Torach seo, rach gu duilleag 19.

**Plana Corporra is Plana Gníomhachais: Toradh 5 – THA NA SGILEAN IS AM BROSNACHADH CEART AIG AN LUCHD-OBRACH GUS DÈANAMH GU MATH, THA NA DÒIGHEAN-RIANACHD AGAINN MAR AN CLEACHDADH AS FHEÀRR**

Ceum	Targaid	Toradh
Meudachadh ann an ìre dol an sàs ri luchd-obrach.	Meudachadh bho 51% gu 55%.	Bu chòir tomhas a dhèanamh air seo ann an suirbhidh an luchd-obrach anns a' Mhàrt 2020. Air sgàth 's Covid-19, chaidh suirbhidh an luchd-obrach a chur an dàil.
Brùchdadhbh carboin Corporra.	Cumail no lùghdachadh.	<p>Chuir a' Choimisean an ainm ris an aithisg Atharrachadh Gnàth-shìde na Roinne Poblaich gu saor-thoileach, a thèid a choileanadh gach bliadhna (30mh An t-Samhain). Nì a' Choimisean tomhas air an cur a-mach CO2 aice gach bliadhna mar a leanas -</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• 2015/16 19,6 tCO2e (Tuairmse)</li> <li>• 2016/17 11,89 tCO2e (Tuairmse)</li> <li>• 2017/18 18.45 tCO2e (Stèidhichte air dàta siubhail fior)</li> <li>• 2018/19 15.46 tCO2e (Stèidhichte air dàta siubhail fior) Tha an tomhas mu dheireadh a' sealltainn lùghdachadh ann an cur-a-mach bho 2017/18. San fharsaingeachd, bha meudachadh beag ann air sgàth 's tursan-adhair a bha frith-chothromachadh an aghaidh ìrean nas luga tursan càr, rèile, bàta-aiseig agus siubhail ann an tagsaigh.</li> </ul>
Ìre a' chonaltraidh ann am post-dealain leis an luchd-iarratais a chur am meud.	Meudachadh bho 7.4% gu 15%	Chan eil am fiosrachadh seo clàraichte gu mionaideach mar sin cha lean an KPI seo air. Chan eil e dàicheil gun tèid ìrean a dhùblachadh ann an 2019/20, ach chaidh ìrean conaltraidh ann am post-d suas bho għlasadh-sluaigh Covid-19.
An ìre de dhaoine far an obrach ri linn tinneis a lùghdachadh.	Lùghdachadh a thoirt air dì-làthaireachd tinneis.	Rè 2019/20 bha meudachadh ann an ìrean luchd-obrach à làthair ri linn tinneis. Tha mion-fhios anns an Aithisg Cunnthalachd air duilleag 63.

## Seòladh



Air a Choileanadh



Air a Choileanadh gu ìre



Gun Choileanadh

# Siosam na croitearachd a riaghladh gu ceart agus a dhìon is a neartachadh airson nan ginealach romhainn

Is e prìomh obair Choimisean na Croitearachd croitearachd a riaghladh gu ceart is gu reusanta air mhodh a bhios a' gèilleadh gu h-iomlan do reachdas na croitearachd. Mar sin, tha a' chuid as mothà den obair a bhios a' dol aig a' Choimisean a' bualadh air gabhail ri iarrtasan riaghlaichil agus a' clàradh bhrathan.

Bidh àireamh nan iarrtasan a gheibhearr diofraichte bho àireamh nan iarrtasan a shocraicheadh ri linn nan iarrtasan a thugadh air adhart bho 2018/19 agus an fheadhainn a bheirear air adhart gu 2020/21.

Seòrsa larrais/Bratha	Fhuaireadh	Cheadaicheadh	Dhiùltadh	Gun Tàbhachd	Air An Tarraing Air Ais
Roinneadh	40	31	3	7	3
Roinn Sònrrachaidh	3	1	1	1	0
Croit Sònrrachaidh	358	325	3	27	7
Cruthaich croit ùr	10	6	0	2	1
Dì-chroiteachadh – Làrach Taigh-croite agus Talamh a' Ghàrraidh	180	162	1	30	7
Dì-chroiteachadh – Pàirt Croit	436	285	6	46	14
Dì-chroiteachadh – S17 & S18 Feu	5	3	0	3	1
Dì-chroiteachadh – Croit lomlan	4	1	4	1	0
Dì-chroiteachadh – Croit lomlan – Taigh a-mhàin	3	1	0	1	0
Roinneadh – Croitear na Sealbhadair a' còmhnaidh	25	11	2	9	1
Roinneadh le Neach-gabhaltais	25	11	2	3	6
Iomlaid fearann croite	1	0	0	1	0
Còir-sheilbh gun Tiomnadadh (brathan)	109	97	0	18	1
Leigeil – Uachdaran Croit Fhalamh	31	26	0	5	2
Leigeil – Croitear Sealbhadair-Còmhnaidh	24	17	0	4	5
Aonta Fad Ùine Ghoirid	21	23	0	3	2
Fo-leigeil	136	180	1	15	8
Còir-sheilbh Tiomnaidh – Dileab Gabhaltas Croite (brathan)	83	80	0	13	3
Iomlan 2019/20	1,494	1,260	23	189	61
Iomlan 2018/19	1,511	1,265	25	171	38
Iomlan 2017/18	1,366	925	21	132	36

# Co-dhùnaidhean Tiomnaichte (DDM)

Tha Bòrd nan Coimiseanairean air a bhith a' tiomnadh cho-dhùnaidhean air cùisean riaghachail sìmplidh do dh'oifigearan. Feumaidh na cùisean seo a bhith taobh a-staigh nan crìochan aonaichte agus na feumalachdan reachdail is poileasaidh gu lèir a thoirt a-mach, mura toir, thathar gan cur gu ire nas àirde.

Tha an clàr gu h-ìseal a' sealltainn nan diofar ìrean de cho-dhùnaidhean a thathar a' cleachdadh anns a' Choimisean agus àireamh nan cùisean air an deach beachd a ghabhail aig gach ìre.

Ìre Co-dhùnaidh	Àireamh chùisean 2019/20	Àireamh chùisean 2018/19	Àireamh chùisean 2017/18
Ìre 1 (Oifigearan larrtasan)	859	735	678 **
Ìre 2 (Àrd-oifigearan)	203	211	186
Ìre 3 (3 Coimiseanairean)	64	53	57
Co-dhùnadhl le làn-Bhòrd Choimiseanairean	1	4	5

Nòta\*\*: Tha an àireamh seo a' gabhail a-steach 161 brathan. Chaidh brathan fhàgail a-mach à àireamhan nam bliadhnaichean nas anmoiche air sgàth 's nach gabh a' Choimisean co-dhùnadhl orra.

## Èisteachdan

Cha deach Èisteachdan a chumail a thaobh iarrtasan di-chroiteachaidh ann an 2019/20 (1 Èisteachd ann an 2018/19; 3 Èisteachdan ann an 2017/18). Chùm Coimisean na Croitearachd aon choinneamh còmhla ri neach-iarrtais, luchd-ùidhe, agus sealbhadaidh cùl-cinn, agus tadhall air an làrach a thaobh iarrtas roinneadh.



# Tagraighean gu Cùirt an Fhearnainn (SLC)

Faodaidh tagraighean tagradh a chur gu Cùirt an Fhearnainn an aghaidh co-dhùnaidh, dearbhaidh no stiùiridh sam bith a nì an Coimisean air iarrtas fo Achd nan Croitearan (Alba) 1993. Feumar tagradh sam bith a dhèanamh an taobh a-staigh 42 là.

Chaidh 7 ath-thagraidhean a thoirt air adhart bho 2018/19 – ann an 6 dhiubh chùm an SLC ri cho-dhùnad a' Choimisean (*chaidh 1 cùise air ath-thagrath ri Cùirt an t-Seisein agus tha e a-nis air beulaibh Taigh A-Staigh Cùirt an t-Seisein*) agus chaidh car a chur air 1 cho-dhùnad a' Choimisein leis an SLC.

Chaidh 6 ath-thagraidhean a bharrachd fhaighinn ann an 2019/20 – ann an 4 ath-thagraidhean bha co-dhùnad a' Choimisein air an gleidheadh agus tha 2 ath-thagrath fhathast a' feitheamh air co-dhùnad bhon Chùirt.

## Ceistean Coitcheann

A bharrachd air na h-iarrtasan/brathan ris an do fhereagair Coimisean na Croitearachd bha cuideachd 2,394 ceistean choitcheann air croitean/cùiltean-cinn agus croitearachd san fharsaingeachd tron bhliadhna (2,459 ann an 2018/19; *barrachd na 3,000 ann an 2017/18*). Nuair a thèid fiosrachadh fhaighinn tro ROC air loidhne tha sinn an dùil gun lùghdaich an àireamh seo ann an 2020/21.



# Clàr nan Croitean (ROC)

Tha Coimisean na Croitearachd a' cumail a ROC fhèin a ghleidheas fios air ainm, suidheachadh, cìs, meud gach croite, fios mun neach-ghabhaltais, mun uachdaran agus mu chòraichean sam bith sa chùl-chinn.

Rinn sinn atharrachaidhean air Clàr nan Croitean air sàillibh gun tug mu 1,700 de bhileagan Cunntas na Croitearachd barrachd fios dhuinn a bha a dhìth no ceàrr. Chaithd 74 bileagan a bharrachd do Sgiobaidean Riaghlaidh airson rannsachadh a bharrachd.



## Croitean le sgìre

Àireamh nan Croitean air an cur air a' Chlàr = 21,186

Na h-Eileanan Siar	
Fo Ghabhala	6,103
An Seilbh	258



Sealtainn	
Fo Ghabhala	2,129
An Seilbh	1,193


Arcaibh	
Fo Ghabhala	65
An Seilbh	394

A' Ghàidhealtachd	
Fo Ghabhala	6,233
An Seilbh	3,705

Moireibh	
Fo Ghabhala	0
An Seilbh	0

## Croitean le aois

Àireamh Croitearan clàraichte ann an ROC = 16,370



An-uiridh thuirt sinn gun robh barrachd na 26,000 croitearan clàraichte ann an ROC. Bha an àireamh seo ceàrr, oir chuir sinn a-steach maoir-fearainn agus nàbaidhean ann an cùisean clàraidh croite.

# Clàr nan Croitean Air-loidhne

Chaidh Clàr nan Croitean Air-loidhne a sgaoileadh am measg an t-sluaigh san Lùnastal 2017. Chuir e ri seirbhisean an luchd-chleachdaidh againn le bhith a' leigeil leis an t-sluagh cothrom dìreach fhaighinn ar clàran mu chroitean. Anns an t-Samhain 2019 thug sinn a-steach goireas gus am faodar Stiùireadh Di-chroiteachadh fhaighinn tro ROC Air-loidhne agus tha sinn ag obair gus am bi Òrdughan Roinnidh ann cuideachd a dh'aithghearr.

	<b>111,840</b>	Rannsachaidhean
	<b>8,391</b>	Copaidhean inntrinnean air an toirt às
	<b>8,117</b>	Stiùireadh Di-chroiteachaidh luchdaichte a-nuas
2018/19	74,203 rannsachaidhean	
2017/18	38,289 rannsachaidhean	
2018/19	29,526 Leth-bhreacan	
2017/18	7,237 Leth-bhreacan	

Tha Clàr nan Croit Air-loidhne ri fhaighinn aig [www.crofting.scotland.gov.uk/register-of-crofts-roc](http://www.crofting.scotland.gov.uk/register-of-crofts-roc)

## Clàr na Croitearachd

A bharrachd air a bhith a' dèligeadh ri iarrtasan riaghlichail tha sinn cuideachd a' meas tàbhachd iarrtasan gu Clàr nan Croitean do Neach-gleidhidi Clàran na h-Alba (RoS).

### Iarrtasan Clàradh Chroitean

#### Ciad Chlàradh



#### Tachartas an dèidh làimhe a' bualadh air croit chlàraichte



Chaidh cuideachd **26** ùrachaidhean gun trigear agus 160 ceartachaidhean a làimhseachadh. Tha àireamh iomlan dè **6,839** a-nis ann an Clàr na Croitearachd RoS.



# Dleastanasan Chroitearan

The dleastanas air croitearan nan Luchd-gabhaltais agus nan Luchd-seilbh nan Còmhnaidh:



A bhith a' fuireach mar as àbhaist air a' chroit aca no an taobh a-staigh 32cm air falbh bhuaipe



Gun a' chroit a mhì- ghnàthachadh no a leigeil air dhearmad



A' chroit àrach is a ghleidheadh, no a chur gu feum buannachdail eile.

## Sanas air Briseadh Dleastanais an Dùil

Ma chuirear fios air fairtleachadh gèilleadh do ghin de na dleastanas le croitear, comataidh-ionaltraidh/Maor no Measadair, tha e mar fhiachaibh air a' Choimisean sgrùdadh a dhèanamh.

**!** **Chuireadh fios mu 18 shuidheachaidhean far an robhas an amharas gun deach briseadh a dhèanamh chun a' Choimisein tron bhliadhna (10 ann an 2017/18; 19 ann an 2018/19).**

**2** gun tàbhachd (aon far an robh a' chroitearan marbh – agus aon far nach deach fios mu choinneamh a' Chomataidh leis am fhios)



Chaidh **1** iarrtas sònrrachaidh fhaighinn – a' feitheamh air co-dhùnad



**15** cùisean a' dol air adhart fhathast (**2** croitearan ann am pròiseas sònrrachaidh; **2** ann am pròiseas fo-mhàlaidh; **3** croitearan nan luchd-còmhnaidhe ann an seilbh ann am pròiseas màl geàrr-ùine – thathar a' sgrùdadh an **8** eile)



Iarrasan airson Cead a bhith Às an Làthair

**!** **19 iarrasan air fhaighinn (30 iarrasan ann an 2017/18; 74 iarrasan ann an 2018/19).**

**11** ceadaichte



**4** gun cead



**4** gun tàbhachd (**2** far nach deach am foirm cheart a lìonadh gu ceart, **1** far an deach am foirm cheàrr a lìonadh agus **1** far nach robh an neach-iarrtas anns an siostam againn fhathast mar neach-gabhaltais a' chroit).



Cead a bhith às an làthair – Sìneadh

**!** **2 iarrasan air fhaighinn (0 iarrasan ann an 2017/18; 8 iarrasan ann an 2018/19).**

**1** gun tàbhachd



**1** air an tarraing air ais



# Cunntas na Croitearachd 2018 – Dleastanasan

Ann an 2019 sgriobh an Coimisean gu na 77 croitearan gu lèir a nochd a' chiad turas air Cunntas na Croitearachd 2018 gun do bhris iad dleastanas no dleastanasan reachdail, a' toirt roghainnean dhaibh gus am briseadh fhuasgladh agus a' leigeil leotha gu ruige Cunntas na Croitearachd 2019 gus a' chùis fhuasgladh.

Bhon **77** croitearan seo – tha **7** dhiubh, gu ruige seo, air am briseadh aca fhuasgladh mar a leanas:

- 1 croit air a sònrrachadh
- 3 croitearan air gluasad a-steach dhan chroit
- 2 croit a leigeadh air fo-ghabhail
- 1 croitear a dh'iarr agus a fhuair Cead a bhith às an Làthair



A bharrachd air seo, tha **5** croitearan ann am pròiseas fo-mhàlaidh; **4** ann am pròiseas sònrrachaidh agus bidh aon a' fuireach air a' chroit a dh'aithghearr.

Sgrìobh sinn cuideachd gu **40** croitearan nach do dh'fhuasgail am briseadh bhon Chunntas Chroitearachd 2017, a' socrachadh clàr-ama gus am briseadh fhuasgladh.

Bhon **40** croitearan seo – tha **2** dhiubh, gu ruige seo, air am briseadh aca fhuasgladh mar a leanas:

- 1 croitear air gluasad a-steach dhan chroit
- 1 chroit a chaidh ath-leigeil

A bharrachd air seo tha:

- 6 croitearan ann am pròiseas a' chroit a shònrrachadh, le 5 a' feitheamh air co-dhùnad.
- 12 croitearan ann am pròiseas a' chroit a shònrrachadh, le 3 a' feitheamh air co-dhùnad.
- 2 croit ri reic
- 2 croit air cheannachd agus tha feum ann airson gnìomh leantainn

Tha na cùisean eile a' dol tro phròiseas co-èigneachadh nan Dleastanas.

# Cunntas na Croitearachd 2019

Tha dleastanas laghail air croitsearan na bileagan Cunntas na Croitearachd, a thathar a' cur a-mach gach bliadhna, a lìonadh agus a chur air ais chun a' Choimisein.

Ann an 2019 chaidh 19,485 bileagan fo Chunntas na Croitearachd a chur a-mach (19,269 ann an 2018/19), 17,519 bileagan coitcheann agus 1,966 mu chroitean air am meas. B' e seo a' chiad bliadhna a bha cothrom aig na croitsearan bileag a' Chunntas aca a lìonadh air-loidhne agus chaidh 1,674 bileagan no 11.4% a dhèanamh anns an dòigh seo. San fharsaingeachd, thàinig 14,726 bileagan air ais dhan Choimisean (13,347 ann an 2018/19). Tha seo a' ciallachadh gu bheil ìre cur air ais 75.5% ann, a tha suas 6.5% bho 2018.



Bu chòir toirt fa-near gum b' e 31mh am Màrt 2020 an ceann-latha airson tilleadh nam bileag, ach air sgàth suidheachadh annasach Covid-19, chuir sinn seo air adhart gu 17mh a' Giblein. Bha 1,217 bileag air an toirt air ais thugainn anns na 3 seachdainean seo, chaidh an cur ris an àireamh iomlan (14,726). Ach air sgàth 's nach robh cead againn ri oifis a' Choimisean agus an t-uidheam IT gus analais a dhèanamh air na 1,217 bileagan seo, cha deach am fiosrachadh a bh' anna a ghabhail a-steach dhan analais gu h-ìseal. Mar sin, tha na h-àireamhan as a' cheud seo stèidhichte air an àireamh 13,509.



Fuireach mar as àbhaist air a' chroit aca no an taobh a-staigh 32cm air falbh bhuaipe: **86%**




Gun Mhì-ghnàthachadh no Dearmad: **89%**



Croit ga h-Àrach/Gleidheadh/Cur gu Feum: **89%**

## Àireamh chroitsearan nach robh a' coileanadh nan Dleastanasan aca air innse don Choimisean (**IOMLAN: 686**)



# Cùiltean-cinn

Is e a tha ann an cùiltean-cinn fearann ga chleachdadhl le croitearan agus feadhainn eile aig a bheil an aon chòir-sgoraidh air an fhearann sin. Faodaidh neach-earrannan iarrtas a chur dhan Choisisean gus cuid den fheurach no am feurach gu lèir aige a roinneadh gus nach tèid a chleachdadhl ach leis fhèin.

Bha **aon** cùl-cinn  
air a mheudachadh  
am-bliadhna.



Tha Comataidhean-ionaltraidh gan stèidheachadh le luchd-earrannan gus dileastanasan rianachd sònraichte mun ionaltradhl choitcheann a dhèanamh. Gus cuideachadh ri Comataidhean-ionaltraidh, chruthaich is sgaoil an Coimisean treòrachadh do Chomataidhean-ionaltraidh. Tha an Treòrachadh a' cuideachadh nan Comataidhean-ionaltraidh leis na dileastanasan a tha orra cùiltean-cinn a ghleidheadh is a leasachadh. Tha an Treòrachadh fa leth bho Riaghailtean nan Cùl-cinn; tha e mar thaic ri Comataidhean le bhith a' toirt comhairle dè dh'fheumas bhith ann an riaghailtean agus dè ghabhas meas mar an cleachdadhl as fheàrr. [www.crofting.scotland.gov.uk/common-grazings-regulations-template](http://www.crofting.scotland.gov.uk/common-grazings-regulations-template)

Às deidh lughdachadh anns na h-àireamhan comataidhean-ionaltraidh anns na bliadhnaichean a chaidh seachad, chaidh seo dhan taobh eile am bliadhna le 77 comataidhean-ionaltraidh ann an dreuchd. Chaith oidhrip mhòr a dhèanamh gus conaltradhl a chumail còmhla ri comataidhean a' fàgail an dreuchd agus cuideachd còmhla ri luchd-ùidhe ann an cùiltean-cinn aig nach robh comataidh fhathast. A bharrachd air seo, chaith coinneamhan trèanaidh a dhèanamh airson ball chomataidhean-ionaltraidh thairis air ceithir làithean air Eilean Leòdhais anns an Dàmhair 2019. 'S e dòigh-obrach co-obrachail a bh' anns an trèanadh eadar Coimisean na Croitearachd agus Seirbhis Comhairle nan Tuathanach aig Riaghaltas na h-Alba. Faicibh an sgrùdadhl-cùise agaibh air duilleag 21.

## Àireamh nan cùl-cinn fo riaghladh le comataidh

Chan eil cùiltean-cinn ann an Siorrachd Àir a Tuath no Moireibh

### Àireamh nan Comataidhean-ionaltraidh

<b>Earra-Ghàidheal is Bòd</b>	21
<b>Gàidhealtachd</b>	240
<b>Arcaibh</b>	1
<b>Sealtainn</b>	44
<b>Na h-Eileanan Siar</b>	189
<b>Iomlan 2019/20</b>	<b>495</b>
2018/19	418
2017/18	463

## Àireamh Cùiltean-cinn

### Àireamh Cùiltean-Cinn

Meud nan Cùiltean-Cinn  
(heactairean (ha))

<b>Earra-Ghàidheal is Bòd</b>	85	10,668ha
<b>Gàidhealtachd</b>	516	276,187ha
<b>Arcaibh</b>	9	343ha
<b>Sealtainn</b>	169	62,148ha
<b>Na h-Eileanan Siar</b>	295	200,545ha
<b>Iomlan</b>	<b>1074</b>	<b>549,891ha</b>

# Cunntas air Ionaltradh Coitcheann

Air sgàth 's Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2010 feumaidh Comataidhean-ionaltraidh aithisg a thoirt gach 5 bliadhna air cor a' chùil-chinn agus cor gach croite le croitearan nan luchd-gabhaltais no nan luchd-seilbh a' còmhnaidh a roinneas san ionaltradh choitcheann agus air cùisean sam bith eile a' bualadh air an ionaltradh choitcheann no air croitearachd ann am baile sam bith ceangailte ris an ionaltradh.

Chaidh a' bhileag a thoirt do Chomataidhean-ionaltraidh ann am Màrt 2017 agus bidh ceann-latha airson a lìonadh ann am Màrt 2022. Mar sin, chan eilear a' gabhail dragh mu na h-àireamhan ìosail ann am bliadhnaichean 2 agus 3 a-mach à 5.

Ann an 2019/20 thàinig

**3 bileagan a' chunntais** air ais dhan a' Choimisean bho Chomataidhean-ionaltraidh (4 bileagan ann an 2018/19, agus 101 bileagan ann an 2017/18).




## Saorsa an Fhiosrachaidh

Tha rùn aig a' Chomataidh gèilleadh do reachdas a bheir a' chóir dhan t-sluagh fiosrachadh iarraidh agus gun toirear am fiosrachadh sin seachad nas lugha na tha saoradh na lùib. Tha an fheumalachd laghail seo fo Achd Saorsa an Fhiosrachaidh (Alba) 2002 ; Achd Dìon Dàta 2018, an Riaghaildh mu Dhòn Fios Coitcheann 2018, Riaghailtean Coitcheann (Alba) agus Riaghailtean Fios Àrainneachd (Alba) 2004.

Chùm àireamh nan iarrasan a' dol sìos thairis air 2019/20, le 28 iarrasan airson fiosrachaidh. Tha seo na lughdachadh de 15 bho 2018/19. Cha robh ach 1 iarrtas airson ath-sgrùdadh air am fiosrachadh a chaidh a-mach.

Tha an Coimisean a' sgaoileadh uimhir a dh'fiosrachadh agus a ghabhas tron lùrach-lìn aige agus tro na meadhanan sòisealta.



Saorsa an Fhiosrachaidh (FOI)	8
Riaghailtean Fios Àrainneachd (EIR)	18
Achd Dìon Dàta	2

IOMLAN **28**  
2018/19 43  
2017/18 65

# Gearanan

Tha rùn aig Coimisean na Croitearachd seirbheisean den chìad ìre a thoirt don luchd-cleachdaidh againn agus tha sinn a' cleachdadh an fhiosrachaidd bho luchd-cleachdaidh nach eil sàsaichte gus na seirbheisean againn a leasachadh.

Chaidh 24 gearanan a làimhseachadh aig sreach-toisich an fhuasglaidh thar na bliadhna; tha na clàran a' sealltainn toradh nan cùisean seo.

Ann an 2019/20 fhuair sinn **36 gearanan**. Tha seo na lughdachadh de 38 bho an-uiridh



Fuasgladh Sreach-toisich	2019/20	2018/19	2017/18
Air an Gleidheadh	4	16	10
Air an Gleidheadh gu ìre	3	0	1
Gun Ghleidheadh	17	16	2
Air an Cur air Adhart	0	23	7
<b>Iomlan</b>	<b>24</b>	55	20

A bharrachd air na Gearanan Sreach-toisich ghabh sinn beachd cuideachd air **12 gearanan** aig ìre an Sgrùdaidh.

Sgrùdadadh	2019/20	2018/19	2017/18
Air an Gleidheadh	2	5	2
Air an Gleidheadh gu ìre	6	8	4
Gun Ghleidheadh	3	4	5
Gun Tàbhachd	1	1	3
Sgrùdadadh a' Dol air Adhart	0	1	0
<b>Iomlan</b>	<b>12</b>	19	14



## Conaltradh

Tha na Meadhanan Sòisealta fhathast nan dòigh chudromach do Choimisean na Croitearachd fiosrachadh a sgaoileadh ann an dòigh luath agus èifeachdach gu luchd-amais mòr.

Anns an Fhaoillean am-bliadhna chuir sinn a-mach 4 bhideothan corporra air YouTube agus 5 bhideothan goirid, mì-fhoirm eil a rinn Coimiseanairean air na croitean aca, ag amas ri ceangail a ghlèidheadh còmhla ri croitearan anns a' Ghlasadh-sluagh Covid-19. Thèid bhideothan eile a chur a-mach rè a' Ghlasadh-sluagh. [www.youtube.com/feed/my\\_videos](https://www.youtube.com/feed/my_videos)

Tha àireamhan luchd-leantainn Facebook agus Twitter fhathast a' meudachadh agus tha puist air seanailean nam meadhanan sòisealta seo gu tric a' faighinn gu barrachd na 1,000 daoine.

Tha sinn cuideachd a' cur ris an làrach-lìn againn fhathast. Am-bliadhna bha Stiùireadh Dì-chroiteachadh ri fhaighinn airson luchdadhbh a-nuas bho ROC Air-loidhne agus tha sinn ag obair air ruigsinneachd nan Òrdughan Roinnidh.

---

## Corporra

Tha Plana Poileasaidh Choimisean na Croitearachd a' gabhail beachd air cuspairean bunaiteach don chroitearachd leithid cothrom air fearann-croite agus a bhith ga chleachdad, a' cumail fearainn ann tenure and the use of cùiltean-cinn. Gheibhear leth-bhreac den phlana aig [www.crofting.scotland.gov.uk/the-act-and-policy](https://www.crofting.scotland.gov.uk/the-act-and-policy)

Rè na bliadhna dh'aontaich an Coimisean cuideachd na poileasaidhean is na planaichean a leanas:

- Plana Gàidhlig
- Treòrachadh do Chomataidhean-ionaltraidh
- Trèanadh airson Chomataidhean-ionaltraidh

# Còraichean Daonna

## **Co-ionannachd, eugsamhlachd agus ion- ghabhalachd**

Tha Coimisean na Croitearachd a' gealltann co-ionannachd chothroman agus tha poileasaidhean is modhan an sàs aige gus a dhèanamh cinnteach gun tèid seo a thoirt gu buil. Tha e cuideachd làn-mhothachail air na dleastanasan laghail a tha air, gu sònraichte mu dhàimh-chineal, agus leth-bhreith a thaobh aoise, gnè is ciorraim.

### **Dleastanas Co-ionannachd**

Tha Coimisean na Croitearachd fo Riaghiltean Achd Co-ionannachd 2010 (Dleastasan Coitcheann). Feumaidh a' Chomataidh aithrisean air pàigheadh co-ionann is Buill a' Bhùird fhoillseachadh cuideachd.

Tha Coimisean na Croitearachd a' gealltann ùrachadh a thoirt mar phàirt de dh'Aithisg Bhliadhnailean na buidhne agus thathar air gjorrachadh a thoirt gu h-ìseal air an adhbhar sin.

Tha uallach air an fheadhainn a tha fon dleastanas mu cho-ionannachd, tro lìbhrigeadh nan gnìomhan aca:

- Cur às do leth-bhreith, do shàrachadh agus do dh'fhuilaingeachd mhì-laghail agus do ghiùlan eile a tha toirmisgte leis an Achd.
- Co-ionannachd chothroman a chur air adhart eadar daoine air a bheil feart coitcheann agus daoine air nach eil.
- Deagh-dhàimh àrach eadar daoine air a bheil feart coitcheann agus daoine air nach eil.

Gheibhear an aithisg shlàn mu phrògram nan tionnsgnaidhean rianail air a bheil a' bhuidheann air a bhith ag obair gus a lìbhrigeadh, cho math ri adhartas a dh'ionnsaigh lìbhrigeadh nan toraidhean co-ionannachd, ann am Plana Co-ionannachd agus lomadachd Coimisean na Croitearachd air an làrach-lìn. **Co-ionannachd agus lomadachd**





## Gnothaichean na h-Àrainneachd

Mar luchd-gabhaltais ann an oifis air an roinneadh, (Taigh a' Ghlinne Mhòir), tha uallach air Dualchas Nàdair na h-Alba airson an togalaich, agus chan urrainn don Choimisean aghaidh a chur ach a-mhàin air cùisean air an taobh a-staigh leithid cleachdadh ghoireasan, siubhail agus mothachaidh. Is e fear de na toraidhean air a chlàradh anns a' Phlana Chorporra againn a' bhuaidh a bheir sinn air an àrainneachd a lùghdachadh. Ged nach eil targaidean sam bith a thaobh na h-àrainneachd air an cur le Riaghaltas na h-Alba aig Coimisean na Croitearachd an-dràsta, tha e a' gabhail ri cùisean na h-àrainneachd mar rud cudromach agus bidh e a' gabhail ri cleachdaidhean a bhios a' cur cuideim air an àrainneachd nuair a ghabhas e dèanamh.

Chuir a' Choimisean an aimm ris an aithisg Atharrachadh Gnàth-shìde na Roinne Poblaich gu saor-thoileach, a thèid a choileanadh gach bliadhna (30mh An t-Samhain). Is e siubhal an raon as motha sa bheil brùchdadhe leis a' Choimisean. Chaidh brùchdadhe-carboin corporra leis a' Choimisean thar na bliadhna sìos bho 18 tCO<sub>2</sub>e gu 15 tCO<sub>2</sub>e (stèidhichte air fiosrachadh siubhail fiòr). Chan eil mòran chothroman againn làrach a' charboin againn a lùghdachadh seach gu bheil na h-ullachaidhean againn a thaobh siubhail mar fhreagairt gu tric ri linn nan dleastanasan riaghlaidh reachdail a tha oirnn. Seach gu bheil sinn stèidhichte sa Ghàidhealtachd agus sna h-Eileanan tha an cothrom againn air còmhdaileadh phoblach nuair a thathar a' tadhail air fearann-croitearachd iomallach a lùghdachadh cuideachd. Ach anns an dùrna pàirt den bhliadhna thòisich sinn ri Skype a cleachdadhe airson coinneamhan, a' gabhail a-steach coinneamhan a' Bhùird, a bhios a' toirt sìos an dà chuid làrach a' charboin againn agus cosgaisean.

Lùghdaich cur-air-bhog Clàr nan Croitean (ROC) Air-loidhne againn air an ìre de phàipear a chleachdas sinn air an taobh a-staigh, le còrr is 8,391 Copaidhean de Inntrinnean gan toirt às ri linn 2019/20. Tha na goireasan air-loidhne againn airson Stiùireadh Dì-chroiteachadh cuideachd air sàbhaladh mòr adhbhrachadh air sgàth 's ìre nas lugha de dh'iarrtasan airson leth-bhreacan nan sgrìobhaidhean seo. Bhon a thòisich an goireas anns an t-Samhain 2019, chaidh 8,117 Stiùridhean a luchdadhe a-nuas. Tha sinn a' brosnachadh theachdaichean agus luchd-ùidhe conaltradh a dhèanamh barrachd is barrachd air post-dealain, rud a chuidicheas gus an ìre de phàipear a thathar a' cleachdadhe a lùghdachadh barrachd.

Le buidhnean-gnìomha ann an com-pàirteachas, bidh an Coimisean a' dol an sàs gus aontaidhean coitcheann mu sheirbheisean a chur ri chèile gus leasachadh a thoirt air toraidhean àrainneachdail, a' lùghdachadh nan droch-bhuaidhean. Bidh sinn ag obair gus brùchdadhe carboin a lùghdachadh, rud air a bheilear a' cumail sùil agus air an tèid aithisg a thoirt gach ràithe mar phàirt don aithisg mu Chomharraidhean air Dèanadas gu Comataidh Sgrùdaidh is Ionmhais agus dhan Bhòrd.

# Dèanadas Ionmhasail

Riaraich Riaghaltas na h-Alba buidseat de £2.758M (£2.797M 2018/19) air Coimisean na Croitearachd. Chaidh riarachadh £0.065M (£0.065M 2018/19) a thoirt seachad cuideachd airson chosgaisean neo-airgid mar isleachadh ann an luach agus luach-chrìonadh.

## Toraidhean Ro-innleachdail


Lean an Coimisean air a' rianachd nan goireasan aige gu math, a' pàigheadh 95.6% (99% 2018/19) den luchd-sholair aige an taobh a-staigh 10 là-obrach an dèidh dhaibh fàirdeal tàbhachdach a chur Tha lùghdachadh nan cosgaisean againn agus am feum as mothà a thoirt à maoineachadh don obair riaghlaichail againn na phriomhachas dhuinn fhathast. Tron bhliadhna, tha Coimisean na Croitearachd air sruadar Luchd-stiùiridh ùrachadh (duilleag 45) agus air leanntainn sruadar luchd-obrach a mheasadh gus dèanamh cinnteach gu bheil stòrasan air an cuimseachadh air prìomh ghnìomhan na buidhne. Tha gabhail pàirt ann an cùmhnantan co-obrachail Riaghaltas na h-Alba, gluasad gu siostam ionmhais san sgòth, agus eaconomaidhean nas fheàrr air an toirt a-mach fon aonta a tha aig a' Choimisean mu bhith a' fuireach ann an Taigh a' Ghlinne Mhòir, air cuideachadh gus barrachd caomhnaidh ann an èifeachdas a dhèanamh cuideachd. Chuidich na h-eisimpleirean seo ri coileanadh a'' Choimisein air targaid Riaghaltas na h-Alba mu chaomhnadh ann an èifeachdas mar 3% den bhuidseat bhunaiteach againn de £2.823M ann an 2019/20 a thoirt a-mach. Uile gu lèir, rinn sinn 3.8%, no mu £108,000 de chaomhnadh baralach ann an 2019/20 (3.4%, £98,000 2018/19). Tha barrachd sgrùdaidh ionmhasail ga thoirt san Aithisg Chunntalachd air duilleag 46.

## Planadh air adhart

Anns a' Mhàrt 2020, dh'aontaich Pàrlamaid na h-Alba ri buidseat stòras a shònachadh air Coimisean na Croitearachd, de £2.697M airson 2020/21. Bhiodh seo a' riochdachadh lùghdachadh sònraichte ann an da-àrribh air a' bhliadhna roimhe. Dh'ainmich, ged-tà, Riaghaltas na h-Alba san luchar 2020 £325,000 a bharrachd ri buidseat 2020/21, gus legeil do Choimisean na Croitearachd obair leasachadh chroitearachd a leudachadh. Tha sònachadh stòras agus gnìomh cuid a luchd-obrach a-nise fo sgrùdadadh mar thoradh air na h-atharrachaidhean seo.


## Mar a riaraich sinn na goireasan againn ann an 2019/20

Tha sinn gar maoineachadh le Riaghaltas na h-Alba agus mar bhuidheann riaghlaichail bha mu 76% den chaiteachas iomlan againn ceangailte ri luchd-obrach.



- Toradh 1: Croitean an seilbh agus gan rianachd
- Toradh 2: Cùiltean-cinn gan riaghlaich agus dòighean-rianachd coitcheann gan leanntainn
- Toradh 3: Croitearachd ga riaghlaich ann an dòigh a tha ceart, èifeachdach is èifeachdail
- Toradh 4: Thèid taic a thoirt do chor na croitearachd le rèiteachadh fiosrachail còmhla ri luchd-ùidhe
- Toradh 5: Tha na sgilean is brosnachadh ceart aig ar luchd-obrach gus an dreuch a dhèanamh gu math, tha na pròiseasan riaghlaidh againn mar dheagh-chleachdadh

### Anailis Treand de Shònachadh Maoin



## Gnothaichean an Aghaidh Truaillidheachd is Brìbearachd

Tha Coimisean na Croitearachd a' gealltannan nan ìrean as àirde mu ghiùlan beusach agus mu ionracas agus an geall air truaillidheachd is brìbearachd a chasd oir tha sinn ag aithneachadh gu bheil e cudromach ar cliù agus misneachd an luchd-ùidhe againn a ghleidheadh. Cha deach cùisean truaillidheachd no brìbearachd sam bith a chlàradh ann an 2019/20.

*Bill Barr*

Uilleam Barron  
Ceannard agus Oifigear Cunntachail  
24 Lùnastal 2020



**CROFTING COMMISSION**  
**COIMISEAN NA CROITEARACHD**

# Aithisg Cunntalachd 2019/20

Aithrisean is aithisgean bunaiteach a chuireas air chomas dhuinn feumalachdan mu chunntalachd a thoirt a-mach agus a nochdas gèilleadh do dheagh-riaghadh corporra.

# Aithisg mu Riaghladh Corporra

## Aithisg Luchd-stìùiridh

### Bòrd Choimiseanairean

Coimiseanair	Modh Cur an Dreuchd	Làthaireachd aig Coinneamhan Bùird tro 2019/20	Làthaireachd aig Coinneamhan Comataidh Sgrùdaidh is Ionmhais tro 2019/20
	Ruaraidh MacChoinnich <sup>*1 &amp; 5</sup>	Air a Thaghadh	7/7*
	Màiri NicChoinnich <sup>*1</sup>	Air a Thaghadh	7/7*
	Anndra Holt <sup>*1</sup>	Air a Thaghadh	6/7*
	Cyril Annal <sup>*1</sup>	Air a Thaghadh	7/7*
	Iain MacÌomhair <sup>*1</sup>	Air a Thaghadh	7/7* 5/5*
	Uilleam MacNeill <sup>*1</sup>	Air a Thaghadh	6/7* -
	Daibhidh Caimbeul <sup>*2</sup>	Air a Chur an Dreuchd le Rùnaire a' Chaibineit	7/7* 5/5*
	Calum MacMhathain <sup>*3</sup>	Air a Chur an Dreuchd le Rùnaire a' Chaibineit	6/7* 5/5*
	Seumas Scott <sup>*4</sup>	Air a Chur an Dreuchd le Rùnaire a' Chaibineit	6/7* -

\* = Àireamh frithealaidh/Àireamh coinneamhan air an robhar comasach frithealaidh

1 = Air an taghadh fad teirm 5 bliadhna bho 17 Màrt 2017. .2 = Ath-shuidheachadh 2 bliadhna le Riaghaltas na h-Alba bho 1 Giblean 2020.

3 = Ath-shuidheachadh 3 bliadhna le Riaghaltas na h-Alba bho 1 Faoilleach 2020. 4 = Ath-shuidheachadh 3 bliadhna le Riaghaltas na h-Alba bho 1 Gearran 2020.

5 = Air a chur an dreuchd mar Neach-gairm Choimisean na Croitearachd bho 20 Ògmhios 2017

Ghairm cuideachd Coimisean na Croitearachd trì Coinneamhan Ro-innleachd, a chaidh a chumail an diòmhaireachd agus nach deach a chlàradh air 9 Cèitean, 28 Ògmhios agus 29 Samhain 2019

Tha làn-fhiosrachadh mu Chlàr nam Com-pàirtean aig na Coimiseanairean ri fhaotainn air an làrach-lìn againn [www.crofting.scotland.gov.uk/meet-the-commissioners](http://www.crofting.scotland.gov.uk/meet-the-commissioners)

## Sgioba-stiùiridh (SMT) 2019/20



### **Uilleam Barron, Ceannard agus Oifigear Cunntachail**

Uallach air sa cheann thall airson ro-innleachd, obrachaidhean, ionmhas agus rianachd Choimisean na Croitearachd. A' dèanamh cinnteach gum faigh Bòrd nan Coimiseanairean fiosrachadh cruinn agus comhairle gun chlaonadh.



### **Aaron Ramsay<sup>\*1</sup> – Ceann Didsiteach agus Leasachadh**

An urra ri ro-innleachd IS agus ùrachadh seirbeisean disditeach Prìomh uallach ann a bhith a measadh agus stiùireadh leasachadh ann an siostaman obrachaidh is pròiseasan Choimisein na Croitearachd, gus barrachd èifeachdas agus buaidheachd san dòigh a thathar a laimhseachadh obair-chùis a choileanadh. Àrd-Shealbhaiche Riosg Fiosrachaидh (SIRO) Choimisean na Croitearachd.



### **Heather Mack<sup>\*2</sup>/Màiri Ross<sup>\*3</sup> – Ceannard Obrachaidh is Luchd-obrach**

An urra ri obair is èifeachdas sgioba obair-riaghlaidh, a' cleachdadh slatan-tomhais gus dèanamh cinnteach gu bheil irean lìbhrigidh glèidhete.



### **Iain Toal – Ceann-poileasaidh agus Sgioba Ionaltraidh**

Iain Toal, Ceannard Poileasaidh – A' cuideachadh Choimiseanairean gus poileasaidh ro-innleachdail a chu r Sgrùedadhl Ionmhasail ri chèile air raon chùisean air an taobh a-muigh is an taobh a-staigh a rèir nan amasan ro-innleachdail aige.



### **Eòsaph MacIleChiar – Ceannard, Taic-riaghlaidh**

An urra ris taic is treòrachadh a thoirt do luchd-obrach agus do na Coimiseanairean air cùisean riaghlaidh is clàraidh, a' stiùireadh air co-dhùnaidhean tiomnaichte agus ath-bhreithneachadh air sgrìobhainnean agus a' maoirsneachadh obair Sgioba Còmhnaidhe is Cleachdadh an Fhearrainn.



### **Sine NicThòmais – Ceannard Coileanaidh agus Taic a' Bhùird**

Uallach airson Ghearanan, larrtasan fo Shaorsa an Phiosrachaïdh, Dòn Dàta/GDPR, a' stiùireadh air Co-ionannachd is lomadachd, Plana Gàidhlig agus mar Oifigear nan Inbhean aig Coimisean na Croitearachd; cuideachd uallach airson coinneamhan a' Bhùird agus trèanadh Choimiseanair.



### **Dàibhidh MacFhionnlaidh – Neach-lagha**

A' toirt comhairle laghail do Choimisean na Croitearachd agus a' dèiligeadh ri tagraighean-lagha anns a bheil Coimisean na Croitearachd an sàs.

1 = Suidhichte bho 3 Ògmhios 2019.

2 = Suidhichte bho 23 Giblean 2019.

2 = Suidhichte bho 1 Dàmhair 2019 an àite förladh màthaireachd agus fuirichidh an neach san dreuch son faisg air 12 mìos.

## Dèanadas ionmhasail

Giorrachadh air Easbhaidh/(Còrr) don bhliadhna	2019/20 £000	2018/19 £000
Caiteachas-obrachaidh lomlan	2,807	2,786
Caiteachas-obrachaidh lomlan	(2,758)	(2,796)
Easbhaidh/(Còrr)	49	(10)
Rèiteach eadar caiteachas-obrachaidh air bunait cunntais agus an Tabhartas-mar-Chobhair air a tharraing a-nua	2019/20 £000	2018/19 £000
Easbhaidh/(Còrr)	49	(10)
Gun neo-airgead:		
Ísleachadh is Crionadh	(50)	(44)
Atharrachaidhean air caiteachas-obrach le:		
Fèicearan	(17)	(8)
Creideasairean	(16)	(64)
Gluasad ann an solar	-	-
Gníomhachdan tasgaidh	19	44
Tabhartas air a tharraing a-nuas (a chòrr)/a a dh'easbhaidh caiteachais mar Airgead-ullamh	(15)	(82)

Air bunait càrnadh teachd-a-steach agus caiteachais b' e toradh ionmhasail na bliadhna air gnothachas àbhaisteach easbhaidh £0.049M (Còrr £0.010M 2018/19). Tha an easbhaidh seo air sgàth co-cheartachadh ionmhais, mar dìmeasaidh agus gluasadan airgead calpa gu cunntasan ionmhasail, nach eil a gabhail a-steach gluasad airgid. Air bunait airgid-ullaimh, bha tarraing a-nuas Tabhartas-mar-Chobhair Choimisean na Croitearachd a chòrr air feumalachdan obrachaidh airgid-ullaimh le

£0.015M (2018/19 £0.082M) Chan eil seo na chòrr airgid-ullaimh seach gun ruig am maoineachadh air fiachanasan a thàinig ann an 2019/20 a nochdar ri phàigheadh aig toiseach 2020/21.

B' e caiteachas-obrachaidh lomlan for 2019/20 £2.807M (2018/19 £2.786M). Tha an caiteachas seo ga chòmhachadh às an Tabhartas-mar-Chobhair a-mhàin. Tha Coimisean na Croitearachd air obrachadh taobh a-staigh Tabhartas-mar-Chobhair airson bliadhna 2019/20

Tha barrachd fiosrachaidd mu chaiteachas air luchd-obrach, bòrd is obrachadh leis a' Chompanaidh gu 31 Màrt 2020 ga nochdadh ann an nota 2 (duilleag 79) de na cunntasan seo.

## Peinnseanan

Tha buill luchd-obrach Choimisean na Croitearachd ion-tagha air a bhith nam buill de Phrìomh Sgeama Peinnseanan nan Seirbheisean Catharra. Tha Fios mun sgeama agus fios mu làn-chòraichean pheinnseanan luchd-stiùiridh Choimisean na Croitearachd san Aithisg air locadh (Duilleag 58) agus nota 1.6 (Duilleag 76) de na cunntasan seo.

## Còd Cleachdadh Pàighidh

A rèir poileasaidh Riaghaltas na h-Alba, tha aig Coimisean na Croitearachd ri fàirdealan uile an luchd-sholair far nach eil deasbad a phàigheadh an taobh a-staigh 10 là-obrach an dèidh am faotainn. Tha e mar amas aig Coimisean na Croitearachd 100% de na fàirdealan, an fheadhainn fo dheasbad nam measg, aon uair is gu bheilear air an deasbad fhuasgladh, a phàigheadh ann an àm a rèir nan cumhaichean seo. Sa bhliadhna a thàinig gu crìch air 31 Màrt 2020, phàigh Coimisean na Croitearachd 95.6% (100% ann an 30 là) de na fàirdealan a rèir nan cumhaichean seo (99.0% 10 là, 100% 30 là ann an 2018/19).

## Cìsean gun Sgrùdadh

Tha Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba air Deloitte LLP a chur an dreuchd mar luchd-sgrùdaidh. Tha fios mu chìsean an sgrùdaidh don bhliadhna gu 31 Màrt 2020 ga nochdadh ann an nota 2 (Duilleag 79) de na cunntasan. Cha deach Deloitte LLP fhastadh no a phàigheadh airson obair sam bith nach do bhuin ri sgrùdadh tron bhliadhna.

## Aithris mu Dhleastanasan an Oifigeir Chunntachail

A rèir earrann 19(4) de dh'Achd an Ionmhais Poblaich is Cunntalachd (Alba) 2000 agus páipear-taice 1 paragraf 19 de dh'Achd nan Croitorean 1993 mar a chaidh atharrachadh, tha Ministearan na h-Alba air stiùireadh a thoirt do Choimisean na Croitearachd aithris mu chunntasan ullachadh airson gach bliadhna ionmhasail sa chruth agus a rèir mar a tha ann an Stiùireadh nan Cunntasan a chuir Ministearan na h-Alba a-mach.

Tha na cunntasan gan ullachadh air bunait tàrmachaidd agus feumaidd iad sealladh fior is ceart a thoirt air suidheachadh Choimisean na Croitearachd agus air an teachd a-steach is cosgaisean, cleachdadh stòras, atharrachaidhean ann an cothromas luchd-pàighidh chìsean agus sruthan-airgid don bhliadhna ionmhasail.

Ann a bhith ag ullachadh nan cunntasan, feumaidd an t-Oifigeir Cunntachail cumail ri feumalachdan Leabhar-làimhe an Riaghaltais mu Aithisgean Ionmhasail (FReM) agus gu sònraichte ri:

- Cumail ri Stiùireadh nan Cunntasan a chuir Ministearan na h-Alba a-mach, agus na feumalachdan buntainneach mu chunntasachd is nochdad, agus na poileasaidhean iomchaidh mu chunntasachd a chur an sàs air bonn co-chòrdail;
- breitheanas is measadh a ghabhail air bunait reusanta;
- cur an cèill a bheil air leantainn ris na h-inbhean iomchaidh mu chunntasachd mar a tha ann an Leabhar-làimhe an Riaghaltais mu Aithisgean Ionmhasail, agus fiaradh sam bith sna cunntasan a nochdad is a mhineachadh; agus
- na cunntasan ullachadh mar ghnothach leantainneach.

Tha Ceannard Catharra agus Prìomh Oifigear Cunntachail Riaghaltas na h-Alba air Ceannard Choimisean na Croitearachd a chur an dreuchd mar Oifigear Cunntachail.

### **Aithris leis an Oifigear Chunntachail**

Mar Oifigear Cunntachail, tha riaghailteachd is ceart an ionmhais phoblaich dham bheil uallach orm, gleidheadh chlàran ceart agus dòn maoin Choimisean na Croitearachd, mar a tha sa Mheòrachan gu Oifigearan Cunntachail airson Pàirtean de Rianachas na h-Alba a chuir Ministearan na h-Alba a-mach.

### **Nochdad Fios ris an Luchd-sgrùdaidh**

Mar Oifigear Cunntachail, fhad is a tha fios agam, chan eil fiosrachadh buntainneach mu sgrùdad air nach eil Coimisean na Croitearachd mothachail. Tha mi air a h-uile ceum reusanta a ghabhail gus mi fhìn a dhèanamh mothachail air fiosrachadh buntainneach sam bith mu sgrùdad agus gus a dhèanamh cinnteach gu bheil luchd-sgrùdaidh Choimisean na Croitearachd mothachail air an fhiosrachadh.

### **Dearbhadh an Oifigear Cunntachail air an Aithisg Bhliadhnaile agus Cunntasan**

Mar Oifigear Cunntachail, tha mi a' dearbhadh gu bheil an aithisg bhliadhnaile is na cunntasan còmhla ceart, cothromach is so-thuigsinn agus tha mi a' gabhail uallach pearsanta airson na h-aithisg bliadhnaile agus gu bheil am breitheanas a tha a dhìth gus sin obrachadh a-mach ceart, cothromach is so-thuigsinn.

# Aithris mu Riaghlaigh

## Cùl-fhiosrachadh

Tha an Aithris mu Riaghlaigh Corporra a' clàradh maorsainneachd Choimisean na Croitearachd agus a' cur mar leasachadh ris na cunntasan bliadhnaidh. Tha an aithris seo cuideachd a' toirt còmhla aithrisean mu shuidheachadh is fianais air riaghlaigh, rianachd is smachd air gàbhadh, gus innleachd-aithris sho-leantainn is cho-chòrdail a thoirt seachad.

## Raon Uallaich

Mar Oifigear Cunnatcail, tha e an urra rium rian is smachd air an taobh a-muigh a chumail a chuidicheas gus poileasaidhean, amasan is cinn-chrìche na buidhne, air an socrachadh le Ministearan na h-Alba, a thoirt gu buil agus a' mhaoin phoblach a tha an urra rium fhèin a dhòn, a rèir nan dleastanasan ann am 'Meòrachan an Oifigeir Chunntachail'.

Ann an coileanadh mo chuid dhleastanasan pearsanta, bidh mi a' dèanamh cinnteach gun gèill a' bhuidheann do Leabhar-làimhe an Riaghaltais mu ionmhas Poblach. Tha an SPFM air fhoillseachadh le Ministearan na h-Alba gus stiùireadh a thoirt do Riaghaltas na h-Alba agus buidhnean freagarrach eile air mar a bu chòir airgead poblach a bhith air a' laimhseachadh agus air airthis. Tha e a' nochdad nam feumalachdan reachdail, párlamaideach is rianachd a tha a' buntainn, a' cur cuideim air an fheum air eaconamaidh, èifeachd is èifeachdalachd agus a' cur air adhart deagh-chleachdaidh agus iреan àrda de ghiùlan ceart.

Chaidh an Sgrìobhainn Frèama againn, a tha mar an aonta againn le Riaghaltas na h-Alba, agus a' nochdas an càirdeas againn air a foillseachadh air an làrach-lìn againn. ([www.crofting.scotland.gov.uk](http://www.crofting.scotland.gov.uk))

## Riaghlaigh/Frèam

### Am Bòrd

Tha an Neach-Gairm a stiùireadh a' Bhùird agus an Àrd-oifigear a stiùireadh SMT Coimisean na Croitearachd.

Tha am Bòrd air a dhèanamh suas le 9 Coimiseanairean, às a bheil sianar air an taghadh le croitearan clàraichte, agus triùir air an cur an dreuchd le Riaghaltas na h-Alba Tha an Neach-gairm ga thaghadh bho thaobh a-staigh a' Bhùird

le Rùnaire a' Chaibineit airson na h-Eaconamaidh Dùthchail agus Turasachd.

Gheibhearr tuilleadh fiosrachaidh air na Coimiseanairean air duilleagan 44 gu 45.

Is e an obair a tha aig a' Bhòrd ceannas ro-innleachdail a thoirt don bhuidhinn, poileasaidh a threòrachadh agus uallach a ghabhail airson nan co-dhùnайдhean airson nan cùisean as cudromaiche no as connspaidiche. Tha Coimiseanairean a' nochdad an t-suidheachaidh aca a thaobh poileasaidh le bhith a' cur Plana Poileasaidh gu Ministearan na h-Alba. Tha iad cuideachd a' coimhead thairis air a' bhuidhinn agus tha an Ceannard cunnatcail dhaibh airson a dèanadais.

Tron bhliadhna, ghabh am Bòrd caochladh ghnìomhan cudromach os làimh:

- Chumar coinneamhan poblach gus fiosrachadh a thoirt air na bhathar a' beachdachadh a mholadh don Riaghaltas gus an t-àm airson croitearachd a dhòn.
- Beachdachadh air mar is urrainn agus a tha croitearan agus coimhearsnachdan croitearachd cur ri lùghdachadh atharrachadh gnàth-shìde agus a glèidheadh bith-iomadachd
- Thugar seachad comhairle ro-ghnìomhach gu comataidhean ionaltraidh an làthair agus san amharc, leis an toradh de mheudachadh ann an àireamhean nan comataidhean-ionaltraidh ann an dreuchd.
- Leantainn oirnn a' comhairleachadh Riaghaltas na h-Alba air cùisean co-cheangailte ris an ath-leasachadha thathar am beachd a thoirt air lagh croitearachd, gu sòraichte air co-theanantachd agus roinnean ionaltraidh nan aonar ("measachte mar chroitean")
- Leantainn oirnn a' cur priomhachas air conaltradh le croitearan, tro làthaireachd air fèiltean agus coinneamhan poblach, agus tro altan, blogaichean agus bhidiothan air ar sianal YouTube
- Fhuaireadh aithisgean air leasachadh seirbheis luchd-cleachdaidh Coimisein na Croitearachd, tro phròiseact leasachaiddh, cur stiùireadh dì-chroiteachadh air Clàr nan Croitean air-loidhne, toirt a-steach triaghais air iarrtasan agus tiomnadha cuid de cho-dhùnайдhean, a' gabhail

a-steach cùisean co-cheangailte ri ionaltradh airson a' chiad uair.

- Choinnichear ri ceannardas lomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean gus aontachadh air cùisean co-ùidh
- Co-chomhairleachadh air Plana Gàidhlig ùraichte
- Tro Chomataidh Sgrùdaidh is Ionmhais, chaith sgrùdadh air oidhirpean Luchd-stiùiridh seirbheisean a lìbhrigeadh air buidseat nas lugha.

Chaidh dèanadas Buill a' Bhùird ann an 2019/20 ath-bhreithneachadh leis a' Cheannard agus dèanadas a' Cheannaird le Riaghaltas na h-Alba. Sa Mhàrt 2018, ghabh am Bòrd ath-bhreithneachadh air èifeachdalachd fhèin os làimh. Bha an t-ath-bhreithneachadh seo stèidhichte air an deagh-chleachdad ann an '*On Board – A Guide for Board Members of Public Bodies in Scotland*' agus a chaith a chur a-mach mar cheisteachan fèin-mheasaidh a lion gach Ball den Bhòrd a-steach gu neo-eisimeileach.

Thèid toraidhean an ath-bhreithneachaidh seo air èifeachdalachd a mheasadh le Comataidh Sgrùdaidh is Ionmhais a' Choimisein na phlanabhrach airson 2020/21 gus fios fhaighinn a bheil raointean den riaghladh far a bheil feum air ath-bhreithneachadh no soilleireachadh.

Is e adhbhar fèin-mheasadh Buill a' Bhùird, a' Cheannaird is a' Bhùird cuideachadh ris an leasachadh leantainneach air co-dhùnaidhean, èifeachdalachd is dèanadas a' Choimisein.

Tha am Bòrd a' gealltann àrd-inbhean de riaghladh corporra agus e den bheachd gun cruthaich cruth daingeann riaghlaidh buidheann shoirbheachail.

Gheibhear cumhaichean-iomraidh a' Bhùird air làrach-lìn a' Choimisein **[www.crofting.scotland.gov.uk](http://www.crofting.scotland.gov.uk)**

Tha am Bòrd ga chuideachadh le Comataidh Sgrùdaidh is Ionmhais.

## Comataidh Sgrùdaidh is Ionmhais

Tha am Bòrd a cur an dreuchd triùir Choimiseanairean gu Comataidh Sgrùdaidh is Ionmhais. Bidh a' Chomataidh a' coinneachadh 4 tursan sa bhliadhna le coinneamhan a bharrachd ma bhios feum orra.

Tha tuilleadh fiosrachaiddh mu Buill Chomataidhean ri fhaotainn air duilleagan 44 gu 45.

Tha fiachadh tro Achd 2010 don Neach-Gairm a bhith sa chathar aig coinneamhan den Chomataidh "a rèir làthaireachd" a' dol an aghaidh stiùireadadh deagh-chleachdad bho Riaghaltas na h-Alba ann an Leabhar-làimh Ionmhas Poblach na h-Alba, Leabhran Comataidhean Sgrùdaidh agus On Board. Gus gèilleadh an dà chuid do dh'Achd 2010 agus don stiùireadadh mu dheagh-chleachdad, tha an Coimisean air lar-neach-gairm a chur an dreuchd air a' Chomataidh agus cha bhi an Neach-Gairm a' frithealadh air coinneamhan na Comataidh mar as trice. Tha Roinn Sponsairichte Riaghaltas na h-Alba Do Choimisein na Croitearachd air aontachadh ris an dòigh-obrach seo

Tha fiachadh gu luchd-sgrùdaidh an taobh a-muigh agus a-staigh a bhith an làthair aig a h-uile coinneamh de Chomataidh Sgrùdaidh is Ionmhais. Tha cothrom aca bruidhinn ann an diòmhaireachd ri buill a' Chomataidh Is e adhbhar Comataidh Sgrùdaidh is Ionmhais gàbhadh, smachd is riaghladh corporra a dhearcnachadh is ath-bhreithneachadh. Tha i ag obrachadh gu neo-eisimeileach agus a' toirt aithisgean dhan Bhòrd.

Ann an 2019/20 rinn Comataidh Sgrùdaidh is Ionmhais measadh oirre fhèin a rèir na tha ann an Leabhran nan Comataidhean Sgrùdaidh aig Riaghaltas na h-Alba. Nochd toraidhean an fhèin-mheasaidh seo gun robhas a' cumail ri prionnsabalan deagh-chleachdaidh anns a h-uile raon de dh'obair na Comataidh.

Gheibhear cumhaichean-iomraidh Chomataidh Sgrùdaidh is Ionmhais bho làrach-lìn Choimisean na Croitearach **[www.crofting.scotland.gov.uk](http://www.crofting.scotland.gov.uk)**

## **Neach-gairm Choimisean na Croitearachd**

Tha an Neach-gairm cunnatachail do Mhinstearan na h-Alba às leth Choimisean na Croitearachd gus dearbhadh gun cuidich poileasaidhean is gnìomhan Choimisean na Croitearachd gus gnìomhan reachdail agus na poileasaidhean aig Ministearan na h-Alba san fharsaingeachd a libhrigeadh; agus gun tèid gnothach Choimisean na Croitearachd a ghiùlan mar as còir. Tha uallach airson nan cùisean corporra airson a' Bhùird air a bheil iomradh gu h-àrd air an Neach-ghairm agus air na Buill eile den Bhòrd agus gu sònraichte gus dearbhadh gun coilean Coimisean na Croitearachd na h-amasan is na cinn-chrìche a shocraich Ministearan na h-Alba.

Gheibhear barrachd fiosrachaidh mun Neach-ghairm air duilleag 45.

## **Luchd-stiùiridh (SMT)**

Tha an Luchd-stiùiridh a' coinneachdh tric agus a' cumail taic ris an Oifgear Chunntachail leis a dhleastanasan airson na gnìomhan reachdail agus na h-amasan ro-innleachdail aig Coimisean na Croitearachd a libhrigeadh. Tha an Luchd-stiùiridh air a dhèanamh suas leis a' Cheannard agus ceann gach raon-obrachaidh. Tha an Luchd-stiùiridh a' gealltann àrd-inbhean de riaghladh corporra agus bidh iad a' feuchainn ris an ceannas, an stiùireadh ro-innleachdail agus an smachd a tha a dhìth gus amasan bunaiteach Choimisean na Croitearachd a libhrigeadh a thoirt seachad.

Gheibhear barrachd fiosrachaidh mun Luchd-stiùiridh air duilleag 45.

## **Frèam Ghàbhaidhean is Smachd**

Feumaidh a h-uile buidheann fo fheumalachdan an Fhrèama ro-innleachd rianachd ghàbhaidhean obrachadh a rèir an stiùiridh bhuntainnich a thug Ministearan na h-Alba seachad.

Tha an innleachd ghàbhaidhean is smachd stèidhichte air a' mhodh-obrach leantainneach aig a bheil e mar amas na priomh ghàbhaidhean mu choileanadh phoileasaidhean, amasan is cinn-chrìche Choimisean na Croitearachd a shònachadh; measadh a dhèanamh air gnè is èire nan ghàbhaidhean sin agus rianachd a dhèanamh orra gu h-èifeachdach, gu h-èifeachdail agus gu seaghach.

Tha clàr ghàbhaidhean corporra aig Coimisean

na Croitearachd a chlàraicheas gàbhaidhean air an taobh a-staigh is an taobh a-muigh agus a shònraicheas na gnìomhan maothachaidh a tha a dhìth gus an cunnart gun tachair na gàbhaidheansin agus a' bhuaidh a bheir iad a lùghdachadh. Tha an Ro-innleachd mu Rianachd Ghàbhaidhean agus Clàr nan Gàbhaidhean Corporra gan ùrachadh gu cunbalach agus gan ath-bhreithneachadh mar ghnàth-mhìr an dà chuid leis an Luchd-stiùiridh agus le Comataidh Sgrùdaidh is lonmhais. Tha a h-uile gàbhadh fa leth ga thoirt do neach fa leth a nì cinnteach gun gabhar gnìomh maothachaidh. Tha clàr nan gàbhaidhean na ghnàth-mhìr aig coinneamhan a' Bhùird a thig an dèidh coinneimh le Comataidh Sgrùdaidh is lonmhais.

Tha an dòigh-dèiligidh rianail againn mu rianachd ghàbhaidhean air a cruthachadh gus dearbhadh gu bheil na cothroman is na bagairtean a thig air Coimisean na Croitearachd gan sònraochadh mar as iomchaidh, gam measadh agus gan rianachd gu h-èifeachdail; agus tha am fiosrachadh bunaiteach gu lèir ga chur an cèill do luchd-stiùiridh, do Chomataidh Sgrùdaidh is lonmhais agus dhan Bhòrd. Tro 2019/20 dh'aontaich am Bòrd ri poileasaidh rianachd ghàbhaidhean agus frèam modh obrach ùraichte, a tha cuideachd a' glacadh 'mian ghàbhaidhean' na buidhne.

Tha farsaingeachd ghàbhaidhean is mi-chinnt a' dualadh air Coimisean na Croitearachd. Gheibhear na gàbhaidhean as cudromaire a thathar a' meas buntainneach do dhèanadas a' Choimisein tron bhliadhna gu 31 Màrt 2020 ann an duilleagan 12 gu 13.

Bidh Coimisean na Croitearachd a' leantainn poileasaidh Riaghaltas na h-Alba mu Thèarainteachd Fiosrachaidh agus tha Neach-fiosrachaidh Ghàbhaidhean Àrd-ìre ann an dreuchd aige gus fios mu ghàbhaidhean a rianachd.

Tha na modhan mu ghàbhadh is smachd a chuirear an sàs ann an Coimisean na Croitearachd a rèir an stiùiridh san Fhrèam agus tha iad air a bhith an sàs don bhliadhna a thàinig gu crìch 31 Màrt 2020 agus suas ri àm ceadachadh na h-aithisge is nan cunntasan bliadhnaile.

## Ath-bhreithneachadh air Èifeachdalachd air Smachd air an Taobh A-staigh agus Rianachd air Gàbhadh

Mar Oifigear Cunntachail, tha uallach orm ath-bhreithneachadh air èifeachdalachd air siostam an riaghlaidh air an taobh a-staigh agus ullachaidhean mu rianachd air gàbhadh. Tha an t-ath-bhreithneachadh agam air a bhonntachadh air:

- 1) Litrichean-dearbhachd le liosta de na rudan air an smachd air an taobh a-staigh, air aontachadh le gach ceannard de na raointean-obrachaidd gu bheil a' soirbheachadh leis an smachd;
- 2) Obair an luchd-sgrùdaidh air an taobh a-staigh, a bhios a' cur aithisgean cunbalach a-steach gu Comataidh Sgrùdaidh is Ionmhais Choinisean na Croitearachd (tha seo a' gabhail a-steach nam beachdan gun chlaonadh aca air freagarrachd is èifeachdalachd siostaman Coimisein na Croitearachd an riaghlaidh air an taobh a-staigh, agus molaidhean sam bith gus feabhas a dhèanamh.);
- 3) Beachdan a nocht luchd-sgrùdaidh air an taobh a-muigh ann an aithisgean nan sgrùdaidhean aca;
- 4) An aithisg bhliadhnaile a bheir lar-chathraiche Chomataidh Sgrùdaidh is Ionmhais don Bhòrd, le fios mionaideach air obair na comataidh sin rè na bliadhna;
- 5) Ath-bhreithneachadh gach ràithe le Comataidh Sgrùdaidh is Ionmhais air clàr nan gàbhaidhean aig a' bhuidhinn agus obair an sgrùdaidh air an taobh a-staigh gus èifeachdalachd ullachaidhean rianachd air gàbhadh a mheas; agus
- 6) Litrichean-dearbhachd bho Dhualchas Nàdar na h-Alba agus Riaghaltas na h-Alba a bheir co-mhaioneachadh agus seirbheisean thuarastal/luchd-obrach mu seach do Choinisean na Croitearachd.

Tron bhliadhna agus suas gu ruige soidhnigeadh nan cunntasan, chaithd na h-ullachaidhean a leanas mu riaghlaidh a chur an sàs:

- An dèidh dhan lar Cheannard an dreuchd a leigeil dhìobh sa Mhàrt 2019, tha sinn air sruistar ar luchd-stiùridh ùrachadh, le dà dhreuchd ùr: Ceannard Obrachaidd is Luchd-obrach, agus Ceannard Didsiteach agus Leasachadh Tha sinn cuideachd air ath-sgrùdadh agus dearbhadh ullachaidhean buill an luchd-stiùridh an comas ris a' Cheannard
- Chuir sinn crìoch air ar Plana Corporra agus fhoillseachadh air ar làrach-lìn againn

- Chuir sinn crìoch air ar Plana Luchd-obrach
- Tha sinn air Ro-innleachd Ionmhas Meadhan-ùine a leasachadh
- Tha sinn air frèam-obrach urrais ùr a chur an sàs a rèir Leabhar-làimh Comataidh Sgrùdaidh & Urrais Riaghaltais na h-Alba (2018)
- Tha sinn gu gnàthach air a bhith a' cleachdadh pàipearan eileagtronageach airson coinneamhan a' Bhùird, Comataidh agus coinneamhan panail iùre 3, agus a' leantainn air adhart a' toirt lethbhreacan pàipeir dhan fheadhainn a tha a' cur feum orra. O chionn ghoirid tha sinn gu deatamach air a bhith a' cumail choinneamhan a' Bhùird agus coinneamhan eile le bhith a' cleachdadadh teicneòlas conaltraidh aig-astar.

Leanaidh Coimisean na Croitearachd air adhart a' lèirmheas an t-siostam smachd on taobh a-staigh agus an riaghlaidh cunnairt gus dèanamh cinnteach gu bheil seo a' leantainn air adhart a' tabhann urrasan reusanta a thaobh uallaichean fo Achd nan Croitearan (Alba) 1993.

Bhon Mhàrt 2020, tha an glasadh nàiseanta gus a bhith a' cumail smachd air a' chorònabhioras (Covid 19) air grunnan dhùbhlan ùr a thoirt do Choinisean na Croitearachd, a' gabhail a-steach lùghdachadh sna tha de luchd-obrach aig a bheil uallachaidhean càrach, agus am bacadh a tha ann air a bhith a' tighinn chun na h-ofis againn, a tha a' ciallachadh gu bheil an iùre mhath an obair air fad air a bhith air a dhèanamh aig astar. Tha na h-atharrachaidhean co-éignichte sin air dùblain mhòra agus nach robhar a' sùileachadh a chruthachadh a thaobh leantainneachd ar gnothachais, smachd riosg, smachd agus riaghlaidh buidseit ach nam bheachd-sa tha na h-ullachaidhean stèidhichte airson riaghlaich agus smachd airson Coimisean na Croitearachd air cumail suas gu math.

Chuir sinn an sàs ar Plana Leantainneachd Gnothachais anns a' bhad aig toiseach a' għlasaidh, le SMT agus Manaidsear Riaghailteachaidh Gnothachais a' coinneachadh gach là chiad grunn sheachdainnean, agus Coimiseanairean a' coinneachadh ri buill an SMT gach seachdann. Chaithd an clàr chunnartan againn ùrachadh gu mòr airson coinneamh na Comataidh Sgrùdaidh is Ionmhais sa Ghiblean, agus chaithd dòighean-obrach ùra a stèidheachadh airson a bhith a' cumail sùil air an dòigh sa bheil gnothachas Coimisean na Croitearachd air a libhrigeadh.

Stèidhichte air na dearbh-bheachdan gu h-àrd, agus air smachdan stèidhichte on taobh a-staigh, tha mi riaraichte gun robh an obair san fharsaingeachd de riatanasan riaghlaghais Choimisean na Croitearachd riarachail airson na bliadhna ionmhais 2019/20.

Ach, bu chòir a bhith mothachail gun robh an dà sheachdain mu dheireadh den bhliadhna ionmhais a' gabhail a-steach toiseach àm glasaidh Covid-19, agus aig an àm sa bheil mi a' sgrìobhadh seo, tha sinn fhathast ag obair tro na dùblain a tha seo a' toirt do Choimisean na Croitearachd. Bheir mi làn chunntas air buaidhean Covid-19 agus a' għlasaidh san aithisg agam mu 2020/21, an ath bhliadhna.

### **Modhan Strì eadar Com-pàirtean**

Tha modhan teann agus coileanta aig Coimisean na Croitearachd gus dèiligeadh ri strì eadar com-pàirtean a dh'haodadh èirigh. Tha Coimisean na Croitearachd a' taisbeanadh Clàr nan Com-pàirtean aig Coimiseanairean air an làrach-linn. Tha seo ga ath-sgrùdadhean gu foirmeil gach bliadhna ach bheir Coimiseanairean ùrachadh do dh'Oifigear nan Inbhean aig a' Choimisean mar a dh'èireas iad no an taobh a-staigh 4 seachdainean an dèidhatharrachaidh sam bith, air a' char as fhaide. Faodor sealltann air Clàr nan Com-pàirtean aig (<http://www.crofting.scotland.gov.uk/meet-the-commissioners>).

Bidh Coimiseanairean a' clàradh strì sam bith eadar com-pàirtean a dh'haodadh èirigh aig toiseach gach coinneimh leis a' Choimisean agus gan toirt fhèin às an làthaireachd bho cho-dhùnaidhean anns a bheil ùidh aca. Tha na h-aithrisean seo gan clàradh ann an geàrr-chunntas na coinneimh. Bidh luchd-obrach cuideachd a' Clàradh Com-pàirtean gach bliadhna

### **Sgrùdadhean air an Taobh A-muigh**

Chuir Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba Deloitte LLP an dreuchd mar luchd-sgrùdaidh air an taobh a-muigh don Choimisean fad còig bliadhna bho 1 Giblean 2016.

### **Sgrùdadhean air an Taobh A-staigh**

Tha gnòmh an sgrùdaidh air an taobh a-staigh na phàirt deatamach de shiostam an riaghlaidh air an taobh a-staigh. An dèidh cothrom taigseachaidh tro Chùmhnanntan Poblach na h-Alba, chaidh Scott-Moncrieff ath-shuidheachadh mar luchd-sgrùdaidh an taobh a-staigh de Choimisean na Croitearachd airson na trì bliadhna 2019-2022. Chaidh ro-

innleachd agus plana sgrùdaidh air an taobh a-staigh 2019/20 ullachadh airson beachdachadh agus aonta le Comataidh Sgrùdaidh is ionmhais aig coinneamh air 24 Giblean 2019

### **Irean barantas solarachte ann am beachdan aithisgean an sgrùdadhean air an taobh a-staigh**

Tha liosta sa chlàr air duilleag 53 le na trì ath-sgrùdaidhean a chaidh a chumail ann an 2019/20 agus a toirt seòrsachadh don aithisg a rèir irean barantas airson gach ath-sgrùdadhean, còmhla ri giorrachadh de phrìomh sgrùdaidhean.

Tha toraidhean an sgrùdaidh air an taobh a-staigh gan toirt seachad anns na h-aithisgean fa leth a thathar a' cur a-mach tron bhliadhna don Luchd-stiùridh agus do Chomataidh Sgrùdaidh is ionmhais. Thathar air molaidhean san sgrùdadhean air an taobh taigh a chur ann an aithisg air adhartas a tha mar dhearcnachadh le Comataidh Sgrùdaidh is ionmhais mar ghnàth-mhìr aig a cuid coinneamhan ràitheil.

Gach bliadhna bidh an Luchd-sgrùdaidh air an Taobh A-staigh a' toirt seachad aithisg bhliadhnailean anns a bheil beachd air siostam an riaghlaidh air an taobh a-staigh. Is e am beachd a tha ann airson na bliadhna 2019/20 "nar beachd tha frèam smachd an sàs aig Coimisean na Croitearachd a bheir dearbhachd reusanta mu fhrèam-riaghlaidh na buidne, coileanadh èifeachdach is èifeachdail de na h-amasan agus rianachd air gàbhaidhean mòra, a rèir nan leasachaidhean a shònraicheadh anns an ath-bhreithneachadh air Dealbhadh Leanmhainneachd Gniomhachais 2018/19".

### **Ceistean Brìgheil mu Riaghlaidh**

Bhon Mhàrt 2020, an co-bhoinn ri buidhnean poblach agus prìobhaideach eile, tha mì-chinnteachd buaidh Covid-19 romhainn. Bidh seo na dhùblan riaghlaghais mòr airson 2020/21 agus is dòcha nas fhaide na sin. Tha na dùblain ris a bheilear a' coinneachadh agus na fuasglaidhean a thathar a' lorg air an clàradh ann an leabhran mu na leasain a chaidh ionnsachadh, agus thèid seo a chleachdadh san ath ùrachadh den Phlana Leantainneachd Gnothachais agus nas fharsainge sa bheachdachadh againn mun dòigh air ar siostaman agus ar modhan-obrach a leasachadh san àm ri teachd.

<b>Measadh Sgrùdadh air an Taobh A-staigh</b>	<b>Seòrsachadh Aithisg</b>	<b>Molaidhean Sgrùdadh air an Taobh A-staigh</b>
Priomh Ionnsramaidean ionmhasail	Riosg ìosal	<p>Tha àrainn smachd làidir aig Coimisean na Croitearachd ann an àite airson a bhith ag ullachadh, a' lèirmheas agus a' sgrùdadh fiosrachadh buidseit agus ro-bheachdachadh ionmhasail, ullachadh agus ùghdarrasachadh leabhrain-aithris, agus a bhith a' faighinn agus a' cur às de mhaoin.</p>
Gèilleadh do GDPR	Riosg meadhanach	<p>Tha sinn air cunntas a chumail gu bheil Coimisean na Croitearachd air poileasaidhean ùrachadh gus a bhith a rèir riatanasan GDPR. A thuilleadh air seo, tha ullachaidhean riaghlaichais air a bhith air an gabhail a-steach taobh a-staigh structairean riaghlaichais a tha ann a cheana.</p> <p>Tha sinn cuideachd air cunntas a chumail gun deach trèanadh brigheil a thoirt do luchd-obrach a thaobh riatanasan GDPR. Ghabh seo a-steach trèanadh àithnteil cho math ri trèanadh sgioba sònraichte.</p> <p>Tha ar n-obair sgrùdaidh air cuid de raointean a chomharrachadh airson a bhith air an leasachadh, ach chan eil gin dhiubh cudromach.</p>
Luach as Fheàrr	Riosg meadhanach	<p>Tha grunnan phrìomh sgrìobhainn agus phròiseasan aig Coimisean na Croitearachd ann an àite gus dèanamh cinnteach gu bheil am buidheann a' sìor obrachadh gu bhith a' libhrigeadh an luach as fheàrr a thaobh a bhith a' leasachadh agus ag aithris mu ro-innleachd agus co-thaobhadh stòrasan.</p> <p>Tha sinn air grunnan raon a shònachadh far a bheil am buidheann a' comharrachadh deagh mhodh-obrach, a' gabhail a-steach lèirsinn ro-innleachdail sònraichte air a mhineachadh sa Phlana Chorporra a tha a' faighinn taic bho Phlana Gnothachais Bladhnaid agus Plana Luchd-obrach. A thuilleadh air seo, tha am Plana Luchd-obrach air a bhith air ùrachadh gus lùghdachaidhean buidseit a dh'fhaodadh a bhith ann sna bliadhnaichean a tha ri thighinn a ghabhail a-steach agus na bhiodh seo a' ciallachadh a thaobh a bhith a' libhrigeadh bun-sheirbhisean na buidhne. Tha Plana Ionmhasail Meadhan-Teirm air a bhith air ullachadh tro 2019/20 agus tha seo ga ùrachadh gus tuilleadh soillseachaidh a dhèanamh air planaichean seallaidhean diofraichte.</p> <p>Ach, chomharraich sinn cuid de raointean a dh'fhaodadh a bhith air an leasachadh. Bha iad sin a' gabhail a-steach sealladh ro-innleachdail agus tha adhartas a chùm a bhith ga libhrigeadh air a cho-roinn gu faicsinneach do luchd-obrach gu riaghailteach, le sùil ri bhith a' co-thaobhadh amasan coileanaidh ris an lèirsinn ro-innleachdail. A thuilleadh air sin, thathar a' dèanamh cinnteach gu bheil aithris riaghailteach air ullachadh mun structair riaghlaichais a thaobh an adhartais ann a bhith a' libhrigeadh bhuilean corpora san fharsaingeachd a thuilleadh air a bhith a' toirt cunntas air an coileanas làithreach.</p>

## Ceistean mu Riaghlaigh anns an Ùine air Thoiseach

Buinidh na dùbhlanan mòra mu riaghlaigh anns an ùine air thoiseach ri lìbhrigeadh nan toraidhean ann an suidheachadh car teann a thaobh ionmhais agus ri galar Covid-19 a tha buaileadh an t-saoghal air fad. Bidh seo a gabhail a-steach:

Ceist mu Riaghlaigh	Gníomh a tha san Amharc
A' cur an gníomh ar Plana Luchd-obrach ann an co-theacsa glasadh Covid-19	Tha am Plana Luchd-obrach againn a' cur dleastanas oirnn a bhith a' lèirmheas agus a' leasachadh mòran thaobhan de bhith a' rianachd luchd-obrach, a' gabhail a-steach taic, cur an gníomh, trèanadh agus adhartas dreuchdail. Feumaidh seo a bhith air a choileanadh, co-dhiù aig an toiseach, ann an co-theacsa far a bheil a' mhòr chuid den luchd-obrach ag obair bhon dachaigh agus far nach eil conaltraidhean aghaidh ri aghaidh le luchd-obrach gu ire mhòr sam bith a' tachairt; agus chan eil e comasach do mhòran den luchd-obrach na h-uairean obrach àbhaisteach aca a choileanadh mar thoradh air grunnan chudroman a tha air a thigheann orra mar thoradh air Covid-19.
Atharrachadh ar siostaman IT gus barrachd obair bhon taigh a cheadachadh	Tha sinn a' seilbheachadh bathar-cruaidh ùr a leigeas leinn cothrom aig astar nas fheàrr air siostaman IT Coimisean na Croitearachd, ach tha mòran bhacaidhean ann fhathast, agus cha bheag sin na bacaidhean a tha air a' bhann-leathann aig an dachaigh a tha aig mòran den luchd-obrach. Leanaidh sinn oirnn a' leasachadh nan goireasan againn gus am bi e comasach obrachadh bhon dachaigh a bhios nas fheàrr rè an staing agus san fhad-ùine.
A' lorg fhuasglaidhean no fhreagairtean airson duilgheadasan san reachdas	Leis a' chudrom air an ùine a tha aig Pàrlamaid na h-Alba mar thoradh air Brexit, cha tèid bile croitearachd air adhart sa Phàrlamaid seo. Tha seo a' ciallachadh gu feum Coimisean na Croitearachd a mhodh-obrach fhìn a rianachd ged a tha fios ann gu bheil duilgheadasan air a bheil deagh aithne san reachdas riaghlaidh. A thuilleadh air seo, tha an galar Covid-19 air neo-shùlbailteachdan eile san reachdas a chomharrachadh, mar an riatanas gu feum Coimisean na Croitearachd agus croitearan a bhith a' sanasachd ann am páipearan-naidheachd clò-bhualite, aig àm nuair nach eil cuid air am foillseachadh.
Atharrachadh a thoirt air obair luchd-obrach gus dèiligheadh ris na h-atharrachaidhean an luib na buidhne	Tha am Bòrd air iarraidh gun deigheadh cothromachadh a dhèanamh air modh-cleachdaidh luchd-obrach gus am biodh tuilleadh àrdachaidh air a dhèanamh air ar gníomh reachdail ann a bhith a' brosnachadh ùidhean croitearachd. A thuilleadh air seo, dh'fhaodadh gun deigheadh atharrachaidhean iarraidh oirnn mar thoradh air buaidh Covid-19 air na sgìrean croitearachd.
Ùrachadh ar Plana Leantainneachd Gnothaich	Bha obair gus ar BCP ùrachadh a cheana air tòiseachadh ach a-nis bidh e air a leudachadh gus a bhith a' gabhail a-steach na dh'fhiorsaich sinn ri linn a' ghalair Covid-19.

## Tèarainteachd Fiosrachaidh is Dàta

Tha raon shiostaman is cheuman aig Coimisean na Croitearachd a dhearbas gu bheil am fiosrachadh a chumas a' bhuidheann, agus a chumas treasphartaidh às leth na buidhne, tèarainte. Bidh Ionad-coileanaidh a' Choimisein a' cumail sùil air coileanadh mu sgaoileadh dàta bhon bhuidhinn. Cuideachd, tha Coimisean na Croitearachd air stiùireadh Riaghaltas na h-Alba air tèarainteachd-dàta agus gàbhadh do dh'fiosrachadh, anns a bheil measadh air gàbhadh agus trèanadh ann am mothachadh don luchd-obrach, a thoirt gu buil.

Ann an 2019/20, tha sinn air a bhith a' cumail sùil gheur air feumalachdan GDPR agus rinn sinn

ceangal ris an luchd-obrach air fad tro bhrathan-ullachaidh. Thathar air trèanadh dìreach air GDPR a thoirt dhan luchd-obrach air fad. Ni an luchd-obrach air fad trèanadh luchd-obrachail èigneachail gus an ùrachadh a h-uile bliadhna agus tha iad a' faighinn fios às ùr mu dhion dàta. Tha tèarainteachd-dàta chorporra ga dearcnachadh le sgrùdadh san oifis gach ràith.

Tha Coimisean na Croitearachd a' cumail air a' cuimseachadh air tèarainteachd-lìn agus fulangais.

Cha robh fairtoreachadh mòr sam bith ann an tèarainteachd-dàta ri iomradh ann an 2019/20 (2018/19: Neon).

# Aithisg air Tuarastal is luchd obrach

## Gun Sgrùdadh

### Poileasaidh mu Thuarastal

#### Buill a' Bhùird

Tha Bòrd Choimisean nan Croitearan air a dhèanamh suas le suas ri naoinear Choimiseanairean. Tha pàigheadh nan Coimiseanairean ga cheadachadh le Ministearan na h-Alba a rèir Poileasaidh Pàighidh san Roinn Phoblaich do Dhreuchdan Àrd-ire (faic [www.scotland.gov.uk/publications](http://www.scotland.gov.uk/publications) airson barrachd fiosrachaiddh). Chan eil peinnsean an lùib dreuchdan Buill a' Bhùird an-dràsta. Tha dreuchdan Buill a' Bhùird air an Taghadh ann an-dràsta fad 5 bliadhna a' tòiseachadh 17 Màrt 2017. Tha na Buill den Bhòrd a chuireadh an dreuchd le Rùnaire a' Chaibineit airson na h-Eaconamaidh Dùthchail agus Turasachd ann fad 3 bliadhna, agus faodar cinn-là nan dreuchdan fhaicinn ann an Aithisg an Luchd-sgrùdaidh air duilleag 44.

#### Luchd-obrach

Tha an luchd-obrach seasmhach is air cùmhnan stèidhichte air fad nam fastaichean aig Riaghaltas na h-Alba agus tha iad an sàs sa phriomh aonad cho-bharganachaiddh aig Riaghaltas na h-Alba gus tuarastal a shocrachadh. Tha pàigheadh ga dhearbhadh le Riaghaltas na h-Alba agus, ann a bhith a' dearbhadh poileasaidh, tha am feum gun tèid pàigheadh a stèidheachadh aig ire a dhearbas fastadh, gleidheadh is brosnachadh an luchd-obrach ga chur anns an àireamh. Cuideachd ga chur san àireamh tha poileasaidhean an Riaghaltais air pàigheadh anns an t-Seirbheis Chatharra agus anns an roinn phoblaich agus am feum air smachd a chumail air caiteachas poblach.

#### Cùmhnantan Sheirbheisean

Fo Achd Leasachadh is Riaghlagh Bun-reachdail 2010 feumar dreuchdan san t-Seirbheis Chatharra a thoirt a rèir airidheachd ann am farpais a tha fosgalte agus a rèir Cothrom na Fèinne. Tha na prionnsabalan mu fhastadh a dh'fhoillsich Coimisean na Seirbheise Catharra a' sònrrachadh nan suidheachaidhean nuair a dh'fhaodar dreuchdan a thoirt air mhodh eile.

Tha a' chuid as mothaid na h-oifigearan air a bheilear a-mach anns an aithisg seo ann an dreuchdan le ceann fosgalte. Thigeadh mar thoradh air crìochnachadh ron mhithich, seach airson droch-ghiùlan, gum faigheadh an neach dìoladh a rèir mar a shòrnraighean ann an Sgeama Dìolaidh na Seirbheise Catharra.

Gheibhearr barrachd fiosrachaiddh mu obair Choimisean na Seirbheise Catharra aig  
**[www.civilservicecommission.independent.gov.uk](http://www.civilservicecommission.independent.gov.uk)**

## Air an Sgrùdadh

### ìocadh a' Bhùird

#### Bha na Coimiseanairean rin ìocadh mar a leanas:

	2019/20 £000	2018/19 £000
<b>Coimiseanairean a bha ann an dreuchd ann an 2019/20</b>		
Ruairidh MacCoinnich	20-25	20-25
(Co-ionann ri bliadhna shìlàn)	(20-25)	(20-25)
Cyril Annal	5-10	5-10
Dàibhidh Caimbeul	5-10	5-10
Anndra Holt	5-10	5-10
Iain MacÌomhair	5-10	5-10
Màiri NicCoinnich	5-10	5-10
Calum MacMhathain	5-10	5-10
Uilleam MacNèill	5-10	5-10
Seumas Scott	5-10	5-10
(Co-ionann ri bliadhna shìlàn)	(5-10)	(5-10)

Chan eil peinnsean an lùib dreuchdan nan Coimiseanairean Chaith sochairean neo-stuthail £144 buailteach do chìsean a phàigheadh ri aon Choimiseanair ann an 2019/20 (£144 2018/19).

## Ìocadh oifigearan aig àrd-ìre

San earrann a leanas tha fiosrachadh air ìocadh is com-pàirtean pheinnseanan mòr-chuid ard-oifigearan Choimisean na Croitearachd:

	Tuarastal		Sochairean pheinnseanan (faic nota 1 gu h-i seal)		Iomlan	
	2019/20 £000	2018/19 £000	2019/20 £000	2018/19 £000	2019/20 £000	2018/19 £000
<b>Ceannard</b>						
Uilleam Barron	70-75	70-75	35	33	105-110	100-105
<b>Sgioba-stiùiridh</b>						
Dàibhidh MacPhionnlaigh	70-75	65-70	28	26	95-100	90-95
Aaron Ramsay*	30-35	N/A	8	N/A	35-40	N/A
Sìne NicThòmais	45-50	40-45	18	15	60-65	55-60
Eòsaph MacLlileChiar	45-50	40-45	15	13	60-65	55-60
Iain Toal	45-50	40-45	14	13	55-60	55-60
Heather Mack*¹	25-30	N/A	11	N/A	35-40	N/A
Màiri Ross*²	15-20	N/A	9	N/A	25-30	N/A

\* Chaidh Aaron Ramsay fhastadh agus a shuidheachadh dhan SMT bho 3 Ògmhios 2019 Chaidh a a shuidheachadh ann am bann tuarastail £35-40k airson FYE

\*¹ Chaidh Heather Mack a h-àrdachadh chun SMT bho 23 Giblean 2019 agus chaidh am bann tuarastail àireamhachadh bhon cheann-là seo Chaidh a a suidheachadh ann am bann tuarastail £35-40k airson FYE

\*² Chaidh Màiri Ros a h-àrdachadh chun SMT bho 1 Dàmhair 2019 airson dèligeadh ri fòrladh màthaireachd agus bidh i san dreuchd airson mu 12 miosan. Chaidh am bann tuarastail àireamhachadh bhon cheann-là seo Chaidh a a suidheachadh ann am bann tuarastail £35-40k airson FYE.

## Tuarastal

Tha tuarastal a' gabhail a-steach tuarastal iomlan, seach-thim agus cuibhreann sam bith eile chun na h-ìre a tha buailteach do chìs anns an Rìoghachd Aonaichte. Tha an aithisg seo air a bonntachadh air páighidhean a rinneadh sa bhliadhna le Coimisean na Croitearachd.

a-steach mheudachaidhean ri linn atmhorachd no meudachadh no lùghdachadh sam bith ri linn toirt thairis chòraichean air peinnsean. Cha mhotha na sin a tha e a' gabhail a-steach àrdachadh (no lùghdachadh) sam bith air sgàth atharrachaidhean tron bhliadhna ann am bun-chùisean achdaireach a tha air an cleachdach gus CETVan obrachadh a-mach.

## Sochairean stuthail

Chaidh tagraighean a dhèanamh airson sochairean luach £216 ann an 2019/20 a bha co-cheangailte ri cosgaisean siubhal. (2018/19: Neoni).

## Dìoladh airson dreuchd a chall

B' e an luach seo £neoni airson 2019/20 (£neoni 2018/19).

## Bònan

Cha robh bònan sam bith ann an 2019/20 (2018/19: Neoni).

*Nota 1: tha luach nan sochairean-peinnsean air an tàrmachadh tron bhliadhna ga mhineachadh mar (am meudachadh fior air a' pheinnsean air iomadachadh 20 uair) agus (am meudachadh fior air sùim sam bith na cnap) agus (na cuibhreannan a rinn neach) air an toirt air falbh. Chan eil am meudachadh fior a' gabhail*

## Riaghailtean nan Aonaidhean-ciùird (Feum air Ùine Dheth a Nochdad) 2017

Fo Riaghailtean nan Aonaidhean-ciùird (Feum air Ùine Dheth a Nochdad) 2017, feumaidh fastaidhearan san t-seirbheis phoblaich fiosrachadh mu ùine dheth fhoillseachadh. Seach gu bheil an luchd-obrach seasmhach agus ùine stèidhichte againn nan luchd-fastaidh aig Riaghaltas na h-Alba, tha am fiosrachadh seo ga thional le Riaghaltas na h-Alba. Gheibhear barrachd fiosrachaiddh air làrach-lìn Choimisean na Croitearachd [www.crofting.scotland.gov.uk](http://www.crofting.scotland.gov.uk)

## Nochdadh mu Phàigheadh Cothromach

Tha e mar amas aig Coimisean na Croitearachd a bhith mar aonan de na àiteachan-obrach as fheàrr ann an Alba agus tha teisteanas aige Mar Fhastaidhear a rèir an Tuarastail Bheò.



Tha an luchd-obrach seasmhach is air cùmhnan stèidhichte air fad aig Coimisean nan Croitearachd nam fastaichean uime sin aig Riaghaltas na h-Alba agus tha iad an sàs ann am priomh aonad co- bharganachadh Riaghaltas na h-Alba gus tuarastal a shocrachadh. Tha Tuarastal Bith-beò na h-Alba mar thuarastal iomlan co-ionann ri £17,894, agus b' e an tuarastal a b' isle ann an Riaghaltas na h-Alba aig 31 Màrt 2020 £19 314. Tha luchd-obrach air cùmhnan-tan-obrach sealach gam pàigheadh aig an aon ire de thuarastal iomlan co-ionann ri seirbheisich chatharra a ghabhas car na h-aon dleastanasan os làimh.

Nuair a tha cùmhnan le Coimisean Croitearachd ri ùrachadh no ri chur gu taigse, thèid com-pàirtichean a bhrosnachadh gu gnìomhach gus beachd a ghabhail air an Tuarastal ith-beò a thoirt gu buil mura bheil iad air sin a dhèanamh mar-thà. Gheibhearr barrachd mun Tuarastal Bith-beò an seo <https://www.livingwage.org.uk>

## Sochairean Pheinnseanan

	Peinnsean air a thàrmachadh aig aois a' pheinnsean aig 31/03/20 agus an t-sùim na cnap na lùib £000		Meudachadh fior air peinnsean is an t-sùim na cnap na lùib aig aois a' pheinnsean £000		CETV aig 31/03/20	CETV aig 31/03/19	Meudachadh fior air CETV air a mhaoineachadh leis an fhastaidhear £000
	Peinnsean	Sùim na Cnap	Peinnsean	Sùim na Cnap	£000	£000	£000
<b>Ceannard</b>							
Uilleam Barron	35-40	105-110	0-2.5	5-7.5	849	775	36
<b>Luchd-obrach eile aig àrd-ìre</b>							
Dàibhidh	5-10	N/A	0-2.5	N/A	82	61	12
MacPhionnlaidh							
Aaron Ramsay*	0-5	N/A	0-2.5	N/A	11	7	3
Sìne NicThòmais	10-15	N/A	0-2.5	N/A	258	240	18
Eòsaph MacllleChiar	15-20	50-55	0-2.5	0-2.5	408	374	16
Iain Toal	10-15	35-40	0-2.5	0-2.5	290	275	14
Heather Mack*	0-5	N/A	0-2.5	N/A	27	21	4
Màiri Ross*	15-20	35-40	0-2.5	0-2.5	285	276	5

\* \*Luach bliadhna ionmhais. Chan eil àireamhachadh sònraichte ri fhaotainn bho cheann-là uidheachaidh air SMT

Tha Sgeama Pheinnseanan na Seirbheis Chatharra fhathast a' meas buaidh breith MhicLeòid air atharrachaidhean ann an 2015. Chan eil na sochairean agus na CETVan nan lùib air an nochdadh gu h-àrd ag ullachadh airson atharrachaidhean sam bith a dh'fhaodadh èirigh às a' bhreith seo. Tron bhliadhna, dh'ainmich an Riaghaltas gum bi aig sgeamaichean peinnseanan poblach ri clàr-amais a thabhan air earrann Bun-phris Peinnsean Barantaichte den pheinnsean. Tha Sgeama Peinnsean an t-Seirbheis Catharra air ûrachadh an dòigh sa bheil luachan CETV air an obrachadh a-mach aig 31 Màrt 2020. Tha buaidh an atharrachaidh seo air a ghabhail a-steach sa meudachadh san da-rìribh a chaidh a chlàradh ann an CETV son bhliadhna..

## Pàigheadh mar iomadan

Tha aig buidhnean a bheir aithisgean ris an càirdeas eadar am pàigheadh ann am bannan aig an neach-obrach as àirde pàigheadh sa bhuidhinn aca agus am pàigheadh meadhanail do luchd-obrach na buidhne a nochdadh.

	2019/20	2018/19
Bann tuarastail an neach leis an tuarastal is àirde member	£70-£75k	£70-£75k
Co-mheas mar pàigheadh meadhanail an luchd-obrach	£28,341	£27,398
Co-mheas meadhanail	2.6	2.6

Ann an 2019/20 (2018/19 Neoni) fhuair Neoni fastaichean pàigheadh a chòrr air a' Cheannard. Bha bannan-tuarastail (a' gabhail a-steach an Ceannard) a dol bo £19 314 gu £74,343 (2018/19 £18,392 gu £71,381).

## Gun Sgrùdadh

### Peinnseanan Sheirbheiseach Catharra

Tha sochairean pheinnseanan gan toirt seachad tro ullachaidhean pheinnseanan na Seirbheise Catharra. Bho 1 Giblean 2015, chaidh sgeama ùr pheinnseanan do sheirbheisich chatharra a thoirt A-steach – Sgeama Pheinnseanan Sheirbheiseach Catharra is Eile no alpha, a tha a' toirt shocairean air bunait chuibheasach ann an dreuchd le aois àbhaisteach a' pheinnsein co-ionann ri Aois Peinnsean na Stàite (no 65 ma tha i nas àirde). Bhon cheann-là sin chaidh na seirbheisich chatharra uile a chaith a chur an dreuchd o chionn ghoirid agus a' chuid as mothà den fheadhainn ann an seirbheis mar-thà a-steach ann an alpha. Ron cheann-là sin, ghabh seirbheisich chatharra pàirt ann am Prìomh Sgeama Pheinnseanan na Seirbheise Catharra (PCSPS). Tha 4 earrannan ann am PCSPS: 3 a' toirt shocairean a rèir an tuarastail mu dheireadh (clasaigeach, tàilleabh is clasaigeach a bharrachd) le aois a' pheinnsein aig 60 mar as trice; agus aonan a' toirt shocairean stèidhichte air an dreuchd iomlan (nuvos) le aois a' pheinnsein aig 65 mar as trice.

Tha na h-ullachaidhean reachdail seo gun mhaoineachadh le cosgais nan sochairean ga' pàigheadh à airgead air a shocrachadh leis a' Phàrlamaid gach bliadhna. Tha peinnseanan rim pàigheadh fo chlasaigeach, thàilleabh, chlasaigeach a bharrachd, nuvos agus alpha gam meudachadh gach bliadhna a rèir reachdais mu Mheudachadh Pheinnseanan. Dh'fhuirich buill PCSPS a tha an taobh a-staigh 10 bliadhna bho aois àbhaisteach a' pheinnsein aca air 1 Giblean 2012 ann am PCSPS an déidh 1 Giblean 2015. Thèid an fheadhainn a bha eadar 10 bliadhna agus 13 bliadhna is 5 mìosan bho aois àbhaisteach a' pheinnsein aca air 1 Giblean 2012 a-steach ann an alpha uaireigin eadar 1 Ògmhios 2015 agus 1 Gearran 2022. Thèid sochairean PCSSPS nam ball uile a thèid ann an alpha a "bhancadh", leis na sochairean roimhe sin ann an aon de na h-earrannan tuarastail mu dheireadh ann am leis na sochairean stèidhichte air an tuarastal mu dheireadh aca nuair a dh'fhàgas iad. (Tha figearan pheinnseanan oifigearan air a bheil iomradh a' nochdadh a' pheinnsein a fhuaireadh san sgeama no ann an alpha – a rèir mar a tha iomchaidh. (Nuair a tha sochairean aig oifigear an àd chuid san sgeama agus ann an alpha is e am

figear air a bheil iomradh luach nan sochairean san àd sgeama còmhla.) Faodaidh buill a thig a-steach bhon Dàmhair 2002 an dara cuid an t-sochair chomharaichte iomchaidh no peinnsean com-pàirtiche mar 'cheannach airgid' a thaghadh le cuibhreann bhon fhastaidear (cunntas-peinnsein com-pàirtiche).

Tha cuibhreannan an fhastaideir ceangailte ri tuarastal agus iad eadar 4.6% is 8.05% do bhuill clasaigeach, tàilleabh, clasaigeach a bharrachd, nuvos agus alpha. Tha sochairean ann an clasaigeach a' tàrmachadh aig ère 1/80mh den chosnadhs mu dheireadh buailteach do pheinnsean airson gach bliadhna de sheirbheis. Cuideachd, tha sùim na cnap a tha co-ionann ri trì bliadhna den pheinnsean aig an toiseach ri pàigheadh Nuair a leigeas iad dreuchdan dhiubh. Airson tàilleabh, tha sochairean a' tàrmachadh aig ère 1/60mh den chosnadhs mu dheireadh buailteach do pheinnsean airson gach bliadhna de sheirbheis. Seach clasaigeach, chan eil sùim na cnap fhèin Obrachail, tha clasaigeach a bharrachd an ère mhath na cothlamadh le sochairean airson seirbheis ro 1 Dàmhair 2002 air an obrachadh a-mach mar a tha ann an tàilleabh premium. Ann an nuvos bidh ball a' cur ri peinnsean stèidhichte air a chosnadhs buailteach do pheinnsean fhad is a tha e na bhall den sgeama. Aig deireadh bliadhna an sgeama (31 Màrt) tha cunntas a' pheinnsein aig a bhall a' 2.3% mar chreideas den chosnadhs a tha buailteach do pheinnsean agus tha am peinnsean air a thàrmachadh ga àrdachadh a rèir an reachdais mu Mheudachadh Pheinnseanan. Tha sochairean ann an alpha a' dol am meud ann an car an aon dòigh ri nuvos, ach gu bheil ère an tàrmachaidh aig 2.32%. Anns a h-uile suidheachadh faodaidh buill cur romhpa am peinnsean a thoirt suas agus sùim na cnap fhaotainn a rèir nan crìochan a shocraicheadh ann an Achd an Ionmhais 2004.

Tha cunntas-peinnsein com-pàirtiche na ullachadh pheinnseanan luchd-ùidhe. Cuiridh am fastaidhear cuibhreannan bunaiteach 8% is 14.75% (a rèir aois a' bhuill) ann am bathar-peinnsein luchd-ùidhe a thaghlas am fastaiche bhon luchd-solair thaghte – Legal & General Cha leig am fastaiche leas cur ris ach nuair a chuireas e cuibhreannan a-steach, bheir

am fastaidhear an aon sùim seachad gu ìre 3% den tuarastal buailteach do pheinnsean (a bharrachd air (a bharrachd air cuibhreann bunaiteach an fhastaidheir). Tha fastaidhear cuideachd a' cur 0.5% a bharrachd den tuarastal a tha buailteach do pheinnsean a-steach gus cosgais 0.5% shochairean-gàbhaidh air a thoirt seachad bhon mheadhan (bàs ann an dreuchd no cluineas ri linn droch-shlàinte) a chòmhach.

Is e am peinnsean air a thàrmachadh air iomradh am peinnsean air a bheil am ball airidh fhaotainn nuair a ruigeas e aois a' pheinnsein, no gu dìreach an déidh dha gun a bhith na bhall gniomhach den sgeama ma tha e os cionn aois a' pheinnsein mar-thà. Is e 60 aois a' pheinnsean do bhuill clasaigeach, tàilleabh agus clasaigeach a bharrachd, 65 do bhuill nuvos, agus ge b' e dè as àirde eadar 65 is Aois Peinnsean na Stàite do bhuill alpha. (Tha figearan pheinnseanan oifigearan air a bheil iomradh a' nochdad a' pheinnsein a fhuaireadh san sgeama no ann an alpha – a rèir mar a tha iomchaidh. Nuair a bhios sochairean aig oifigear an dà chuid anns an sgeama agus ann an alpha, is e am figear air iomradh luach nan sochairean san dà sgeama còmhla, ach thoir fa-near gur dòcha gum biodh cuid den pheinnsean sin ri phàigheadh aig aoisean eadar-dhealaichte.)

Gheibhear barrachd fiosrachaiddh mu ullachaidhean peinnseanan na Seirbheise Catharra air an làrach-lìn [www.civilservicepensionscheme.org.uk](http://www.civilservicepensionscheme.org.uk)

### **Luachan Toir Thairis Co-ionann ri Airgead-ullamh**

Is e a th' ann an Luach Toirt Thairis Co-ionann ri Airgead-ullamh (CETV) luach mar chalpa air a mheas nan sochairean-peinnsein air an tàrmachadh le ball aig àm sònraichte. Is iad na sochairean a thathar a' luachadh sochairean a' bhuill air an

tàrmachadh agus peinnsean sam bith ceangailte ris airson cèile a tha ri phàigheadh bhon sgeama. Tha CETV na phàigheadh fo sgeama pheinnseanan no na ullachadh gus sochairean-peinnsein fhaighinn ann an sgeama pheinnseanan eile nuair a dh'fhàgas ball sgeama agus a chuireas e roimhe na sochairean air an tàrmachadh san sgeama roimhe a thoirt thairis. Buinidh figearan a' pheinnsean a thathar a' nochdad ris na sochairean a thàrmach an neach mar thoradh air ballrachd ionlan de sgeama nam peinnseanan, chan e dìreach an t-seirbheis a thug iad aig àrd-ìre ris a bheil an nochdad a' buntainn.

Tha na figearan a' gabhail a-steach luach sochairean-peinnsein sam bith ann an sgeama no ullachadh eile a thug am ball thairis do dh'ullachaidhean pheinnseanan na Seirbheise Catharra. Tha iad cuideachd a' gabhail a-steach sochairean-peinnsein a bharrachd eile a thàrmach do bhall mar thoradh air sochairean-peinnsean a bharrachd a cheannach len cuid airgid fhèin. Tha CETVan gan obrachadh a-mach a rèir Riaghailtean Sgeamaichean-peinnsein Obrachail (Leasachadh) 2008 agus chan eil iad a' cur san àireamh lùghdachadh a thachair no a dh'haodadh tachairt air sochairean mar thoradh air Cìs Cuibhreann Beatha a dh'haodadh a bhith ri pàigheadh nuair a thathar a' toirt nan sochairean-peinnsein.

### **Meudachadh Fìor air CETV**

Tha seo a' nochdad a' mheudachaidh air CETV a tha ga mhaoineachadh leis an fhastaidhear. Chan eil e a' gabhail a-steach a' mheudachaidh air peinnsean air a thàrmachadh mar thoradh air atmhorachd, cuibhreannan air am pàigheadh leis an fhastaidhear (luach shochairean sam bith air an toirt thairis bho sgeama no ullachadh sam bith eile A thaobh pheinnseanan anns an àireamh) agus tha e a' cleachdad luach cumanta a' mhargaidh airson toiseach is deireadh na h-ùine.

## Air an Sgrùdadh

Aithisg air Luchd-obrach

### Cosgaisean is Àireamhan Luchd-obrach

	Luchd-obrach air am fastadh luchd-obrach £000	Buill a' Bhùird £000	Eile £000	Iomlan 2019/20 £000	Iomlan 2018/19 £000
Tuarastalan	1,488	95	-	1,583	1,465
Cosgaisean Tèarainteachd Shòisealta	145	2	-	147	135
Cosgaisean-pheinnseanan eile	390	-	12*	402	285
Luchd-obrach sealach	-	-	73	73	227
Iomlan	2,023	97	85	2,205	2,112
				2019/20 £000	2018/19 £000

\* Peinnsean a phàigheadh ri Coimiseanairean a bha ann roimhe fo "cosgaisean-pheinnseanan eile"

Cha robh ullachaidhean sam bith far an rola-phàighidh airson luchd-obrach ann an 2019/20 (£neoni 2018/19).

### Àireamh chuibheasach den luchd-obrach aig ìre làn-thìde air am fastadh tron bhliadhna

	2019/20	2018/19 (Ath-aithriste)*	
		Air am fastadh gu dìreach: luchd-obrach	Eile
Air am fastadh gu dìreach: Cùmhnant buan	42.88		42.28
Air am fastadh gu dìreach: Cùmhnant fad Ùine Stèidhichte	5.46		2.67
Cùmhnant sealach Luchd-obrach		2.1	6.3
Iomlan	48.34	2.1	44.95
			6.3

\* Faic nota 1.1 on page 75.

# Gun Sgrùdadh

## Fios mu Ghnè

	Fireannaich 31 Màrt 2020	Boireannaich 31 Màrt 2020	Fireannaich 31 Màrt 2019	Boireannaich 31 Màrt 2019
Coimiseanairean	8	1	8	1
Ceannard	1	-	1	-
Fastaichean	18	36	18	41

Tha àireamh fhastaichean a' gabhail a-steach luchd-obrach pàirt-thìde

Tha na figearan gu h-àrd mar àireamhan iomlan an luchd-obrach aig 31 Màrt 2018 (a' gabhail a-steach bhuidhnean-gniomha), chan e ìre làn-thìde

## À Làthair ri linn Tinneis

Tha an Coimisean a' cumail rian air a bhith às an làthair ri linn tinneis tro ath-bhreithneachadh cunbalach air dèanadas aig ìre a' Bhùird is an Luchd-stiùiridh. Tha an ìre às an làthair ri linn tinneis na comharradbunaiteach a thaobh dèanadas sna h-ath-bhreithneachaidhean a nì an Coimisean air dèanadas gach ràithe.

Is e adhbhar na h-obrach seo feuch a bheil cleachdaidhean-obrach nas fheàrr, barrachd is cumhachd is barrachd trèanaidh rim faicinn ann an ìrean tinneis nas fheàrr am measg an luchd-obrach mar thoradh air lùghdachadh air strì is iomagain san àite-obrach.

	2019/20 Coimisean na Croitearachd	2018/19 Coimisean na Croitearachd	2019/20 Coimeas ri Riaghaltas na h-Alba	2018/19 Coimeas ri Riaghaltas na h-Alba
Cuibheas làithean-obrach air an call a rèir neach-obrach	18.4	7.2	8.1	7.6
Às an làthair ùine gheàrr	7.7	5.9	4.1	4.0
Às an làthair ùine fhada (ùine nas fhaide na ≥ 21 là)	10.7	1.3	4.0	3.6

Tha na h-ìrean de thinneas an luchd-obrach againn air meudachadh le cuibheas de 11.2 là gach neach

Tha SMT Coimisein na Croitearachd a' cumail sùil air an t-suidheachadh agus ag obair le HR Riaghaltas na h-Alba far a bheil cuid de luchd-obrach air cuid de riaghailtean a bhriseadh Tha Coimisein na Croitearachd mothachail gu bheil grunn luchd-obrach air a bhith air fòrladh tinneis fad-ùine airson tòrr de na 12 mìosan mu dheireadh, a tha a' toirt buaidh mì-chuimseach air buidheann cho beag. Tha stiùirichean-sreath fa-leth ag obair leothonan fo bhuaidh agus a' comharrachadh ma tha cùisean-ofis sam bith ag eirigh bho neach sam bith a bhith air fòrladh tinneis Tha seo air aithris air ais gu SMT a bhios a' comharrachadh am feumar atharrachaidh sam bith a chur an gnìomh ann an dòighean obrach ofis.

## Poileasaidhean mu Dhaoine air a bheil Ciorram

Mar Bhuidheann Phoblach Neo-roinneil aig Riaghaltas na h-Alba, tha Coimisean na Croitearachd a' cumail ris a' phoileasaidh bhuntainneach mu chiorram agus ris na feumalachdan ann an Achd Co-ionannachd 2010.

## Fòcas air Fallaineachd Luchd-obrach

Tha luchd-obrach Choimisean na Croitearachd deatamach airson libhrigeadh soirbheachail nan amasan ro-innleachdail aige. Tha rùn againn luchd-obrach làn misneachd is teòrmachd a leasachadh is a ghlèidheadh Tha conaltradh fosgailte eadar am Bòrd, Luchd-rianachd agus luchd-obrach ga bhrosnachadh agus mar sin, tha ceanglaichean leanmhainneach deatamach airson soirbheachadh na buidhne san ùine fhada.

## Trèanadh Luchd-obrach

Thairis air a' bhliadhna dh'ùraich sinn mar a bhios sinn a' dèiligeadh ri trèanadh a-staigh de luchd-obrach san sgioba riaghailteachais, a' ciallachadh gun robh air oifigearan riaghailteachais le barrachd eòlais ri ùine a chur mu seach airson an co-obraichean a thrèanadh, agus neach-taic riaghailteachais eòlach a shuidheachadh a bhios gu sònraichte a' trèanadh buill ùr den sgioba. Tha trèanadh ann a bhith a' cleachdadh siostaman IT sònraichte Coimisein na Croitearachd air a libhrigeadh le ball de sgioba IS. Tha trèanadh bhon taobh a-muigh is trèanadh coitcheann eile air a' cho-òordanachadh le ar n-oifigear leasachadh is taic ionnsachadh ionadail. A bharrachd air a seo, thairis air a' bhliadhna bha sinn taingeil taic fhaighinn bho Bhòrd na Gàidhlig ann a bhith a' cumail taic ri clasaichean còmhraidi Ghàidhlig aig ìre tùiseachaidh agus mheadhanach, far a bheil grunn luchd-obrach an làthair gu tric.

## Buidheann Ceanglaichean Luchd-obrach (SEG)

Is e adhbhar na buidhne seo ceistean mu eagrachadh a' bualadh air ceanglaichean luchd-obrach a dheasbad is fhuasgladh, a' sònraachadh chùisean is fhuasglaidhean a dh'faodadh a bhith ann às an tig àrainneachd dheimhinneach obrach airson a h-uile duine. Tha buil na buidhne nan saor-thoilich bho gach raon de Choimisean na Croitearachd agus iad nan dealbh fharsaing de dh'irean luchd-obrach agus de dh'ùine ann an seirbheis.

## Ceangal le Fastaichean

Tha Coimisean na Croitearachd a' brosnachadh bheachdan is conaltradh gu gnìomhach bhon luchd-obrach ann an caochladh dhòighean, a' gabhail a-steach SEG a bhios a' coinneachadh gach mìos

Chaidh Suirbhidh Luchd-obrach leis a' Choimisean a lìonadh anns a' Gibilean 2019 nuair a bha an cothrom aig an luchd-obrach na beachdan is na ceistean aca a nochdadh mar fhreagairt air ceistean farsaing. Bha na pòimh phuingean air an comharrachadh mar a leanas:

- Burraidheachd agus Leth-bhreith
- Conaltradh Taobh a-staigh
- Bathar-bog Siostam Fiosrachadh Chroit
- Atharrachadh Riaghlaidh
- Uallach-obrach
- Cultar Ceannardas
- Glèidheadh Luchd-obrach
- Cunbalachd stiùireachd shreathach
- Trèanadh/Ionnsachadh agus Leasachadh

Chuidich còmhraidihean le SEG, a fhuair taic bho cho-chòmhairleachaidhean a bharrachd le luchd-obrach, ann a bhith a' leasachadh plana gnìomh ioma-chuimseach gus na roinnean seo a leasachadh, grunn dhiubh a chaidh an sàs ron Mhàrt 2020 A bharrachd air a seo, chomharlich na còmhraidihean seo dreachd de Phlana Luchd-obrach Choimisein na Croitearachd Chaidh an dà chuid am plana gnìomh suirbhidh luchd-obrach agus Plana Luchd-obrach a sgaileadh le luchd-obrach air fad san Dùblachd 2019 agus Faoilleach 2020 fa-leth

Leanaidh an SMT orra suirbhidhean luchd-obrach a chumail gu tric, ach chaidh am fear ris an robhar an dùil sa Gibilean 2020 a chur dheth seach nach robhar den bheachd nach biodh e iomchaidh fiosrachadh mar seo iarraidh aig toiseach a' għlasaidh airson comas a dhèanamh le bliadhnaichean eile.

Tha Coimisean na Croitearachd a' leantainn oirnn ag obrachadh gu cuideachail le aonaidhean ciùird aithnichte agus luchd a tha air an riochdachadh le Riochdairean bho Aonadh nan Seirbheisean Poblach Malairteach (PCS) a tha stèidhichte aig Taigh a' Għlinne Mhōr. Tha Luchd-stiùridh a' Choimisein a' dèanamh cinnteach gun tèid ùine gu leòr a thoirt do riochdairean an aonaidh a tha ag obair aig a' Choimisean gus dleastanasan an aonaidh aca a choileanadh.

## Poileasaidhean mu Cho-ionannachd Chothroman is Iomadachd

Tha Coimisean na Croitearachd a' gabhail os làimh an luchd-obrach air fad a leasachadh agus tha e a' luachadh nan seallaidean is sgilean eadar-dhealaichte a chuireas iad uile ris an obair againn. Tha ar Plana Co-ionannachd agus Iomadachd a' gealltann na gnìomhan againn a libhrigeadh air mhodh a bhrosnacheas co-ionannachd chothroman agus tha e mar amas aige cur às do leth-bhreith mi-lagħail is do għiūlan eile a tha air a chasd fo reachdas co-ionannachd.

# Nochdadhs fo Chunntalachd Phàrlamaideach

## Gun Sgrùdadh

### **Call agus pàighidhean sònraichte**

Fon Leabhar-làimhe air Aithisgean Iomhasail, tha againn ri call agus pàighidhean sònraichte os cionn £250,000 a nochdadhs. £250 000. Ann an 2019/20 cha robh call no pàighidhean sònraichte sam bith a rèir nan slatan-tomhais seo (2018/19: £neoni)

### **Tìodhlaicean agus Tabhartasan**

#### **Carthannach**

Cha deach tìodhlaicean no tabhartasan carthannach sam bith a dhèanamh sa bhliadhna 2019/20 (2018/19: Neoni).

## Air an Sgrùdadh

### **Do-mhaoinean Tuiteamach Iomallach**

Feumaidh Coimisean na Croitearachd aithisg a thoirt mu dho-mhaoin sam bith às an tigeadh sochair eacnamaich mar rèiteach tuilleadh is eu-coltach gus mìneachadh air do-mhaoin thuiteamach fo IAS37 a thoirt a-mach. Chan eil do-mhaoinean tuiteamach iomallach sam bith ann an-dràsta. (2018/19: £neoni).

Uilleam Barron

Ceannard is Oifigear Cunntachail Ceann-là 24  
Lùnastal 2020

# Aithisg an Neach-sgrùdaidh Neo-eisimeilich

Aithisg an Neach-sgrùdaidh Neo-eisimeilich do bhuill Choimisean na Croitearachd, do dh'Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba agus do Phàrlamaid na h-Alba

## Aithisg air sgrùdadadh nan aithrisean ionmhasail

### Beachd air aithrisean ionmhasail

Rinn sinn sgrùdadadh air na h-aithrisean ionmhasail san aithisg bhliadhnailean is sna cunntasan bliadhnailean aig Coimisean na Croitearachd don bhliadhna a thàinig gu crìch 31 Màrt 2019 fo Achd nan Croitearan (Alba) 1993 mar a chaidh atharrachadh le Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2007 is Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2010 is Achd Croitearachd (Atharrachadh) 2013. Tha na h-aithrisean ionmhasail air an déanamh suas leis an Aithris air Caiteachas Lom lom-chuimseach, an Aithris mu Shuidheachadh Ionmhasail, Aithris nan Sruthan-airgid, an Aithris mu Atharrachadh air Cothromas Phàighearan-cise agus notaichean ris an aithris ionmhasail, le giorrachadh air poileasaidhean cudromach a thaobh cunntasachd. Is e am frèam mu aithisgean ionmhasail a chuireadh an gnìomh an lagh buntainneach agus na h-Inbhean Eadar-nàiseanta mu Aithisgean Ionmhasail (IFRSs) mar a chaidh gabhail riutha leis an Aonadh Èòrpach, agus mar a chaidh am mìneachadh is an atharrachadh le Leabhar-làimhe 2019/20 an Riaghaltais mu Aithisgean Ionmhasail (FREM 2019/20).

Nar beachd, tha na h-aithrisean ionmhasail an cois seo:

- nan dealbh fior is ceart a rèir Achd nan Croitearan (Alba) 1993 mar a chaidh atharrachadh le Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2007, Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2010 agus Achd Croitearachd (Atharrachadh) 2013 agus stiùridhean a rinneadh fodhpà le Ministearan na h-Alba mu chor chûisean na buidhne aig 31 Màrt 2020 agus mun chaiteachas lom aice don bhliadhna a thàinig gu crìch an uair sin;
- air a bhith air an ullachadh mar as còir a rèir nan Inbhean mar a chaidh gabhail riutha agus am mìneachadh is an atharrachadh leis an Aonadh Èòrpach ann am Frèam 2019/20; agus

- air a bhith air an ullachadh a rèir nam feumalachdan ann an Achd nan Croitearan (Alba) 1993 mar a chaidh atharrachadh le Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2007 is Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2010 is Achd Croitearachd (Atharrachadh) 2013 agus stiùridhean a rinneadh fodhpà le Ministearan na h-Alba.

### Bunait ri beachd

Rinn sinn an sgrùdadadh againn a rèir nan laghan a tha buntainneach agus nan Inbhean Eadar-nàiseanta mu Sgrùdadadh (RA) (Inbhean) (RA) mar a dh'fheumar fo Chòd Cleachdadadh Sgrùdaidh air a cheadachadh le Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba. Tha mìneachadh a bharrachd air na h-uallachaidhean againne fo na h-iéan sin ann an roinn uallachaidhean an neach-sgrùdaidh airson sgrùdadadh nan aithrisean ionmhasail den aithisg. Chaidh ar cur an dreuchd leis an Àrd-neach-sgrùdaidh air 31 Cèitean 2016. Tha an ùine suidheachaidd neo-bhriste air fad airson ceithir bliadhna. Tha sinn neo-eisimeileach air a' bhuidhinn a thathar a' sgrùdadadh a rèir nam feumalachdan beusach a bhuineas ris an sgrùdadadh againn air na h-aithrisean ionmhasail san RA, a ghabhas a-steach Inbhe Bheusan na Comhairle mu Aithisgean Ionmhasail, agus choilean sinn na cleastanasan beusach eile a tha oirnn a rèir nam feumalachdan sin. Cha deach seirbheisean neo-sgrùdaidh air an casg le Inbhean Bheusan a thoirt don bhuidheann. Tha sinn den bheachd gu bheil fianais an sgrùdaidh a fhuair sinn gu leòr is iomchaidh gus bunait ris a' bheachd againn a thoirt seachad.

### Co-dhùnайдhean ceangailte ri gnothach leantainneach mar bhunait ri cunntasachd

Chan eil dad ri aithris againn mu na cùisean a leanas far an fheumar aithisg a thoirt fo Inbhean na Rìoghachd Aonaichte nuair:

- nach eil cleachdadadh gnothach leantainneach mar bhunait ri cunntasachd ann an ullachadh nan aithrisean ionmhasail iomchaidh; no

- nach do nochd a' bhuidheann sna h-aithrisean ionmhasail mì-chinnt shònraichte sam bith mun chomas aice cumail oirre a' glacadh ri gnothach leantainneach mar bhunait ri cunntasachd fad ùine dà mhìos deug air a' char as lugha bhon cheann-là air an ceadaichear na h-aithrisean ionmhasail rin cleachdad.

### **Gàbhaidhean mì-aithris stuthail**

Thug sinn aithisg ann an Aithisg-sgrùdaidh Bhliadhnaidh fa leth, a tha ri faotainn bho làrach-lìn Sgrùdad Alba , na gàbhaidhean as mothà air am meas de mhì-aithris stuthail a shònraich sinn agus na co-dhùnaidhean againn orra.

### **Uallachaidhean an Oifigeir Chunntachail airson nan aithrisean ionmhasail**

Mar a thathar a' mìneachadh nas mionaidiche san Aithris mu Uallaichean an Oifigeir Chunntachail, tha e an urra ris an Oifigear Chunntachail aithrisean ionmhasail a bheir dealbh fior is ceart a rèir an fhreama mu aithisgean ionmhasail ullachadh, agus an smachd air an taobh a-staigh a tha dhìth am beachd an Oifigeir Chunntachail gus am faodar aithrisean ionmhasail a tha saor bho mhi-aithris stuthail, biodh e mar thoradh air foill no mearachd, ullachadh.

Ann a bhith ag ullachadh nan aithrisean ionmhasail, tha e an urra ris an Oifigear Chunntachail comas na buidhne cumail oirre mar ghnothach leantainneach a mheas, a' nochdad, a rèir mar a tha iomchaidh, chùisean ceangailte ri gnothach leantainneach agus a' cleachdad a' ghnothaich leantainnich mar bhunait ri cunntasachd nas lugha na mheasar sin mì-iomchaidh.

### **Uallaichean an Luchd-sgrùdaidh airson sgrùdad nan aithrisean ionmhasail**

Is iad na cinn-chrìche a tha againn dearbhachd reusanta fhaighinn a bheil na h-aithrisean ionmhasail anns an pharsaingeachd saor bho mhi-aithris stuthail, biodh e mar thoradh air foill no mearachd, agus aithisg luchd-sgrùdaidh leis a' bheachd againn a chur a-mach. Is e a tha ann an dearbhachd reusanta, ire àrd de dhearbhachd, ach chan eil i na bharantas gun lorg sgrùdad a nithearr a rèir Inbhean na Rìoghachd Aonaichte mì-aithris stuthail nuair a nochdas i daonnan. Faodaidh mì-aithrisean èirigh à foill no mearachd agus thathar gam meas stuthail mas e, fa leth no còmhla, gum faodte a

bhith an dùil gu reusanta gun toireadh iad buaidh air co-dhùnaidhean eaconamach a ghabhas luchd-cleachdaidh a rèir nan aithrisean ionmhasail seo.

Tha an gàbhadh nach lorgar mì-aithris stuthail ag èirigh à foill nas àirde na fear ag èirigh à mearachd, bhon dh'fhaodadh co-rùn, nithean air am fàgail às air an taobh a-staigh, mì-riochdachadh, no gabhail thairis air riaghlaidh air an taobh a-staigh. Bidh comas an sgrùdaidh foill agus mì-riaghailteachd eile a lorg an crochadh air teòmachd a neach a nì e, tricead is ire na foille, an ire de cho-rùn a tha ann, meudachd dhàimheach nan suimeannan agus ire nan daoine a tha an sàs. Bidh sinn mar sin a' dealbhadh is a dèanamh mhodhan-sgrùdaidh a bheir freagairt air na gàbhaidhean air am meas de mhì-aithris mar thoradh air foill.

Tha tuairisgeul a bharrachd air uallaichean an luchd-sgrùdaidh airson sgrùdad nan aithrisean ionmhasail air làrach-lìn na Comhairle mu Aithisgean Ionmhasail [www.frc.org.uk/auditorsresponsibilities](http://www.frc.org.uk/auditorsresponsibilities). Tha an tuairisgeul mar phàirt de dh'aithisg an luchd-sgrùdaidh againn.

### **Fiosrachadh eile san aithisg agus sna cunntasan bliadhnaidh**

Tha am fiosrachadh eile san aithisg bhliadhnaidh agus sna cunntasan bliadhnaidh an urra ris an Oifigear Chunntachail. Chan eil am beachd againn air na h-aithrisean ionmhasail a' còmhachd an phiosrachaidd eile agus chan eil sinn a' nochdad seòrsa sam bith de cho-dhùnadh dearbhaidd mu dheidhinn seach air cùisean air an òrdachadh le Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba chun na h-ire a thathar ag ràdh gu follaiseach nas fhaide air adhart anns an aithisg seo.

A thaobh an sgrùdaidh againn air na h-aithrisean ionmhasail, is e an t-ualach a tha oirnn am fiosrachadh eile air fad san aithisg bhliadhnaidh is sna cunntasan bliadhnaidh a leughadh agus, le bhith ga dhèanamh, beachd a ghabhail a bheil am fiosrachadh eile gun a bhith air an aon ràmh gu stuthail ris na h-aithrisean ionmhasail no ris an phiosrachadh a fhuair sinn sna sgrùdaidhean no a bheil an coltas air a bhith air mì-aithris gu stuthail air mhodh eile. Ma lorgas sinn a leithid de mhì-rèir stuthail, no coltas mhì-aithrisean stuthail, tha againn ri sònراchadh a bheil mì-aithris stuthail sna h-aithrisean ionmhasail no mì-aithris stuthail anns

an fiosrachadh eile. Mas e, stèidhichte air an obair a rinn sinn, gun tig sinn chun a' cho-dhùnaidh gu bheil mì-aithris stuthail san fiosrachadh eile seo, tha agaínn ri aithisg a thoirt mun t-suidheachadh seo. Chan eil dad ri aithris agaínn a thaobh seo.

## Aithisg air riaghailteachd caiteachais agus teachd-a-steach

### Beachd air riaghailteachd

Nar beachd anns gach cùis stuthail, dh'èirich an caiteachas is an teachd-a-steach anns na h-aithrisean ionmhasail no chaidh an cur an sàs a rèir reachdais sam bith a tha iomchaidh agus an stiùridh a thug Ministearan na h-Alba.

### Uallach airson riaghailteachd

Tha e an urra ris an Oifigear Chunntachail riaghailteachd a' chaiteachais is an teachd-a-steach a dhearbhadh. Tha e an urra rinn beachd a nochdadh mu riaghailteachd a' chaiteachais is an teachd-a-steach a rèir Achd Ionmhais Phoblaidh is Cunntachalachd (Alba) 2000.

## Aithisg mu theumalachdan eile

### Beachdan air cùisean air an òrdachadh le Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba

Nar beachd, chaidh am pàirt air a sgrùdadadh den Aithisg mu Thuarastal is Luchd-obrach ullachadh mar as ceart a rèir Achd nan Croitearan (Alba) 1993 mar a chaidh atharrachadh le Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2007 is Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2010 is Achd Croitearachd (Atharrachadh) 2013 agus stiùridhean a rinneadh fodhpà le Ministearan na h-Alba.

Nar beachd, stèidhichte air an obair a rinneadh ri linn an sgrùdaidh:

tha am fiosrachadh san Aithisg air Dèanadas don bhliadhna ionmhasail dhan deach na h-aithrisean ionmhasail ullachadh air an aon rèir ris na h-aithrisean ionmhasail agus gun deach an aithisg sin ullachadh a rèir Achd nan Croitearan (Alba) 1993 mar a chaidh atharrachadh le Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2007 is Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2010 is Achd Croitearachd (Atharrachadh) 2013 agus stiùridhean a rinneadh fodhpà le Ministearan na h-Alba; agus

tha am fiosrachadh san Aithisg mu Riaghlaigh don bhliadhna ionmhasail dhan deach na h-aithrisean ionmhasail ullachadh air an aon rèir ris na h-aithrisean ionmhasail agus gu bheil an aithisg sin a rèir Achd nan Croitearan (Alba) 1993 mar a chaidh atharrachadh le Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2007 is Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2010 is Achd Croitearachd (Atharrachadh) 2013 agus stiùridhean a rinneadh fodhpà le Ministearan na h-Alba.

### Cùisean mun fheum sinn aithisg a thoirt le fàgail a-mach

Tha Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba a' toirt oirnn aithisg a thoirt dhuibh, mas e, nar beachd:

- nach deach clàran-cunntasachd gu leòr a chumail; no
- nach eil na h-aithrisean ionmhasail agus am pàirt air a sgrùdadadh den Aithisg mu Thuarastal is Luchd-obrach air an aon rèir ris na clàran-cunntasachd; no
- nach d'fhuair sinn am fiosrachadh is na mineachaidhean air fad a bhios a dhìth oirnn airson an sgrùdaidh agaínn.

Chan eil dad ri aithris agaínn mu na cùisean seo.

## **Conclusions on wider scope Co-dhùnaidhean air ullachaidhean anns an fharsaingeachd**

A bharrachd air na h-ullaichean a tha oirnn airson na h-aithisge agus nan cunntasan bliadhnailean, tha na co-dhùnaidhean againn air na h-ullaichean anns an fharsaingeachd a shònraochear anns a' Chòd-chleachdaidh mu Sgrùdadadh gan nochdadadh san Aithisg-sgrùdaidh Bhliadhnailean againn.

## **Cleachdadh na h-aithisge againn**

Chaidh an aithisg seo a dhèanamh gu dìreach do na pàrtaidhean dham bheillear ga seòladh a rèir Achd Ionmhais Phoblaich is Cunntachalachd (Alba) 2000 agus chan ann air adhbhar sam bith eile. a rèir paragraf 120 den Chòd mu Chleachdadh Sgrùdaidh a cheadaich Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba, chan

eil sinn a' gabhail os làimh a bhith cunntachail do bhuill no do dh'oifigearan, fa leth, no do threas buidhnean.

Pàdraig MacCoinnich, CPFA (airson is às leth Deloitte LLP)  
110 Queen Street  
Glaschu  
G1 3BX

ìoghachd Aonaichte  
Ceann-là 24 Lùnastal 2020



**CROFTING COMMISSION  
COIMISEAN NA CROITEARACHD**

# Aithrisean Ionmhasail 2019/20

Aithrisean Ionmhasail Choimisean na Croitearachd, le fiosrachadh mar thaic is mar mhìneachadh.



## Aithris mu Chaiteachas Lom Ion-chuimseach

don bhliadhna a thàinig gu crìch 31 Màrt 2020


	<b>Not</b>	<b>2020 £000</b>	<b>2019 £000</b>
Cosgaisean luchd-obrach	2	2,205	2,112
Ìsleachadh is Crònadh	2,3,4	50	44
Caiteachas-obrachaidh eile	2	552	630
Caiteachas-obrachaidh eile		<b>2,807</b>	<b>2,786</b>
Caiteachas-obrachaidh lom		<b>2,807</b>	<b>2,786</b>

Tha na notaichean air duilleagan 75 gu 83 nam pàirt bunasach de na cunntasan seo

## Aithris mu Shuidheachadh Ionmhasail

aig 31 Màrt 2020

	Not	2020 £000	2019 £000
<b>Maoin Neo-làithreach:</b>			
Stuth Teicneòlais Phiosrachaидh	3	46	54
Maoin dho-bheantainn (Bathar-bog)	4	59	82
<b>Maoin Neo-làithreach iomlan</b>		<b>105</b>	<b>136</b>
<b>Maoin làithreach</b>			
Malairt is stuth eile ri fhaighinn	5	18	35
Airgead-ullamh agus co-ionann ri airgead-ullamh	6	118	103
<b>Maoin làithreach iomlan</b>		<b>136</b>	<b>138</b>
<b>Maoin iomlan</b>		<b>241</b>	<b>274</b>
<b>Fiachanasan làithreach</b>			
Malairt is pàigheadh eile ri fhaighinn	7	101	98
Fiachanasan eile	7	73	60
<b>Fiachanasan làithreach iomlan</b>		<b>174</b>	<b>158</b>
<b>Maoin iomlan gun fhiachanasan làithreach</b>		<b>67</b>	<b>116</b>
<b>Cothromas Phàighearan-cìse</b>			
Maoin choitcheann		<b>67</b>	<b>116</b>
<b>Cothromas iomlan</b>			



Uilleam Barron  
 Ceannard is Oifigear Cunntachail  
 Ceann-là 24 Lùnastal 2020

Thug an t-Oifigear Cunntachail cead na h-aithrisean ionmhasail seo a sgaoileadh 24 Lùnastal 2020

Tha na notaichean air duilleagan 75 gu 83 nam pàirt bunasach de na cunntasan seo

## Aithris mu shruthadh-airgid

don bhliadhna a thàinig gu crìch 31 Màrt 2020

	<b>Not</b>	<b>2020 £000</b>	<b>2019 £000</b>
<b>Sruthan-airgid bho obrachaidhean</b>			
Caiteachas-obrachaiddh iomlan	SoCNE	(2,807)	(2,786)
Atharrachadh airson tar-ghniomhan nach eil mar airgead-ullamh			
Ìsleachadh is Crionadh	2,3,4	50	44
Gluasad an ann an calpa-obrach			
(Meudachadh)/lùghdachadh air malairt is stuth eile ri fhaighinn	5	17	8
Meudachadh/(lùghdachadh) air malairt agus pàigheadh eile ri fhaighinn is ullachaidhean	7	16	64
<b>Meudachadh/(lùghdachadh) air malairt agus pàigheadh eile ri fhaighinn is ullachaidhean</b>		<b>(2,724)</b>	<b>(2,670)</b>
<b>Sruthan-airgid bho thasgaidhean</b>			
Ceannach stuth teicneòlais fhiosrachaidh	3	(19)	(44)
Ceannach maoin dho-bheantainn	4	—	—
<b>Sruthadh a-mach lom mar airgead-ullamh bho thasgaidhean</b>		<b>(19)</b>	<b>(44)</b>
<b>Sruthadh a-mach iomlan mar airgead-ullamh</b>		(2,743)	(2,714)
<b>Sruthadh a-mach mar airgead-ullamh bho mhaoineachadh</b>			
Tabhartas-mar-Chobhair	2,758	2,796	
<b>(Lùghdachadh)/meudachadh lom air airgead-ullamh is co-ionann</b>		<b>15</b>	<b>82</b>
Airgead-ullamh is co-ionann aig toiseach na h-ùine	103	21	
Airgead-ullamh is co-ionann aig deireadh na h-ùine	118	103	

Tha na notaichean air duilleagan 75 gu 83 nam pàirt bunasach de na cunntasan seo.

## Phàighearan-cìse Aithris mu Atharrachaidhean air Cothromas

don bhliadhna a thàinig gu crìch 31 Màrt 2020

	Choitcheann Maoin £000
<b>Cothrom aig 1 Giblean 2018</b>	<b>106</b>
Tabhartas-mar-Chobhair	2,796
	<b>2,902</b>
Caiteachas Lom lom-chuimseach don bhliadhna	(2,786)
<b>Cothrom aig 31 Màrt 2019</b>	<b>116</b>
<b>Cothrom aig 1 Giblean 2019</b>	<b>116</b>
Tabhartas-mar-Chobhair	2,758
	<b>2,874</b>
Caiteachas Lom lom-chuimseach don bhliadhna	(2,807)
<b>Cothrom aig 31 Màrt 2020</b>	<b>67</b>

Tha na notaichean air duilleagan 75 gu 83 nam pàirt bunasach de na cunntasan seo.

# Notaichean an cois nan Aithrisean ionmhasail

## 1. Aithris mu phoileasaidhean cunntasachd

Fo Achd nan Croitearan (Alba) 1993, paragraf 19 de sgeideal 1, feumar aithis bhliadhnailean chunntasan ullachadh.

Thathar air na h-aithrisean ionmhasail ullachadh a rèir an Stiùridh mu Chunntasan (duilleag 84) athug Ministearan na h-Alba seachad agus Leabhair-làimhe 2019/20 mu Aithisgean Ionmhasail (FReM) a chuir Roinn an Ionmhaist a-mach air thoisearch.

Tha FReM a' nochdadadh cruth nan cunntasan bliadhnailean. Tha Tabhartas-mar-Chobhair ri fhaotainn sa Mhaoin Choitchinn san Aithris mu Atharrachaidhean air Cothromas Phàighearan-cìse seach san Aithris mu Chaiteachas Lom lom-chuimseach. Tha gach caiteachas is teachd-a-steach eile san Aithris mu Chaiteachas Lom lom-chuimseach. Tha na poileasaidh cunntasachd san Leabhar-làimhe a' cleachdadhbh Inbhean Eadar-nàiseanta mu Aithisgean Ionmhasail mar a chaidh an atharrachadh no am mìneachadh airson uidheachadh na roinne poblach.

Nuair a bheir an Leabhar-làimhe taghadh a thaobh poileasaidh cunntasachd, thathar air am poileasaidh cunntasachd air a mheas mar am fear as freagarraiche do shuidheachadh sònraichte Choimisean na Croitearachd a thaghadh gus sealladh fior is ceart a thoirt. Tha na poileasaidhean sònraichte ris an do ghabh Coimisean na Croitearachd air am mìneachadh gu h-ìseal. Thathar air an cur an sàs air an aon rèir ann a bhith a' dèligeadh ri mìrean a mheasar buntainneach do na h-aithrisean ionmhasail.

Thathar air na h-aithrisean ionmhasail anns an aithisg seo ullachadh mar bhunait gnothaich leantainnich oir tha an t-Ofigear Cunnatachail den bheachd gu bheil goireasan gu leòr aig Coimisean

na Croitearachd gus cumail air ag obrachadh anns an ùine air thoisearch fhad is a chithear air adhart.

### 1.1 Atharrachadh air poileasaidh cunntasachd

Tha Coimisean na Croitearachd air ùrachadh gu saor-thoileach am modh airson àireamhachadh an àireamh meadhanach de luchd-obrach ùine-làn ann an dreuch tron bhliadhna agus a-nise ag àireamhachadh an àireamh meadhanach a rèir measadh mìosail air uairean fo chùmhnant. Ann am bliadhnaichean eile, chaidh an sgaoileadh seo àireamhachadh le bhith a' comharrachadh àireamhan luchd-obrach an dreuchd aig toisearch is deireadh na bliadhna agus a' meadhanachadh mar dha rèir. Mar sin, tha Coimisean na Croitearachd air ath-shuidheachadh an sgaoileadh 2018/19 a bha cheana a rèir Cùmhnantan fad Ùine Stèidhichte 39.16, Cùmhnant Teirm-Shuidhichte 7, agus Cùmhnantan Luchd-obrach sealach 8. Ged nach tug an ùrachadh den àireamhachadh buaidh air cunntasan ionnmhasail thathar den bheachd gun toir seo dàta nas brìgheil don leughadair.

### 1.2 Gnàthas cunntasachd

Thathar air na cunntasan seo ullachadh fo ghnàthas nan cosgaisean eachdraidheil.

### 1.3 Uidheam Teicneòlais Fhiosrachaidh

Tha uidheam a' ciallachadh mìrean bathar-cruaidh teicneòlais fhiosrachaidh le cosgais os cionn £5,000. Nuair a tha mìrean fa leth a' cosg nas lugha na £5,000, ach nuair a tha an seòrsa de mhaoin mar iomlan a' Gu sònraichte, buinidh seo ri ceannach choimpiutairean, fhrithealaichean agus a' bhathair-chruaidh nan lùib, a bhios ag ìsleachadh nam beatha fheumail, a thathar a' meas aig iù 3 bliadhna. Thathar air crònadh a thoirt aig an iù air ath-obrachadh a-mach gus a' chosgais a għlanadh ann an cuibhreannan bliadhnailean co-ionann thairis air beatha fheumail na maoine.

Tha maoin TF ga giùlan aig cosgais eachdraidheil, a chleachdar mar phrogsaidh ri luach ceart.

## 1.4 Maoin Dho-bheantainn

Tha maoin dho-bheantainn a' gabhail a-steach cead bathair-bhuig agus bathar-bog air a leasachadh air an taobh a-staigh aig an robh iùre chalpa de £5,000 le chèile. Nuair a tha maoin dho-bheantainn a chruthaiceadh air an taobh a-staigh mar bhathar-bog ga cur na calpa, chan eil ach cosgaisean a tha ceangailte gu dìreach, a' gabhail a-steach cosgaisean luchd-obrach is cosgaisean ceangailte ri luchd-obrach, a' nochdadhuair a mheasar gun cruthaich a' mhaoin buannachd eaonamach a-rithist mar chaomhnadh no leasachadh air na modhan air an taobh a-staigh. Tha maoin dho-bheantainn ga luachadh aig cosgais a thathar a' cleachdadh mar rud ionann ris an luach cheart. Thathar air crònadh a thoirt aig an iùre air a h-obrachadh a-mach gus a' chosgais a għlanadħ ann an cuibbreannan bliadhna li co-ionann thairis air beatha fheumail na maoine.

Poileasaidh mu Chrònadh:

Bathar-bog air a chruthachadh air an taobh a-staigh 7 bliadhna Siostam-obrachaidh no cead phrògraman-obrachaidh 3 bliadhna.

## 1.5 Cìs Luach a Bharrachd

Tha CLB nach fhaighear air ais a' nochdadhu leis na cosgaisean buntainneach agus mar chìs anns an Aithris mu Chaiteachas Lom lom-chuimseach san ùine san do dh'èirich i.

## 1.6 Sochairean Fastaichean

### Sochairean Fastaichean san Ùine Ghoird

Tha tuarastalan is pàighidhean ceangailte ri fastadh gan aithneachadh sa bhliadhna san d' fhuaireadh seirbheis bho fhaistaichean. Tha a' chosgais ceangailte ri làithean-saora bliadhna agus uairean-obrach sùbailte a chaidh a chosnadu ach nach deach an gabhadh le fastaichean aig deireadh na bliadhna ga h-aithneachadh anns na h-aithrisean ionmhasail chun na h-iùre gu bheil e ceadaichte do dh'fhaistaichean làithean-saora a thoirt air adhart a-steach sa bhliadhna na dèidh.

### Cosgaisean Pheinnseanan

Tha luchd-obrach Choimisean na Croitearachd nan seirbheisich chatharra a tha airidh air a bhith nam buill de Prìomh Sgeama Pheinnseanan na Tha PCPS na sgeama shochairean gun mhaoin anns a bheil iomadh fastaidhear an sàs far nach urrainn do Choimisean na Croitearachd a roinn

fhèin den mhaoin is den fhiachanas bhunaiteach a shònráchadh. Tha an sgeama air a mheas mar sgeama tabhartas deimhinnta fon saorsachd iomadh-fastaidhear a tha ceadaichte ann an IAS 19 Sochairean Neach-obrach. Chaidh làn luachadh achdaireachd air a choileanadh le Roinn An Ionmhais HM tro 2018 a dh'adhbhraich àrdachadh ann am tabhartasan peinnsean fastaidhearan a thàinig a-steach bho 1 Giblean 2019 Gheibhear fios ann an cunntasan nan goireasan aig Oifis a' Chaibineit: ìocadh Catharra ([www.civilservicepensionscheme.org.uk](http://www.civilservicepensionscheme.org.uk))

Gheibhear barrachd fiosrachaидh mu pheinnseanan san aithisg air tuarastal air duilleagan 60 gu 61.

## 1.7 Ri Fhaighinn ann am Malairt

Nuair a thathar air teachd-a-steach aithneachadh ach nach do thachair socrachadh ann an airgead-ullamh, tha fèicheadh ga chlàradh anns an Aithris mu Shuidheachadh ionmhasail.

## 1.8 Ri Phàigheadh ann am Malairt

Nuair a thathar air caiteachas aithneachadh ach nach do thachair socrachadh ann an airgead-ullamh, tha creideasair ga chlàradh anns an Aithris mu Shuidheachadh ionmhasail.

## 1.9 Airgead-ullamh agus co-ionann ri airgead-ullamh

Is e a tha ann an airgead-ullamh agus suimeannan co-ionann ri airgead-ullamh an t-airgead-ullamh leis a' bhanca.

## 1.10 Tabhartas-mar-Chobhair

Tha Coimisean na Croitearachd a' faighinn Tabhartas-mar-Chobhair bho Riaghaltas na h-Alba gus an caiteachas lom aige a mhaoineachadh. Tha Tabhartas-mar-Chobhair ga chur mar chreideas ris a' Mhaoin Choitchinn san ùine san d'fhuaireadh e. Tha cosgais lom Choimisean na Croitearachd ga cur mar chìs air a' mhaoin seo.

## 1.11 Ullachaidhean

Bheir Coimisean na Croitearachd mar dhleastanasan laghail no cruthachail às nach eil cinnt mu shùim no ùine aig àm na h-aithris mu shuidheachadh ionmhasail am meas as fheàrr air a' chaiteachas a dh'haodas a bhith a dhìth gus an dleastanas a shocrachadh.

## 1.12 Fiachanasan Tuiteamach

Tha do-mhaoinean tuiteamach air an aithneachadh a thaobh: uallachaidhean a dh'haodadh a bhith ag èiridh mar thoradh air tachartasan san àm a chaidh seachad agus a bhiodh air an dearbhadh mar thoradh air tabhartasan neo-chinnteach san àm ri teachd taobh a-muigh smachd Coimisean na Croitearachd no dleastanasan san àm a tha an làthair a tha ag èiridh a-mach à tabhartasan san àm a chaidh seachad far a bheil e comasach, ach nach eil e coltach, gum biodh feum air stòrasan airson dèiligeadh ris an uallach no nach eil e comasach a thomhas gu h-earbsach.

## 1.13 Maoin Treas Pàrtaidhean

Chan eil maoin a bhuineas ri treas pàrtaidhean (mar mhaoinean a chruinnichear agus a chuirear air adhart gu buidheann-gniomha eile) ga h-aithneachadh anns na cunntasan seach nach ùidh shochaireach aig a' Choimisean anna. Tha i ga nochdad, ge-tà, ann an nota fa leth (Nota 10) an cois nan cunntasan a rèir feumalachdan Leabhar-làimhe an Riaghaltais mu Aithisgean Ionmhasail.

## 1.14 Gabhail ri Inbhean Ùra air an Leasachadh

### a) Inbhean, atharrachaidhean agus mìneachadh èifeachdach sa bhliadhna seo

Tha Inbhean agus Mìneachadh èifeachdach airson bliadhna a tha töiseachadh air no às dèidh 1 Faoilleach 2019. Chan eil an gabhail riutha air buaidh mhòr sam bith a thoirt air na foillseachaidhean no air na tomhasan a chaidh a chlàradh sna aithrisean ionmhasail sin:

- IFRIC 23: Mì-chinnt mu Làimhseachadh Cìs Cosnaidh
- Atharrachadh gu IFRS 9: Comharran Ro-phàidhidh le Diobhladh Àicheil
- Leasachaidh Bliadhnaile Inbhean IFRS Cearcall 2015-2017

### b) Inbhean, leasachaidhean agus mìneachaidhean a chaidh gabhail riutha tràth am-bliadhna

Chan eil inbhean ùra, leasachaidhean no mìneachaidhean a chaidh gabhail riutha tràth am bliadhna.

### c) Inbhean, leasachaidhean agus mìneachaidhean a chaidh a chur a-mach ach

### nach deach gabhail riutha am-bliadhna

Aig àm ùghdarrachaidh nan aithrisean ionmhasail sin, cha robh Coimisean na Croitearachd air cur an sàs na h-Inbhean IFRS ùra agus ath-leasachte a leanas a bha air an cur a-mach ach nach robh fhastast èifeachdach:

- IFRS 16: Gabhaltasan – Tha Roinn an Ionmhais HM air aontachadh bacadh a chur air cur an sàs gu 1 Giblean 2021
- IFRS 17: Cùmhnantan Àrachais – iomchaidh airson ùine a' toiseachadh air no an dèidh 1 Faoilleach 2021. Chan eil seo aontaichte airson cleachdad san AO.
- Atharrachaidhean air lomraidhean air Fream-obrach Bun-bheachdail ann an Inbhean IFRS – iomchaidh airson ùine a' toiseachadh air no an deidh 1 Faoilleach 2020.
- Atharrachadh gu IAS1 agus IAS8 (Mìneachadh air stuth) – iomchaidh airson ùine a' toiseachadh air no an deidh 1 Faoilleach 2020.
- Atharrachadh gu IFRS 9, IAS 29 agus IFRS 7 (Ath-leasachadh Tomhas-measaidh ìre Rèidh) – iomchaidh airson ùine a' toiseachadh air no an deidh 1 Faoilleach 2020.
- Atharrachadh gu IAS1 (Seòrsachadh Do-mhaoin mar Làrach no Neo-làrach) – iomchaidh airson ùine a' toiseachadh air no an dèidh 1 Faoilleach 2022. Chan eil seo aontaichte airson cleachdad san AO.

Chan eil Coimisean na Croitearachd an dùil gun toir gabhail ris na h-Inbhean is a' Mhìneachadh air a bheil iomradh gu h-àrd buaidh bhunasach air aithrisean ionmhasail Choimisean na Croitearachd san àm ri teachd, ach mar a tha minichte gu h-ìosal.

Tha Gabhaltasan IFRS 16 a' dol an àite Gabhaltasan IAS 17 agus tha e gu bhith air a chur an sàs le Roinn an Ionmhais HM ann an Leabhran Aithris Ionmhasail an Riaghaltais bho 1 Giblean 2021. Tha IFRS 16 a' toirt a-steach modail cunntasachd aon ghabhaltas a tha a' ciallachadh riochdachadh nas fheàrr de so-mhaoin agus do-mhaoin neach-gabhaltais, agus a' toirt foillseachadh nas fheàrr

Fo IFRS 16, feumaidh luchd-gabhaltais aithne a thoirt do sho-mhaoinean agus do-mhaoinean le gabhaltasan a tha le teirm nas fhaide na 12 mòis, mur eil a' mhaoin de luach ìosal. Ged nach eil mìneachadh bun-thomasach air a thoirt de 'luach

iosal', tha Coimisean na Croitearachd air taghadh an ìre calpachaид de £5,000 a chleachdadhus dearbhadh na so-mhaoinean a dh'fheumar fhoillseachadh. Aig an ìre atharrachaид, bidh gabhaltasan ionmhasail sam bith a tha ann a cheana air an cumail mar ghabhaltasan, agus bidh gabhaltasan obrachaид sam bith a tha ann a' tuiteam fo IFRS 16 fo na riaghailtean 'seanaireachd' a tha air an òrdachadh san FReM airson an atharrachadh tùsail gu IFRS 16. Sna bliadhnaichean ri teachd, bidh cunnraighean ùra agus ath-ùrachaidhean cunnraighean air an lèirmheas airson beachdachadh orra fo IFRS 16 mar a bhith air an comharrachadh mar sho-mhaoinean còir-cleachdaид. So-mhaoinean air an aithneachadh fo IFRS 16 a bhios air an cumail air an Aithris mu Shuidheachadh ionmhasail mar (i)so-mhaoinean còir cleachdaид a tha a' ríochdachadh còir Coimisean na Croitearachd a bhith a' cleachdadhus nan so-mhaoinean gabhaltais a tha seo; agus (ii) do-mhaoinean a ghabhail a tha a' ríochdachadh an dleastanas a bhith a' páigheadh airson ghabhaltasan.

Tha a bhith a' toirt so-mhaoinean air ghabhaltas chun Aithris mu Shuidheachadh ionmhasail a' ciallachadh gum feum ìsleachadh agus riadh a bhith air a chur air còir-cleachdaид an t-so-mhaoin agus fiachanas an do-mhaoin, fa leth. Bidh ath phàighidhean airgid cuideachd air an aithneachadh ann an Aithris mu Shruthan-airgid, a rèir IAS 7.

Leis an fheum a tha ann a bhith ag ath-mheasadh obrachadh a-mach air gabhaltasan, agus a' mhì-chinnt a tha ann a thaobh na thathar a' sùileachadh de ghnìomhan gabhaltais bhon Gibilean 2021 agus air adhart bhon sin, chan eil measadh den bhuaidh a thathar a' sùileachadh bho bhith a' cur an inbhe an sàs ann an 2021/22 practaigeach aig an àm a tha an làthair. Ach, tha Coimisean na Croitearachd a' sùileachadh gum bi buaidh chudromach aig cur an sàs an inbhe seo air na h-aithrisean ionmhasail.

## 1.15 Breithneachadh Cunntasachd agus Tùsan Mheasaidhean

Ann a bhith a' cur nam poileasaidhean cunntasachd aig Coimisean na Croitearachd mar a thathar a' mìneachadh ann an Nota 1 an sàs, feumaidh An t-Oifigear Cunntachail breithneachadh is measaidhean a dhèanamh agus ghabhail ri rudan mun t-sùim a thathar a' gjùlan de mhaoin is de

dh'fhiachanasan nach eil follaiseach air a' chiad sealladh bho thùsan eile.

### Measaidhean

Tha na measaidhean agus na beachdan gan rèir stèidhichte air eòlas eachdraidheil agus nithean eile a mheasar buntainneach. Faodaidh gum bi na toraidhean fhèin diofraichte bho na measaidhean seo. Tha na measaidhean agus na beachdan mar bhunait riutha gan ath-bhreithneachadh air bunait leantainneach.

Tha ath-sgriobhadh air measaidhean cunntasachd gan aithneachadh anns an ùine san ath-sgriobhar am measadh mas e nach bi am measadh a' bualadh ach air an ùine sin, no ann an ùine a' mheasaidh agus san ùine air thoiseach ma bhios am measadh a' bualadh an dà chuid air an ùine an-dràsta agus air thoiseach.

Tha Coimisean na Croitearachd mothachail air grunnan beag thagraidhean a tha no a dh'haodadh a bhith ann gu Cùirt an Fhearrainn a dh'haodadh, an crochadh air co-dhùnaidhean na Cùirte, toirt mar bhuil gun tèid cosgaisean beaga a bhualeachadh an aghaidh Coimisean na Croitearachd. Cha ghabh coltas nan tagraighean agus suimeannan nam fiachanas a dh'haodadh èirigh meas le cinnt ach chan eil am fiachanas iomlan a mheasadh an Coimisean mòr gu leòr gus fiachanas tuiteamach a chlàradh.

A bharrachd air na tha ann gu h-àrd, chan eil an t-Oifigear Cunntachail den bheachd gu bheil breitheanas sam bith no tùsan de mhì-chinnt ann am measadh a tha feumach air nochdad.

### Breithean

Chan eil breithean deatamach a thaobh cunntasachd feumach air nochdad seach cur an gnìomh nam poileasaidhean gu h-àrd. Ged a tha breitheanas ga chleachdadhus ann an socrachadh ire an ìsleachaidh is a' chrònaidh ri h-aithneachadh air uidheam agus bathar-bog IT, aithneachadh malairt agus nithean eile rim faighinn agus aithneachadh fhiachanas eile, tha na breithean seo a rèir a' chleachdaид àbhaistich agus chan eilear gam meas deatamach leis cho beag agus a tha na suimeannan a tha ann. Cha bhiodh buaidh stuthail sam bith aig diofar bhreithean ann an gin de na raointeas seo.

## 2. Caiteachas

	2020 £000	2019 £000
<b>Cosgaisean Buill a' Bhùird agus Luchd-obrach</b>		
Tuarastalan	1,583	1,465
Cosgaisean Tèarainteachd Shòisealta	147	135
Cosgaisean-pheinnseanan eile	402	285
Luchd-obrach Sealach	73	227
<b>Cosgaisean iomlan an luchd-obrach</b>	<b>2,205</b>	<b>2,112</b>
<b>Caiteachas-obrachaidd eile</b>		
Cosgaisean àiteachan-fuirich	185	167
Siostaman fiosrachaidd is cian-chonaltraidh	101	103
Trèanadh	7	26
Conaltradh	58	60
Cosgaisean sanasachd riaghlichail	39	40
Cosgaisean-siubhail is cho-labhairtean an luchd-mheasaidh	1	7
Siubhal is bith-beò – luchd-obrach	19	28
Siubhal is bith-beò – Coimiseanairean	32	23
Cìsean laghail	14	8
Pàigheadh Luchd-sgrùdaidh air an taobh a-muigh	18	19
Pàigheadh Luchd-sgrùdaidh air an taobh a-staigh	14	19
Cosgaisean ruith eile	64	130
<b>Caiteachas-obrachaidd eile gu h-ionlan</b>	<b>552</b>	<b>630</b>
<b>Mìrean nach eil mar airgead-ullamh</b>		
Ísleachadh	27	18
Crònadh	23	26
<b>Mìrean iomlan nach eil mar airgead-ullamh</b>	<b>50</b>	<b>44</b>
<b>iomlan iomlan</b>	<b>2,807</b>	<b>2,786</b>

### 3. Stuth Teicneòlais Fhiosrachaidh

	£000
<b>Cosgais</b>	
1 Giblean 2018	180
Cur-ris	44
Cur-an taobh	-
<b>31 Màrt 2019</b>	<b>224</b>
<b>Ìsleachadh</b>	
1 Giblean 2018	(152)
Air a ghearradh sa bhliadhna	(18)
Cur-an taobh	-
<b>31 Màrt 2019</b>	<b>(170)</b>
<b>Luach lom a rèir nan leabhrainchean aig</b>	
31 Màrt 2018	28
31 Màrt 2019	54
<b>Cosgais</b>	
1 Giblean 2019	224
Cur-ris	19
Cur-an taobh	-
<b>31 Màrt 2020</b>	<b>243</b>
<b>Ìsleachadh</b>	
1 Giblean 2019	(170)
Air a ghearradh sa bhliadhna	(27)
Cur-an taobh	-
<b>31 Màrt 2020</b>	<b>(197)</b>
<b>A' giùlan luach aig</b>	
31 Màrt 2019	54
<b>31 Màrt 2020</b>	<b>46</b>
<b>Maoineachadh Maoin:</b>	
An seilbh	46
<b>A' giùlan luach aig 31 Màrt 2020</b>	<b>46</b>

## 4 Maoin dho-bheantainn – Bathar-bog

	£000
<b>Cost</b>	
1 Giblean 2018	160
Cur-ris	–
Cur-an-taobh	–
<b>31 Màrt 2019</b>	<b>160</b>
<b>Crònadh</b>	
1 Giblean 2018	(52)
Air a ghearradh sa bhliadhna	(26)
Cur-an-taobh	–
<b>31 Màrt 2019</b>	<b>(78)</b>
<b>Luach lom a rèir nan leabhairchean aig</b>	
31 Màrt 2018	108
31 Màrt 2019	82
<b>Cosgais</b>	
1 Giblean 2019	160
Cur-ris	–
Cur-an taobh	(14)
<b>31 Màrt 2020</b>	<b>146</b>
<b>Crònadh</b>	
1 Giblean 2019	(78)
Air a ghearradh sa bhliadhna	(23)
Cur-an taobh	14
<b>31 Màrt 2020</b>	<b>(87)</b>
<b>A' giùlan luach aig</b>	
31 March 2019	82
<b>31 Màrt 2020</b>	<b>59</b>
<b>Maoineachadh Maoin:</b>	
An seilbh	59
<b>A' giùlan luach aig 31 Màrt 2020</b>	<b>59</b>

## 5. Ri fhaighinn ann am malairt agus maoin làithreach eile

Suimeannan rim pàigheadh an taobh a-staigh aon bhliadhna:

	2020 £000	2019 £000
Ro-phàighidhean	18	35
<b>Iomlan</b>	<b>18</b>	<b>35</b>

## 6. Airgead-ullamh agus co-ionann ri airgead-ullamh

	2020 £000	2019 £000
Cothrom aig 1 Giblean	103	21
Atharrachadh lom air airgead-ullamh agus co-ionann ri	15	82
<b>Cothrom aig 31 Màrt</b>	<b>118</b>	<b>103</b>
Chaidh na cothroman a leanas aig 31 Màrt a chumail le Seirbheis Bancaidh an Riaghaltais	118	103
<b>Cothrom aig 31 Màrt</b>	<b>118</b>	<b>103</b>

## 7. Ri phàigheadh ann am malairt agus fiachanasan làithreach eile

Suimeannan rim pàigheadh an taobh a-staigh aon bhliadhna:

	2020 £000	2019 £000
Cìs agus Tèarainteachd Shòisealta eile	73	60
Ri Phàigheadh ann am Malairt	14	27
Ri phàigheadh ann am Malairt	87	71
<b>Iomlan</b>	<b>174</b>	<b>158</b>

## 8. Tar-ghniomhan phàrtaidhean dàimheach

Tha Coimisean na Croitearachd na NDPB air a chuideachadh le Riaghaltas na h-Alba. Tha e an urra ri Riaghaltas na h-Alba am frèam reachdail sam bi an Coimisean ag obrachadh a sholar.

Bha tar-ghniomhan nach bu bheag aig Buidheann- stiùiridh Phàighidhean is Sgrùdaidhean Riaghaltas na h-Alba (a' Bhuidheann-taice) sa bhliadhna. Chaidh tar-ghniomhan ionmhais leis a' Bhuidhinn a dhèanamh suas le Tabhartas-mar-Chobhair de £2,758,000 (2018/19 £2,796,125) mar a thathar a' nochdadh anns an aithris mu Atharrachaidhean air Cothromas Luchd-pàighidh Cìse air duilleag 74.

Cha robh tar-ghniomhan sam bith eile aig a' Choimisean le buidhnean ceangailte.

## 9. Ionnsramaidean ionmhasail

Tha maoin ionmhasail agus fiachanasan ionmhasail gan aithneachadh nuair a bhios Coimisean na Croitearachd na phàrtaidh do dh'ullachadh cùmhantail na h-ionnsramaid. Tha gach maoin is fiachanas ionmhasail gan tomhas an toiseach aig prìs an tar-ghnìomha (cosgaisean tar-ghnìomha san àireamh). Coimisean na Croitearachd Chan eil maoin is fiachanasan ionmhasail aig Coimisean na Croitearachd den t-seòrsa atha nan ionnsramaidean ionmhasail bunasach. Tha ionnsramaidean ionmhasail bunasach gan aithneachadh an toiseach aig luach an tar-ghnìomha agus gan tomhas an dèidh sin aig luach an t-socrachaидh aca.

Air adhbharan obrachaidh mar as àbhaist, cha bhi cothromachaidhean sam bith mar airgead-ullamh no co-ionann ri airgead-ullamh gan cumail le Coimisean na Croitearachd seach an fheadhainn a bhios a dhith gus luchd-creideis an-dràsta a phàigheadh – tuarastalan agus luchd-creideis ann am malairt. Tha maoin ionmhasail Choimisean na Croitearachd ga dèanamh suas gu direach le airgead-ullamh sa bhanca.

Ùghdarrachadh ionmhais air a thabhall le Riaghaltas na h-Alba chun na h-ìre a tha a' chosgais air a dhaingneachadh le ùghdarris buidseit. Chan eil Coimisean na Croitearachd ann an gàbhadh a thaobh lionntachd mar sin.

Chan eil fèichearan stuthail sam bith aig Coimisean na Croitearachd agus mar sin chan eil e ga nochdadh ri gàbhadh mu chreideas. anns an aon dòigh, bidh Coimisean na Croitearachd a' tar-ghnìomhadh ann an teirmean stèidhichte ann an Sterling agus chan eil e ga nochdadh ri gàbhadh anns a' mhargaidh.

## 10. Maoin Treas pàrtaidhean

Maoin an seilbh aig 31 Màrt air an gabh luach-airgid cur:

	2020 £000	2019 £000
Balans banca – Clàran na h-Alba	71	57
Maoin treas pàrtaidh a' trasnadh*	26	40
<b>Maoin iomlan mar airgead-ullamh</b>	<b>97</b>	<b>97</b>

Is e a tha ann am maoin treas pàrtaidhean ann an trasnadh maoin, aig ceann na bliadhna, a fhuaireadh ach nach do chuireadh ann an cunntas-banca fhathast seach gu bheil comas an iarrtais airson clàradh ann an Clàrn nan Croitean aig Clàran na h-Alba fhathast a' feitheamh ri co-dhùnad.

## 11. Fiachanasan Tuiteamach

Bha Coimisean na Croitearachd soirbheachail ann an tagradh co-cheangailte ri ceithir cùisean roinn 50B a chaidh a dhiùltadh le Cùirt an Fheàrrainn Chaidh tagradh an aghaidh co-dhùnaidhean Cùirt an Fheàrrainn gu In-thaigh Cùirt an t-Seisein Breithnichidh an In-thaigh air cosgaisean na cùis tro thìde a rèir builean nan tagraighean. Is e an tuairmse as fheàrr an-dràsta den do-mhaoin tuiteamach, le bhith a' gabhail a-steach an fhiosrachaidh iomchaidh air fad agus eòlas phroifeiseanta agus comhairle laghail, £45 000. Ach, tha ìre àrd de neo-cinnt co-cheangailte ris an tuairmse seo leis nach eil fiosrachadh sam bith aig Coimisean na Croitearachd mu na cosgaisean a bha air na h-ath-thagraichean agus cha mhotha as urrainn dha ath-innse a dhèanamh air beachd Cùirt an t-Seisein air a' cho-dhùnad no air a bhith a' roinn nan cosgaisean.

Tha Riaghaltas na h-Alba air dearbhadh nam biodh tabhartas dha thoirt seachad an aghaidh Coimisein na Croitearachd, gum beachdaicheadh Riaghaltas na h-Alba air Coimisean na Croitearachd ath-phàigheadh airson nan cosgaisean seo agus dh'fhaodadh gun cosgadh seo £neoni do Choimisean na Croitearachd.

Ged a tha mi-chinnt mu tomhas-ama crìoch a chuir air cùisean sam bith, thathar an dùil gun tèid an rèiteach an 2020/21

Seach gum faodadh an dleastanas a tha seo èiridh mar thoradh air co-dhùnad san àm ri teachd le Cùirt an t-Seisein a tha taobh a-muigh smachd Coimisean na Croitearachd, tha seo air a bhith air fhoillseachadh mar dho-mhaoin tuiteamach..

## 12 Tachartasan às deidh an ùine aithris

Chaidh tagradh a chluinntinn fo earrann 50B de Achd nan Croitearan (Alba) 1993 agus earrann 1(7) de Achd Cùirt Fearainn na h-Alba 1993 a thaobh co-dhùnadh a rinn Cùirt Fearainn na h-Alba mu cho-dhùnadh earrann 50B le Coimisean na Croitearachd ann an Taigh A-staigh Chùirt an t-Seisein air 2 luchair 2020. Air 19 Lùnastal 2020 chaidh a chomhairleachadh le Coimisean na Croitearachd gun robh co-dhùnadh an SLC seasmhach. Leis gum bi an Taigh A-staigh a' tighinn gu co-dhùnadh mu chosgaisean laghail na cùise an ceann sreatha cha deach atharrachadh sam bith a dhèanamh sna h-aithrisean ionmhasail seo.



**COIMISEAN NA CROITTEARACHD**  
**STIÙIREADH LE MINISTEARAN NA H-ALBA**

1. Tha Ministearan na h-Alba, ann an co-rèir ri paragraf 19 de Sgeideal i ri Achd nan Croitcean (Alba) 1993, mar a chaidh atharrachadh, a' toirt an stiùiridh a leanas le seo.
2. Gèillidh aithris nan cunntasan airson na bliadhna ionmhais a thàinig gu crìch air 31 Màrt 2013, agus nam bliadhnaichean an dèidh sin, do na prionnsapalan mu chunntasachd agus do na feumalachdan mu nochdadhsan eagran de Leabhar-làimhe an Riaghaltais mu Aithisgean ionmhais nuair a bhios e ann an gniomh fad na bliadhna dhan tèid an aithris ionmhais ullachadh.
3. Thèid na cunntasan ullachadh gus sealladh a thoirt a tha fior is ceart den teachd-a-steach is den chaiteachas is den t-sruthadh-airgid airson na bliadhna ionmhais agus air an t-suidheachadh aig deireadh na bliadhna ionmhais.
4. Nochdaidh an stiùireadh seo mar leasachan ris an aithris air cunntasan.

Air a shoighneachadh le Ministearan na h-Alba

*JCBawes*

Ceann-latha 26/10/12

# Faclair Ionmhais

Tha Ian mhìneachaidh ri fhaotainn ann am Leabhar-làimhe an Riaghaltas mu Aithisgean Ionmhasail (FReM)

## Bunait tàrmachaidh

Tha cunntasan a' Choimisein gan ullachadh air bunait tàrmachaidh. Tha seo a' ciallachadh gun aithnichear caiteachas is teachd-a-steach anns na cunntasan nuair a thathar ga chosg no ga chosnad – chan ann nuair a gheibhear no a phàighear an t-airgead.

## Crònadh

Coltach ri ìsleachadh ach air a chur an sàs do mhaoin dho-bheantainn, is e sin tomhas luach maoine a chuireadh gu feum tron bhliadhna.

## Maoin

Rudeigin a bhuineas do Choimisean na Croitearachd no a bhios e a' cleachdad, m.e. stuth TF no còraichean air bathar-bog.

## Caiteachas-calpa

Caitheamh air maoin neo-làithreach.

## Sruth-airgid

Gluasad airgid tron Choimisean, seach teachd-a-steach is caiteachas air an tàrmachadh.

## Fiachanas tuiteamach

Fiachanas a dh'fhaodadh tachairt, a rèir tachartais air choreigin san àm ri teachd. Tha fiachanas tuiteamach ga chlàradh sna clàran-cunntasachd ma tha an tuiteamas coltach agus ma ghabhas sùim an fiachanais a thomhas air thuairmse gu reusanta.

## Maoin làithreach

Maoin a thathar an dùil a bhios mar airgead-ullamh san ath dhà mhìos deug.

## Fiachanas làithreach

Fiachanas a thathar an dùil a bhith air a shocrachadh anns an ath dhà mhìos deug.

## Easbhaidh

Far a bheil caiteachas nas mothà na teachd-a-steach ann an ùine chunntasachd.

## Ìsleachadh

Tomhas luach maoin TF a chuireadh gu feum tron bhliadhna.

## FReM

Leabhar-làimhe mu Aithisgean Ionmhasail a chuireas Roinn an Ionmhais a-mach.

## Bunait gnothaich leantainnich

Tha aithrisean ionmhasail gan ullachadh air a' bhunait seo, a' gabhail ris gun cum Coimisean na Croitearachd air ag obrachadh san ùine air thoiseach fhad is a chithear air adhart.

## Tabhartas-mar-Chobhair

Maoineachadh a gheibhear bho Riaghaltas na h-Alba.

## Maoin Dho-bheantainn

Maoin, mar chòir bathar-bog a chleachdad, ris nach gabh beantainn.

## Fiachanas

Fiach air a' Choimisean do dh'eintiteas eile.

## Ro-phàigheanach

Sùim a phàighear ro làimh mar chead bathair-bhuig. Ga comharrachadh an toiseach mar mhaoin, tha i na cosgais an uair sin nuair a thathar air sgur de bhuannachd a thoirt aiste.

## Uillachadh

Fiachanas far nach eil cinnt mun t-sùim no mun ùine.

## Cothromas Phàighearan-cìse

Maoin ghlan Coimisean na Croitearachd.

## Ri phàigheadh ann am malairt

Suimeannan rim làigheadh ri luchd-solair bathair is sheirbheisean.

## Ri fhaighinn ann am malairt

Suimeannan rim làigheadh bho threas pàrtaidhean.